

Dè cho math 's a tha an sgoil againn?

AN 4MH EAGRAN

A' COIMHEAD A-STEACH:
a' cur fìor eòlas oirnn fhìn tro fhèin-luachadh èifeachdach



A' COIMHEAD A-MACH:
ag ionnsachadh bho na nithean a tha a' tachairt ann an àiteachan eile gus dùbhlàn a thoirt dhuinn fhìn

A' COIMHEAD AIR ADHART:
a' sgrùdadh dè dh'fhaodadh a bhith ro luchd-ionnsachaidh an là an-diugh agus a' planadh mar a ruigeas iad an ceann-uidhe

Clàr-innse

Facal-toisich	03
Ro-ràdh	05
Am Frèam-obrach	14
Slatan-tomhais deagh-ghnè	15
Ceannardas agus Rianachd	19
Solar ionnsachaidh	31
Soirbheachasan agus Coileanaidhean	47
Pàipearan-taic	55



Facal-toisich a' Cheannaird



Tha mi fìor thoilichte an dreach as ùire a tha seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*, a thoirt thugaibh. Is e seo an ceathramh eagra dheth. Nochd e an toiseach ann an saoghal foghlam na h-Alba, a' comharrachadh cruth-atharrachadh nar modh-obrach a thaobh fèin-luachadh agus leasachadh sgoile. Tha an t-eagra ùr seo air ullachadh an dèidh co-chomhairleachadh farsaing anns a bheil luchd-ùidh air seata a leasachadh a tha an ìre mhath ùr de shlatan-tomhais deagh-ghnè le seata innealan nan cois.

Tha *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* air a dhealbhadh gus fèin-luachadh èifeachdach adhartachadh mar a' chiad cheum chudromach ann am pròiseas a bhith a' coileanadh fèin-leasachaidh. Tha an ro-ràdh agus na slatan-tomhais deagh-ghnè air an dealbhadh gus sealltainn an co-theacsa a tha ag atharrachadh gu sgiobalta anns a bheil sgoiltean a-nis ag obair. Tha am foillseachadh ùr seo gu sònraichte a' cur cudrom air a bhith a' cur gu làidir ris an deatamas nàiseanta leantainn air adhart a' leasachadh buileachadh dha na h-uile, agus aig an aon àm a bhith a' gluasad gu cinnteach gu bhith a' dùnadh a' bheàirn ann am buileachadh agus coileanadh eadar a' chlann as lugha aig a bheil cothrom agus an comhaoisean. Tha seo a' ciallachadh cudrom nas motha air co-ionannachd, sunnd agus sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair, a tha uile a' cuideachadh ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainn do dhaoine òga an ceann-uidhe as fheàrr a ruighinn an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail, agus gu bheil iad air an deagh ullachadh airson àm ri teachd a tha làn ionnsachaidh leantainneach fad beatha. Is e prìomh thaobhan den Churraicealam airson Sàr-mathais a tha ann an sin agus tha iad nan iallan làidir a tha a' ruith tron fhream-obrach ùr a thaobh slatan-tomhais deagh-ghnè.

Tha an seata innealan de dhealbhan, eisimpleirean de chleachdadh air leth èifeachdach agus ceistean dùbhlain airson a bhith air an cleachdadh leis a h-uile seòrsa neach-cleachdaidh aig gach ìre, agus le raon farsaing de dhreuchdan agus uallaichean. Faodaidh iad a bhith air an atharrachadh agus air an cleachdadh le luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus com-pàirtichean thar coimhearsnachd na sgoile gus taic a thoirt do cheistean co-obrachail agus modhan-obrach cheasnachail a thaobh fèin-luachadh gus am bi e comasach do sgoiltean am feartan fhèin de chleachdadh èifeachdach a shònrachadh, agus tuigse co-roinnte a leasachadh mun ath rud a bu chòir dhaibh a dhèanamh.

Gus tuilleadh taic a thoirt do leithid de mhodhan-obrach co-obrachail, tha Foghlam Alba cuideachd a' leasachadh Ionad Leasachaidh Nàiseanta ùr. Bheir seo còmhla an raon fharsaing a tha againn de fhèam-obrach airson fèin-luachadh agus innealan airson leasachadh, a' gabhail a-steach *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* mar aon ghòireas didseatach co-leantaileach agus amalaichte – port airson luchd-leasachaidh foghlaim, ma thogras sibh, a nì an fheum as fheàrr de theicneòlas didseatach gus co-chonaltradh agus co-roinn nàiseanta adhartachadh a thaobh eòlais agus ealantais thar an t-siostaim. Le bhith a' toirt nan goireasan agus nan cothroman co-cheangal sin ri chèile, tha sinn ag amas air a bhith a' neartachadh obrachadh com-pàirteachais is leasachadh stèidhichte air fianais, air feadh an t-siostaim aig gach ìre.

A' leantainn an fhoillseachaidh den eagra seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* thèid prògram de ionnsachadh agus taic phroifeiseanta ullachadh agus bidh e comasach dhan h-uile neach-cleachdaidh feum a dhèanamh dheth. Tha mi misneachail ma thèid a chleachdadh gu math, gun urrainn dhan eagra ath-leasaichte seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* sibh fhèin agus ur co-obraichean a chuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh irean ùra de shàr-mhathais agus co-ionannachd dhaibhsan mu bheil a h-uile càil a tha seo – luchd-ionnsachaidh òga na h-Alba.

Bill Maxwell

Bill Maxwell



Ro-ràdh

Tha an t-eagran seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* ag amas air a bhith a' fàs cultar de fhèin-leasachadh thar foghlam Alba. Tha e a' togail air eagrain a chaidh fhoillseachadh ron seo agus a' cumail air adhart le bhith a' gluasad foghlam Alba bho bhith math san fharsaingeachd gu bhith sàr mhath san fharsaingeachd.

“Tha an fhianais mu choileanadh siostam foghlaim Alba aig an àm a tha an làthair a' comharrachadh gu bheil siostam math againn, a tha a' coileanadh gu làidir ann an grunnan dhòighean. Ach, chan eil sinn fhathast aig an ìre a bhith a' coileanadh gu cunbhalach aig ìre sàr mhath de dhèanadas a bhiodh a' maidseadh an amais a tha san lèirsinn againn a bhith air thoiseach san t-saoghal.”

Plana Corporra Foghlam Alba 2013-2016 (td. 15).

Tha coileanadh an amais seo a' cur feum air cudrom seasmhach a thaobh a bhith a' leasachadh builean foghlaim do gach duine cloinne agus duine òg agus gu sònraichte dhaibhsan aig a bheil ìrean àrda de dh'easbaidh sunnd sòisealta, faireachail, agus eaconamach. Tha fios againn gu bheil buaidh chudromach aig sunnd corporra, sòisealta agus eaconamach air soirbheachas chloinne agus dhaoine òga san sgoil agus an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha fios againn cuideachd gu bheil taobhan de na feartan sin nam bacaidhean cudromach a thaobh ionnsachadh agus coileanadh do earrann mhòr de luchd-ionnsachaidh. Tha e na phrìomh dhùbhlann do dh'fhoghlam ann an Alba am beàrn a dhùnadh eadar clann agus daoine òga a tha a' fuireach sna ceàrnaidhean as beartich agus as bochda a thaobh buileachadh, coileanadh agus sunnd. Is e dùbhlann a tha ann a tha a' cur feum air modhan-obrach làidir com-pàirteachail taobh a-staigh sgoiltean, eadar sgoiltean agus ann an com-pàirteachas le colaistean, oilthighean, luchd-fastaidh agus com-pàirtichean eile gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

“ Tha fios againn gu bheil buaidh mhòr aig sunnd corporra, sòisealta, faireachail agus eaconamach air soirbheachas chloinne agus dhaoine òga anns an sgoil agus an dèidh na sgoile. Tha fios againn cuideachd gu bheil taobhan de na feartan sin nam bacaidhean mòra a thaobh ionnsachadh agus coileanadh airson earrann mhòr de ar luchd-ionnsachaidh. ”

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais gu soilleir a' mìneachadh ar n-amais a bhith nar nàisean de luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nar saoranaich earbsach, nar com-pàirtichean èifeachdach agus nar daoine misneachail gus am bi a h-uile neach a' cur ris an fhàs eaconamach sheasmhach den dùthaich againn. Gus seo a choileanadh feumar ceannardas air leth èifeachdach aig a h-uile ìre a tha air a stèidheachadh air luachan truais, gliocais, ceartais agus ionracais.





Tha dealas làidir a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri ceartas sòisealta, còraichean chloinne, ionnsachadh airson seasmhachd agus càileachd nan nithean riatanach don h-uile neach a tha a' libhrigeadh foghlam ann an Alba. Thathar a' tilleadh ann an diofar dhòighean gu na cuspairean de cheannardas, com-pàirteachas, luachan co-roinnte, sunnd, ceartas sòisealta agus càileachd tron eagraan seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* Is iad seo bun-stèidh sàr sgoil agus, mar sin, feumaidh iad a bhith mar stèidh làidir taobh a-staigh fèin-luachadh.

Co-theacsa

On chaidh *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (an 3s eagraan) fhoillseachadh ann an 2007, tha an t-amas airson a h-uile sgoil a bhith na sàr sgoil àrd-amasach air leantainn air adhart a bhith air a stiùireadh tron Churraicealam airson Sàr-mhathais agus iomairtean poileasaidh eile, a' gabhail a-steach *Ceartas do gach pàiste* (GIRFEC) agus *Teagasg an Alba san Àm ri Teachd*. Tha co-obrachadh tro chom-pàirteachas eadar prìomh bhuidhnean a tha a' toirt taic do fhoghlam ann an Alba air neartachadh agus tha sinn ann an suidheachadh math airson a bhith a' dèanamh tuilleadh neartachaidh air com-pàirteachasan aig ìre sgoile is coimhearsnachd, le cudrom air a bhith a' leantainn air adhart a thaobh com-pàirteachas gus builean nas fheàrr a choileanadh do chloinn, dhaoine òga is an teaghlaichean. Tha am *Prògram Riaghaltas na h-Alba* as ùire air cuid de phrìomhachasan cudromach a shònrachadh airson na h-ath ìre de ar slighe leasachaidh a' gabhail a-steach a bhith ag ullachadh *Frèam-obrach Leasachaidh Ùir airson Foghlam Alba agus Leasachadh Sgioba-obrach Òg Alba agus Dùbhlann Buileachaidh Alba*. Tha an t-eagraan seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* ag amas air a bhith a' toirt taic don leasachadh agad taobh a-staigh a' chlàir-obrach bhrìgheil seo tro chudrom leantainneach air builean ionnsachaidh agus luchd-ionnsachaidh.

Mar Fhrèam-obrach a tha na bhun-stèidh airson fèin-luachadh èifeachdach, bheir *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (4mh eagra) taic do luchd-cleachdaidh agus do cheannardan-sgoile aig a h-uile ìre gus:

- dèanamh cinnteach gu bheil builean foghlaim airson gach neach-ionnsachaidh a' sìor leasachadh;
- dèiligeadh ris a' bhuidh a tha aig neo-ionannachd air sunnd, ionnsachadh agus coileanadh;
- fèin-fhiosrachaidhean foghlaim de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh gu cothromach;
- adhartas fhighhe a-steach a thaobh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair bho 3-18;
- tuilleadh neartachaidh a dhèanamh air ceannardas sgoile aig a h-uile ìre;
- càileachd agus buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd a neartachadh;
- com-pàirteachasan a leudachadh agus a neartachadh gus builean a leasachadh airson gach neach-ionnsachaidh;
- ionnsachadh airson seasmhachd a mheudachadh; agus
- dèiligeadh ri biurocrasaidh nach eil riatanach.

Com-pàirteachas, co-obrachadh agus fèin-leasachadh

Tha a bhith a' coinneachadh ri farsaingeachd fheuman a bhios aig clann, daoine òga agus an teaghlachan air fad aig teis-mheadhan dè a tha a' dèanamh sàr sgoil. *Chan urrainn dha sgoiltean seo a choileanadh leotha fhèin.* Mar a chaidh a chomharrachadh anns an t-sreath *A' Togail a' Churraicealaim*, is e com-pàirteachasan làidir, èifeachdach aig ìre ionadail agus nàiseanta an dòigh air adhart a thaobh leasachadh san àm ri teachd ann am foghlam ann an Alba. Tha an t-eagra seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* a' toirt taic dhut ann a bhith a' measadh buaidh d' obair com-pàirteachais agus do ghniomhan co-obrachail. Bidh raon de chom-pàirtichean agad leithid an treas earrann, luchd-obrach òigridh, luchd-obrach coimhearsnachd agus leasachadh, colaistean, oilthighean, agus luchd-fastaidh a bhios ag obair còmhla riut gus slighean ionnsachaidh a libhrigeadh gus coinneachadh ri feuman na cloinne agus nan daoine òga air fad. Bidh com-pàirtichean eile le ealantas speisealta ann an taic a bharrachd cuideachd ag obair còmhla riut gus bacaidhean ann an ionnsachadh a thoirt air falbh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga air fad soirbheachail san sgoil agus an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.

“ Tha am frèam-obrach fèin-luachaidh ùr seo a' soilleireachadh com-pàirteachas agus co-chonaltradh mar chomharran cudromach de shiostam ionnsachaidh sgoile air leth èifeachdach agus àrd dhèanadach.”

An cearcall leasachaidh

Tha an cearcall leasachaidh (faic Dealbh 1 gu h-ìosal) a' soilleireachadh nam prìomh chomharran de fhèin-leasachadh stèidhichte air fianais aig ìrean sgoile agus an t-siostaim san fharsaingeachd. Tha e a' sealltainn mar is urrainn do cheannardan sgoile agus shiostaman, luchd-cleachdaidh a chuideachadh gus amasan a tha air an co-roinn gu nàiseanta a mhìneachadh, leithid prionnsabalan a' Churraicealam airson Sàr-mathais, agus an cur an cèill sna co-theacsan ionadail aca anns na dòighean as iomchaidh dhan t-suidheachadh aca. Tha an cearcall seo iomchaidh do gach earrann de dh'fhoghlam. Le bhith ag obair leis a' chearcall seo tuigidh tu cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh luachadh a-staigh agus a-muigh gu tric is gu dian stèidhichte air fianais gus cur ri tuilleadh leasachaidh.

Dealbh 1: An cearcall leasachaidh



Is e seata innealan a tha ann an *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* a dh'fhaodas sgoiltean a chleachdadh gus a dhol an sàs ann an anailis stèidhichte air fianais mu dè a tha ag obair math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh gus buaidh nas fheàrr a bhith aige air luchd-ionnsachaidh. Leis an fhrèam-obrach a bhith air a chleachdadh ann an diofar dhòighean le luchd-obrach thar na sgoile agad agus le com-pàirtichean a' gabhail a-steach colaistean, oilthighean, luchd-fastaidh, ùghdarrasan ionadail agus Foghlam Alba, thèid tuilleadh neartachaidh a dhèanamh air an obair mheasaidh agad. Tha modhan-obrach in-thaigh làidir a thaobh fèin-luachaidh aig na sgoiltean as fheàrr agus tha iad cuideachd a' cur luach air an neo-chlaonachd a tha com-pàirtichean on taobh a-muigh a' cur ri cùisean. Tha na sàr sgoiltean a' tuigsinn gum bu chòir do fhèin-luachadh a bhith na phròiseas a tha leantainneach. Bidh iad daonnan a' meòrachadh air an obair agus ga mheasadh agus a' cleachdadh an fhianais bho na gnìomhan sin gus a bhith a' planadh leasachadh airson an ama ri teachd. Mar sin, tha an stiùireadh airson leasachadh airson an ama ri teachd a' tighinn bhon sgoil agus a com-pàirtichean. Is e seo am mìneachadh airson fèin-leasachadh.


Fèin-luachadh: A' coimhead a-steach

Faodar an càirdeas brìgheil eadar fèin-luachadh èifeachdach agus leasachadh sgoile fhaicinn cuideachd mar mhodh-obrach "a-steach, a-mach, air adhart" gus do chuideachadh fhèin agus do com-pàirtichean a bhith a' freagairt nan ceistean a tha aig teis-mheadhan fèin-luachaidh:

- Ciamar a tha a' dol dhuinn?
- Ciamar a tha fios againn?
- Dè a tha sinn a' dol a dhèanamh a-nis?

Tron mhodh-obrach seo, coimheadaidh tu a-steach gus anailis a dhèanamh air d' obair fhèin, coimheadaidh tu a-mach gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu na nithean a tha ag obair gu math do dhaoine eile gu h-ionadail agus gu nàiseanta agus coimheadaidh tu air adhart gus tuigse fhaighinn mu cò ris a bhiodh leasachadh leantainneach coltach san fhad-ùine. Thathar ag amas le *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* air taic a thoirt dhut fhèin agus do na com-pàirtichean agad a bhith **a' coimhead a-steach** gus luachadh a dhèanamh air coileanadh aig a h-uile ìre agus a bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh a thèid a chruinneachadh gus a thighinn gu co-dhùnadh mu na nithean a dh'fheumar a dhèanamh airson piseach a thoirt air cùisean.

Dealbh 2: A-steach, a-mach, air adhart




“ Bu chòir do bhith a’ toirt deagh bhreith mun bhuidh air luchd-ionnsachaidh, a bhith aig teis-mheadhan fèin-luachaidh. ”

Tha fèin-luachadh èifeachdach a’ gabhail a-steach ìre de chnuasachadh agus rannsachadh sgrùdach a tha air a choileanadh san dòigh as fheàrr tro mheasgachadh de dh’anailis on taobh a-staigh agus on taobh a-muigh. Bu chòir do bhith a’ dèanamh breithean fallain mun bhuidh air luchd-ionnsachaidh a bhith aig teis-mheadhan fèin-luachaidh. Tha *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* a’ toirt stiùir nàiseanta a dh’fhaodas an sgoil agad agus do chom-pàirtichean a chleachdadh an uair a bhios iad ag obair còmhla gus a’ bhuidh a tha aca air fad a luachadh ann a bhith a’ leasachadh bhuilean airson an luchd-ionnsachaidh sa choimhearsnachd ionadail agad.

Tha na modhan-obrach com-pàirteachail a nochd ann am *Prògram Com-pàirteachais Leasachadh Sgoile* (<http://www.educationscotland.gov.uk/learningandteaching/partnerships/schoolimprovementpartnershipprogramme/intro.asp>) nam prìomh dhòigh air a bhith a’ meudachadh ùr-ghnàthachadh agus leasachadh leantainneach thar chrìochan seòmar-sgoile, sgoil agus ùghdarrasan ionadail. Tha a leithid de mhodhan-obrach a’ dol nas fhaide na bhith dìreach a’ co-roinn deagh chleachdadh. Tha rannsachadh com-pàirteachail a’ toirt doimhneachd do ionnsachadh phroifeiseanta luchd-cleachdaidh agus a’ leantainn air adhart gu fèin-luachadh a tha nas cearta agus nas onaraich.

Tha fèin-luachadh èifeachdach, leantainneach a’ toirt dealbh air leth agus luachmhor air na nithean a tha a’ toirt na buaidh as motha agus as lugha air luchd-ionnsachaidh ann an clas sam bith, aig ìre shònraichte, ann an sgoil no thar clustair sgoiltean no ùghdarras ionadail. Bu chòir dha àite a ghabhail taobh a-staigh lèirsinn àrd-mhiannach airson leasachadh sgoile leantainneach anns a bheil an luchd-ùidh air fad a’ beachdachadh, “Dè cho math 's as urrainn dhuinn a bhith?” Aon uair 's gu bheil càileachd na buaidh air a luachadh, faodaidh planaichean airson leasachadh a bhith air an dealbh. Faodaidh a bhith a’ coimhead a-mach, is e sin, a bhith ag ionnsachadh bho nithean a tha a’ tachairt ann an àite eile, a’ coimhead air adhart, is e sin, a bhith a’ sgrùdadh na bhios an dàn san àm ri teachd do luchd-ionnsachaidh an là an-diugh agus a’ planadh mar a gheibhear chun na h-ìre sin – faodaidh iad sin taic a thoirt dhan phròiseas planadh leasachaidh. Faodaidh a bhith a’ coimhead a-mach agus air adhart am miann a bhith gluasad ann an dòigh eadar-dhealaichte fhìreanachadh, agus brosnachadh agus misneachadh a thoirt gus lèirsinn na sgoile a dhèanamh cho math 's as urrainn dha a bhith.

Dealbh 3: Modhan-obrach chom-pàirteachail a thaobh fèin-luachaidh




Triantanachadh fianais

Is e triantanachadh am pròiseas a thathar a' cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil abairtean measail mu neartan agus taobhan leasachaidh air an stèidheachadh ann am bunait fianais làidir. Bu chòir do thriantanachadh de dh'fhiosrachadh stèidhichte air fiosrachadh agus dàta, beachdan dhaoine agus sgrùdadh dìreach de chleachdadh a bhith a' gabhail a-steach luchd-obrach sgoile air fad, luchd-ionnsachaidh, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile. Tha am pròiseas seo a' leantainn air adhart gu measadh co-roinnte de chunnart agus tuigse air comas na sgoile agad a thaobh leasachadh leantainneach.

Dealbh 4: Triantanachadh

Bidh sgoiltean triantanachaidh a' cruinneachadh raon farsaing de **dhàta uimhireil** mar eisimpleir mu bhuileachadh, frithealadh, burraidheachd, agus leth-bhreith stèidhichte air claon-bhàidh agus taghadh de roghainnean. Tha fèin-mheasadh èifeachdach a' gabhail a-steach ceasnachadh làidir den dàta seo le luchd-obrach a tha eòlach air a bhith a' sgrùdadh dàta agus a chleachdas an dàta gus cùisean a tha a' tighinn am bàrr aithneachadh agus faicinn cuin a bhios eadar-mheadhanachdan sònraichte riatanach.



Bu chòir cothroman riaghailteachd a bhith aig luchd-obrach, sgoilearan, pàrantan, luchd-cùraim, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile mar an ùghdarras ionadail no am buidheann riaghlaidh gus a bhith a' co-roinn am beachdan mun sgoil. Tha eisimpleirean mun dòigh as urrainn do **bheachdan dhaoine** a bhith air an cruinneachadh a' gabhail a-steach suirbhidhean, buidhnean fòcais, conaltradh leantainneach proifeiseanta, cuairtean ionnsachaidh agus geàrr-chunntasan de coinneamhan sgioba.

Faodaidh **sgrùdaidhean dìreach** de chleachdadh àite a gabhail ann an raon de cho-theacsaichean ionnsachaidh a' gabhail a-steach ionnsachadh a tha a' gabhail àite a-muigh, ann an àite-obrach, aig colaiste agus ann an cuairtean agus suidheachaidhean còmhnaidheach. Bu chòir do sgrùdaidhean a bhith ceangailte ri slatan-tomhais aontaichte agus tuigse co-roinnte a thaobh an adhbhair. Bu chòir don luchd-ùidh air fad a' gabhail a-steach luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus com-pàirtichean a dhol an sàs sna sgrùdaidhean structaraichte sin agus fios air ais a thoirt gus taic a thoirt do fhèin-luachadh.


A' coimhead a-steach le bhith a' dol an sàs ann an ceistean fèin-luachaidh sònraichte

Tha am frèam-obrach comharran càileachd airson a bhith air a chleachdadh leis a h-uile neach-obrach san sgoil a dh'aindeoin dè an dreuchd a tha aca. Bu chòir do luchd-ùidh eile cuideachd na slatan-tomhais deagh-ghnè fhaicinn agus na cuspairean a tha a' beantainn ris an dreuchd a tha aca san sgoil agus faodaidh iad am frèam-obrach a chleachdadh gus taic a thoirt do luachaidhean den obair. Tha am frèam-obrach a' cur cudrom agus a' toirt taic do fhèin-luachadh com-pàirteachail san sgoil, eadar sgoiltean agus leis an luchd-ùidh a bhios a' cur ri ionnsachadh agus leasachadh chloinne agus dhaoine òga. Tha com-pàirteachadh gnìomhach chloinne agus dhaoine òga ann am fèin-luachadh na fheart chudromach. Chan eil e an-còmhnaidh riatanach comharra càileachd slàn a chleachdadh no am frèam-obrach air fad airson fèin-luachadh èifeachdach. Ach, thairis air àm de thrì gu còig bliadhna, bhiodh e feumail dhut fèin-luachadh a nochdadh a' cleachdadh nan comharran càileachd air fad. San dòigh seo togaidh tu suas dealbh slàn de dh'obair na sgoile agad agus a chomas a thaobh leasachadh thar ùine agus a bhith a' dèanamh cinnteach nach tèid taobhan cudromach sam bith fhàgail às.

Tha uallach san fharsaingeachd air ceannardan sgoile airson dèanamh cinnteach gu bheil plana ro-innleachdail soilleir aig an sgoil airson fèin-luachadh a tha leantainneach agus stèidhichte air fianais. Ach, tha e an urra ris an luchd-obrach air fad dèanamh cinnteach gu bheil fèin-luachadh gnìomhach a' dol air adhart ann an com-pàirteachas leis an luchd-ùidh air fad agus aig cridhe leasachadh sgoile. Cha bu chòir a bhith a' faicinn fèin-luachadh mar rud a tha air a "chur-ris" no a' gabhail a-steach tòrr de dh'ùine a bharrachd no biurocrasaidh. Bu chòir dha a bhith a' cur cudrom air prìomh obair na sgoile agad – ionnsachadh agus teagasg. Bu chòir dhan fhianais a thèid a chruinneachadh a bhith a' tighinn às an obair leantainneach agad. Is e an nì as cudromaich gum bi e comasach buaidh a chomharrachadh a thaobh builean leasaichte airson an luchd-ionnsachaidh agad. Gus seo a coileanadh feumaidh tu a bhith a' sìor thracadh agus a' cumail sùil air soirbheachasan agus coileanaidhean chloinne agus dhaoine òga agus do fhèin-luachadh a chleachdadh gus comharrachadh far a bheil an sgoil agad a' coileanadh gu math agus far am b' urrainn dhi dèanamh nas fheàrr. Tha laigsean sna builean sin mar as trice mar thoradh air laigsean san t-solar ionnsachaidh no ann an ceannardas agus rianachd, agus glè thrìc sna dhà. Far nach eil builean a' tighinn air adhart, no a tha iad a' dol nas miosa, feumaidh tu dèiligeadh ri seo gu sgiobalta.


Gus taic a thoirt don ro-innleachd fèin-luachaidh agad, gheibh daoine fa leth agus sgiobaidhean de luchd-obrach agus com-pàirtichean thar coimhearsnachd na sgoile a-mach gun cuidich an seata innealan iad a' dèanamh anailis air buaidh an cuid obrach air luchd-ionnsachaidh. Faodaidh slatan-tomhais deagh-ghnè no cuspairean bho dhiofar slatan-tomhais deagh-ghnè an cur ri chèile gus cudrom a chur air raon sònraichte de dh'obair leithid ionnsachadh teaghlach, sgilean obrach no airson dearbhadh co-ionannachd. Faodaidh a bhith a' leasachadh cheistean fèin-luachaidh a tha nas sònraichte agus a' sònrachadh chom-pàirtichean co-theacsa nas cuimsichte a chruthachadh airson an t-seòrsa fèin-luachaidh a tha seo. Is urrainn dhan mhodh-obrach seo do chuideachadh a bhith a' sònrachadh taobhan de bheatha na sgoile air am feumar cudrom nas motha a chur tro leasachadh proifeiseanta fa leth no co-obrachadh eadar luchd-obrach. Mar an ceudna, faodaidh com-pàirtichean an seata innealan fèin-luachaidh aca fhèin a leasachadh le bhith a' tarraing ri chèile slatan-tomhais deagh-ghnè no cuspairean bho fhrèaman-obrach fèin-luachaidh eadar-dhealaichte.

Dealbh 5: Fèin-luachadh – a' toirt sùil nas mionaidiche



Gheibhear eisimpleirean air an dòigh san obraich seo ann am Pàipear-taic 1.

Bidh an t-Ionad Leasachaidh Nàiseanta a bhios air a stèidheachadh a dh'aithghearr ag amas air a bhith a' leudachadh a' mhodh-obrach seo le bhith ga dhèanamh nas fhasa cothrom fhaighinn air ar frèaman-obrach fèin-luachaidh air fad agus taghadh a dhèanamh air na dh'fheumas tu a rèir dè am pròiseact no an iall-obrach sònraichte a tha thu airson a luachadh.




Am frèam-obrach

San fhèam-obrach gheibhear seata de 15 Slatan-tomhais deagh-ghnè (Qlan) a tha air an dealbh gus do chuideachadh a bhith a' freagairt trì ceistean co-cheangailte ri taobhan cudromach de dh'obair agus beatha na sgoile agad. Mar sin tha na slatan-tomhais deagh-ghnè ann an trì roinnean:

- **Ceannardas agus Rianachd:** *Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar modh-obrach a thaobh leasachaidh?*
- **Solar ionnsachaidh:** *Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha sinn a' tabhann?*
- **Soirbheachasan agus Coileanaidhean:** *Dè cho math 's a tha sinn air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' solair nam builean as fheàrr airson ar luchd-ionnsachaidh air fad?*

An uair a bhios an fhianais bho na slatan-tomhais deagh-ghnè co-cheangailte ris gach roinn a tha sinn air an cur ri chèile, tha e comasach sgeul air leth agus cumhachdach a chruthachadh gus a' phrìomh cheist a fhreagairt: **Dè ar comas a thaobh leasachadh leantainneach?** No, ann am briathran eile, **dè cho math 's as urrainn dhuinn a bhith?**

Dealbh 6: Dè cho math 's a tha sinn an-dràsta? Dè cho math 's as urrainn dhuinn a bhith?



Tha an dealbh seo a' soilleireachadh an dlùth cheangal a tha eadar gach taobh agus am prìomh cheist mu chomas na sgoile a thaobh leasachadh. Feumar raon de dh'fhianais iomchaidh de na trì taobhan gus luachadh a dhèanamh air coileanadh na sgoile san fharsaingeachd. Ach tha e comasach dìreach beagan de na slatan-tomhais deagh-ghnè no eadhon grunnan de chuspairean thairis air na slatan-tomhais deagh-ghnè a chleachdadh gus taic a thoirt do fhèin-luachadh co-cheangailte ri taobhan air leth sònraichte de bheatha agus obair sgoile.

Na Slatan-tomhais deagh-ghnè

Tha seata de Qlan anns gach fear de na trì roinnean. Faodaidh iad sin taic a thoirt dhut ann a bhith a' toirt sùil nas mionaidich air taobhan sònraichte den obair agad agus a bhith air a chur an cèill aig ìre seòmar-sgoile, roinn, dàmh, sgoil air fad, clustair sgoiltean agus ùghdarras ionadail.

Dealbh 7: Slatan-tomhais deagh-ghnè

Dè an comas a tha againn airson leasachadh?		
Ceannardas agus Rianachd	Solar ionnsachaidh	Soirbheachasan agus Coileanaidhean
Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus modh-obrach a thaobh leasachadh?	Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha sinn a' tabhann?	Dè cho math 's a tha sinn air a bhith a' faighinn nam builean as fheàrr a ghabhas airson ar luchd-ionnsachaidh air fad?
<p>1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh</p> <p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh</p> <p>1.3 Ceannardas atharrachaidh</p> <p>1.4 Ceannardas agus rianachd luchd-obrach</p> <p>1.5 Rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh</p>	<p>2.1 Sàbhailteachd agus dìon chloinne</p> <p>2.2 An Curraicealam</p> <p>2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh</p> <p>2.4 Taic phearsanaichte</p> <p>2.5 Ionnsachadh teaghlaich</p> <p>2.6 Eadar-ghluasadan</p> <p>2.7 Com-pàirteachasan</p>	<p>3.1 A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd</p> <p>3.2 Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</p> <p>3.3 A' meudachadh cruthachailteachd agus comas-obrach</p>

Na Cuspairean

Tha fèin-luachadh èifeachdach agus “A’ coimhead a-steach” a’ ciallachadh a bhith a’ toirt sùil nas mionaidich air dè cho math 's a tha taobhan sònraichte den sgoil ag obrachadh. Tha na cuspairean taobh a-staigh gach fear de na slatan-tomhais deagh-ghnè a’ toirt taic do na gnìomhan sin.

Ceannardas agus Rianachd	
Dè cho math 's a tha ar ceannardas agus ar modh-obrach a thaobh leasachaidh?	
Slatan-tomhais deagh-ghnè	Cuspairean
1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh	<ul style="list-style-type: none"> ■ Modhan-obrach co-obrachail a thaobh fèin-luachaidh ■ Anailis agus luachadh air tuigse agus dàta ■ A’ daingneachadh buaidh air soirbheachasan agus coileanaidhean luchd-ionnsachaidh
1.2 Ceannardas ionnsachaidh	<ul style="list-style-type: none"> ■ Dol an sàs proifeiseanta agus obrachadh com-pàirteachail ■ Buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd ■ Clann agus daoine òga a’ stiùireadh ionnsachadh
1.3 Ceannardas atharrachaidh	<ul style="list-style-type: none"> ■ A’ leasachadh lèirsinn co-roinnte, luachan agus amasan a tha iomchaidh dhan sgoil agus a coimhearsnachd ■ Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach ■ A’ cur an sàs leasachadh agus atharrachadh
1.4 Ceannardas agus rianachd luchd-obrach	<ul style="list-style-type: none"> ■ Frèam-obrach riaghlaidh ■ A’ togail agus a’ cumail suas sgioba luchd-obrach proifeiseanta ■ Sunnd agus taic aoghaireil luchd-obrach
1.5 Rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh	<ul style="list-style-type: none"> ■ Rianachd ionmhais airson ionnsachadh ■ Rianachd air stòrasan agus àrainn ionnsachaidh

Solar ionnsachaidh

Dè cho math 's a tha càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha sinn a' tabhann?

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Cuspairean
2.1 Sàbhailteachd agus dìon chloinne	<ul style="list-style-type: none"> ■ Ullachaidhean sàbhailteachd agus dìon chloinne ■ Ullachaidhean gus sunnd a dhaingneachadh ■ Stiùireadh agus reachdas nàiseanta
2.2 An Curraicealam	<ul style="list-style-type: none"> ■ Feallsanachd agus dealbhadh ■ A' leasachadh a' churraicealaim ■ Slighean ionnsachaidh ■ Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair
2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh	<ul style="list-style-type: none"> ■ Ionnsachadh agus dol an sàs ■ Càileachd teagaisg ■ Feum èifeachdach de mheasadh ■ Planadh, tracadh agus sgrùdadh
2.4 Taic phearsanaichte	<ul style="list-style-type: none"> ■ Taic choitcheann ■ Taic thargaichte ■ Toirt air falbh bhacaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh ionnsachaidh
2.5 Ionnsachadh teaghlaich	<ul style="list-style-type: none"> ■ Teaghlaichean a' dol an sàs ann an ionnsachadh ■ Tràth-thaic agus bacadh ■ Càileachd ionnsachaidh ann am prògraman teaghlaich
2.6 Eadar-ghluasadan	<ul style="list-style-type: none"> ■ Ullachaidhean gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean ■ Planadh agus libhrigeadh com-pàirteachail ■ Leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh
2.7 Com-pàirteachasan	<ul style="list-style-type: none"> ■ Leasachadh agus adhartachadh chom-pàirteachasan ■ Ionnsachadh com-pàirteachail agus leasachadh ■ Buaidh air luchd-ionnsachaidh

Soirbheachasan agus Coileanaidhean

Dè cho math 's a tha sinn air a bhith a' faighinn nam builean as fheàrr a ghabhas airson ar luchd-ionnsachaidh air fad?

Slatan-tomhais deagh-ghnè	Cuspairean
3.1 Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltachd	<ul style="list-style-type: none"> ■ Sunnd ■ A' coileanadh dhleastanasan reachdail ■ In-ghabhaltachd agus càileachd
3.2 Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	<ul style="list-style-type: none"> ■ Buileachadh ann an litearras agus àireamhachd ■ Buileachadh thar ùine ■ Càileachd coileanadh luchd-ionnsachaidh ■ Co-ionannachd airson luchd-ionnsachaidh air fad
3.3 A' meudachadh cruthachaileachd agus comas-obrach	<ul style="list-style-type: none"> ■ Sgilean cruthachaileachd ■ Ùr-ghnàthachas didseatach ■ Litearras didseatach ■ Meudachadh sgilean comas-obrach

Ìre 5 Dealbhan

Airson adhbharan tomhas-measaidh nàiseanta, tha an sgèile sia puing (Pàipear-taic 3) a' mairsinn mar thaobh cudromach de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* Airson gach comharra deagh-ghnè san fhrèam-obrach gheibhear dealbh air cò ris a dh'fhaodadh luachadh de “glè mhath” a bhith coltach. Tha na dealbhan seo ann gus taic a thoirt do chonaltradh proifeiseanta agus do mheòrachadh riatanach an uair a bhios fèin-luachadh leantainneach a' dol air adhart. Is e dealbhan farsaing coitcheann a tha annta a bu chòir a bhith comasach an cleachdadh ann an seòrsa sam bith de sgoil.

Eisimpleirean de chomharran de mhodh-obrach air leth èifeachdach

Tha na comharran de mhodh-obrach air leth èifeachdach a tha air an cleachdadh ri taobh gach comharra deagh-ghnè ann airson do chuideachadh a' sònrachadh nan seòrsachan fianais a tha a' toirt taic do fhèin-luachadh. Is e eisimpleirean sònraichte de mhodh-obrach a tha ann an cuid dhiubh a tha sinn air faighinn a-mach a tha soirbheachail ann an cuid de sgoiltean, ach chan e liosta dheimhinneach a tha annta den t-seòrsa mhodh-obrach a bheireadh fianais seachad air gach comharra deagh-ghnè fa leth. Am measg nan eisimpleirean gheibhear cuid a tha a' ceangal nas motha ri earrann shònraichte no ri buidhnean sònraichte de luchd-obrach agus luchd-ùidh. Is dòcha nach bi iad a' freagairt air an t-suidheachadh agadsa. Mar phàirt den fhèin-luachadh leantainneach agad, an àite a bhith a' feuchainn ri bhith a' dèanamh mac-samhail de na comharran sin de mhodh-obrach air leth èifeachdach, bu chòir dhut eisimpleirean coltach riutha fhaighinn bhon t-suidheachadh agad fhèin gus neartan na h-obrach agad a chomharrachadh.

Ceistean dùbhlain

Ri taobh gach comharra, tha cuideachd seata tòiseachaidh de “ceistean dùbhlain” gus taic a thoirt do chonaltradh proifeiseanta agus stiùir a thoirt mu mhodh-obrach air am bu chòir tuilleadh leasachaidh a dhèanamh. Agus, bidh cuid aca a thaobh earrann sònraichte agus cha bu chòir a bhith gam faicinn mar na h-aon cheistean a bu chòir a bhith air an cur. Faodar an cleachdadh le luchd-cleachdaidh fa leth, ach bidh iad a' leantainn air adhart gu meòrachadh nas brioghmhor an uair a bhios iad air an cleachdadh le buidhnean de luchd-obrach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile gus taic a thoirt do thuigse co-roinnte de neartan na sgoile agus na h-ath cheummanan.

Earrann 1

Ceannardas agus

Rianachd

DÈ CHO MATH 'S A THA AR CEANNARDAS AGUS AR MODH-OBACH A THAOBH LEASACHAIDH?

- 1.1** Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh
- 1.2** Ceannardas ionnsachaidh
- 1.3** Ceannardas atharrachaidh
- 1.4** Ceannardas agus rianachd luchd-obrach
- 1.5** Rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh

1.1 FÈIN-LUACHADH AIRSON FÈIN-LEASACHADH

Cuspairean:

- Modhan-obrach co-obrachail a thaobh fèin-luachaidh
- Anailis agus luachadh air tuigse agus dàta
- A' daingneachadh buaidh air soirbheachasan agus coileanaidhean luchd-ionnsachaidh

Tha an comharra seo a' mineachadh fèin-luachadh cruaidh mar nì a tha na uallach air a h-uile neach-ùidh. Tha e a' soilleireachadh an fheum a tha air modhan-obrach com-pàirteachail a thaobh fèin-luachaidh agus leasachadh leantainneach. Tha e a' cur cudrom air an fheum a tha ann airson ceannardas dian agus anailis làidir air raon de thuigse agus dàta mar chomharran riatanach de fhèin-leasachadh leantainneach, èifeachdach. Is e prìomh eileamaid sa chomharra seo a bhith a' sealltainn buaidh fèin-luachaidh a thaobh bhuilean airson a h-uile neach-ionnsachaidh. Mar sin tha an com-pàirteachadh gnìomhach ann am fèin-luachadh riatanach.

Ìre 5 Dealbh:

■ Modhan-obrach co-obrachail a thaobh fèin-luachaidh

Tha an luchd-obrach air fad a' tuigsinn gu bheil fèin-luachadh na phàirt deatamach de ar modh-obrach a thaobh leasachaidh leantainneach. Bidh sinn a' cleachdadh raon de mhodhan-obrach èifeachdach gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach, com-pàirtichean, luchd-ionnsachaidh, agus luchd-ùidh eile gu gnìomhach an sàs nar gnìomhan fèin-luachaidh leantainneach. Tha ceannardan aig gach ìre a' toirt taic do mheòrachadh le daoine fa leth, buidhnean de luchd-obrach, agus com-pàirtichean thairis air ar coimhearsnachd ionnsachaidh. Tha com-pàirteachas sgoileir na nì cudromach nar modh-obrach a thaobh fèin-luachaidh agus leasachadh leantainneach. Tro cho-obrachadh riaghailteach agus èifeachdach tha tuigse co-roinnte aig ar coimhearsnachd de neartan na sgoile agus feuman leasachaidh. Tha sinn air dòighean air leth èifeachdach a stèidheachadh gus conaltradh a chumail le luchd-ùidh agus is urrainn dhuinn sealltainn mar a tha am beachdan a' cur ri atharrachadh agus leasachadh.

■ Anailis agus luachadh air tuigse agus dàta

Taobh a-staigh ar sgoile agus an lùib ar coimhearsnachd ionnsachaidh, bidh sinn a' dol an sàs gu riaghailteach ann an leasachadh èifeachdach a thaobh càileachd agus a thaobh gnìomhan co-mheasaidh agus tha inbhean agus sùileachaidhean aontachta againn. Bidh an luchd-obrach air fad a' dèanamh anailis agus a' cleachdadh fianais ann an dòigh mhath gus dèanamh cinnteach gum bi cudrom soilleir air na prìomhachasan sin aig am bi a' bhuidheas as motha. Tha fiosrachadh neo-mhearachdach againn mu chàileachd an ionnsachaidh agus an teagasg agus buileachadh agus coileanadh an luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh sinn a' cruinneachadh raon de dhàta agus de dh'fhiosrachadh gus sùil agus tracadh a chumail air adhartas an luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh sinn gu riaghailteach a' ceasnachadh dàta, a' cleachdadh teicneòlas didseatach gus taic a thoirt dhan seo far a bheil sin iomchaidh agus buntainneach. Tha sinn air ceumannan a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil am planadh, an sgrùdadh, an tracadh agus am measadh furasta a dhèanamh agus buntainneach dhan h-uile neach a tha an sàs ann. Bidh sinn a' cleachdadh raon farsaing de chomhairle agus rannsachadh ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta gus beachdachadh air modh-obrach an là an-diugh agus gus ro-innleachdan ùra, beachdan agus atharrachaidhean a chaidh an toirt a-steach a mheasadh. Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh a-mach agus a' co-roinn deagh mhodh-obrach taobh a-staigh agus an dèidh na sgoile agus faodar leasachadh a chomharrachadh mar thoradh air sin.

■ A' daingneachadh buaidh air soirbheachasan agus coileanaidhean luchd-ionnsachaidh

Tha ar fèin-luachadh a' cuimseachadh air prìomh thaobhan de shoirbheachasan agus coileanaidhean luchd-ionnsachaidh. Is urrainn dhuinn fianais soilleir a shealltainn stèidhichte air gnìomhan a thèid a dhèanamh mar thoradh air fèin-luachadh. Is urrainn dhuinn a' bhuidheas a dhearbhadh a tha aig leasachadh a tha ag èirigh a-mach à fèin-luachadh air ionnsachadh agus teagasg agus air buileachadh, coileanadh agus sunnd an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha còraichean co-roinnte aig an luchd-ùidh air fad, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, air an fhianais seo agus ga chleachdadh airson a bhith a' planadh leasachadh leantainneach.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha fèin-luachadh deatamach a thaobh na dòigh sa bheil sinn ag obair nar coimhearsnachd agus na fheart leantainneach de bheatha na sgoile.
- ✓ Tha an luchd-obrach, sgoilearan, pàrantan agus com-pàirtichean air fad gu tur an sàs ann a bhith a' leasachadh beatha agus obair na sgoile.
- ✓ Tha tuigse cho-roinnte aig coimhearsnachd na sgoile air fad air neartan agus feuman leasachaidh na sgoile.
- ✓ Thar na bliadhna, tha mothachadh le cudrom air sgrùdadh agus luachadh ionnsachadh agus teagasg agus air coileanadh na cloinne, agus air a bhith a' toirt leasachaidhean air adhart.
- ✓ Tha an luchd-obrach ag obrachadh gu h-èifeachdach mar sgioba. Tha feallsanachd làidir ann de cho-roinn mhodhan-obrach, agus de thaic agus dùbhlain cho-aisean.
- ✓ Tha raon de luchd-ùidh a' gabhail orra fhèin a bhith a' stiùireadh taobhan de leasachadh na sgoile. Tha seo a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, pàrantan agus com-pàirtichean.
- ✓ Tha na pàipearan sgrìobhte mionaideach gu leòr, a' dèanamh luachadh agus soilleir.
- ✓ Tha gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta airson an luchd-obrach air fad ceangailte gu soilleir ri toraidhean fèin-luachaidh agus raointean leasachaidh a chaidh an sònrachadh.
- ✓ Tha an luchd-obrach air fad a' tuigsinn an fheum a tha ann a bhith a' coimhead a-mach agus air adhart nan gnìomhan luachaidh agus leasachaidh.
- ✓ Tha an luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach de rannsachadh/dàta ùr bho Alba agus nas fhaide air falbh gus cur ri an ionnsachadh agus an leasachadh.
- ✓ Tha tidsearan a' cleachdadh raon de mheasaidhean eadar-dhealaichte gus adhartas na cloinne a thomhas thar a' churraicealaim. Bidh iad ag obair gu h-èifeachdach le an co-obraichean thar na coimhearsnachd ionnsachaidh gus inbhean a cho-mheasadh.
- ✓ Tha fianais ann gu bheil clann agus daoine òga gu misneachail an sàs ann a bhith a' dèanamh lèirmheas air an ionnsachadh fhèin agus air obair na sgoile.
- ✓ Tha cothroman riaghailteach aig pàrantan taic a thoirt do leasachadh le bhith a' com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhan foirmeil agus neo-foirmeil.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho math 's a tha an luchd-obrach air fad a' tuigsinn an uallaich a tha orra a thaobh a bhith a' leasachadh tro fhèin-luachadh?
- ✓ A bheil fios agus tuigse aig an luchd-obrach air fad de na prìomh innealan a chleachdas iad ann an gnìomhan fèin-luachaidh a' gabhail a-steach Inbhean Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba agus Frèaman-obrach QI eile?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh fhuasglaidhean didseatach gus taic a thoirt ann a bhith a' sgrùdadh dàta?
- ✓ Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh a thaobh an neach-ionnsachaidh aig teis-mheadhan gach gnìomh fèin-luachaidh?
- ✓ A bheil amasan agus sùileachaidhean àrd gu leòr aig an luchd-obrach air fad airson na cloinne agus nan daoine òga gu lèir?
- ✓ A bheil eòlas bhon là an-diugh aig an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad mun choimhearsnachd ionadail agus tuigse air na suidheachaidhean a tha a' toirt buaidh air beatha agus ionnsachadh na cloinne?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn gnìomhach ann a bhith a' toirt air falbh bacaidhean a thaobh soirbheachas?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn air sònrachadh tro fhèin-luachadh, an sgoil air fad, na roinnean agus nam pearsachan eadar-dhealaichte agus na raointean airson an leasachadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cur ar luchd-ùidh air fad an sàs (clann, luchd-obrach, pàrantan agus luchd-cùraim, teaghlaichean agus com-pàirtichean) ann am fèin-luachadh agus planadh airson leasachadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' tabhann chothroman do luchd-obrach a bhith an sàs ann agus a' stiùireadh taobhan de leasachadh na sgoile?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' misneachadh luchd-obrach a bhith a' meòrachadh air, agus a' co-roinn an cleachdaidh fhèin??
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cudrom a-steach, a-mach agus air adhart nar gnìomhan luachaidh agus leasachaidh?
- ✓ Ciamar a tha fios againn gu bheil na h-atharrachaidhean a tha sinn air a dhèanamh air builean na cloinne a leasachadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha fianais bho fhèin-luachadh air a chleachdadh gus atharrachadh a sparradh air adhart?

1.2 CEANNARDAS IONNSACHAIDH

Cuspairean:

- Dol an sàs proifeiseanta agus obrachadh colaisteach
- Buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd
- Clann agus daoine òga a' stiùireadh ionnsachadh

Tha an comharra seo a' buntainn ri ceannardas a thaobh leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg. Tha e a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha dealas proifeiseanta ann a bhith a' leasachadh eòlas-teagaisg tro raon de mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd a' gabhail a-steach obrachadh colaisteach. Tha e a' cur cudrom air ceannardas a tha a' leasachadh bhuilean airson luchd-ionnsachaidh tro bhith a' toirt comas dhaibh an ionnsachadh fhèin a stiùireadh.

Ìre 5 Dealbh:

■ Dol an sàs proifeiseanta agus obrachadh colaisteach

Thar na sgoile againn, tha fianais ann air feallsanachd mu dhol an sàs proifeiseanta agus obrachadh colaisteach. Tha seo a' leantainn air adhart gu leasachadh leantainneach ann an ionnsachadh agus teagasg agus builean nas fheàrr do ar luchd-ionnsachaidh. Tha fianais air ceannardas làidir de ionnsachadh le luchd-obrach aig a h-uile ìre agus ann an raon de cho-theacsan. Bidh sinn a' togail agus a' gleidheadh chàirdeasan cuideachail, taobh a-staigh ar suidheachaidh agus nas fharsaing na sin, agus bidh seo a' brosnachadh uallach coitcheann agus taic co-aontach. Bidh an luchd-obrach air fad a' dol an sàs ann an dreuchdan stiùiridh gus brosnachadh, taic agus misneachd a thoirt do fheadhainn eile. Tha cultar ionnsachaidh colaisteach aig an sgoil againn air a chomharrachadh tro, mar eisimpleir, sgrùdadh neach-cleachdaidh com-pàirteachail, ionnsachadh co-aois, fios air ais cuideachail, conaltradh proifeiseanta agus deasbad. Bidh an luchd-obrach air fad ag obrachadh gu com-pàirteachail le co-luchd-obraichean, luchd-ionnsachaidh, com-pàirtichean agus pàrantan gus tùs-amasan leasachaidh a thoirt air adhart agus a bhith ag ionnsachadh còmhla ri agus bho càch a chèile.

■ Buaidh ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd

Tha an luchd-obrach air fad a' dol an sàs gu gnàthach ann an ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd (CLPL) agus a' leasachadh mhodhan-obrach ceasnachail agus rianail a thogas agus a nì ar modh-obrach seasmhach. Tha am modail de ionnsachadh proifeiseanta air a thuigsinn agus air a chleachdadh leis an luchd-obrach air fad. Fa leth agus còmhla, bidh sinn a' planadh agus a' luachadh ar n-ionnsachaidh proifeiseanta gu dìreach air càileachd a' bhuidhne air ionnsachadh agus chì sinn fianais a thaobh leasachaidhean airson luchd-ionnsachaidh. Bidh sinn a' leasachadh agus a' cleachdadh eòlas bho thùsan litreachais, rannsachaidh agus poileasaidh gus taic a thoirt don phròiseas a bhith a' stiùireadh agus a' leasachadh ionnsachadh. Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' leudachadh agus a' doimhneachadh ar n-eòlais agus ar tuigse air raointean a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gu bheil ar n-eòlas cuspair aig ìre ùir. Bidh sinn a' toirt taic do luchd-obrach gus cothrom fhaighinn air ionnsachadh proifeiseanta de dh'àrd-càileachd ceangailte ri cuspairean a tha a' dol thar a' churraicealaim mar leasachadh seasmhach, saoranachd chruinneil, ionnsachadh air a' bhàr a-muigh agus foghlam eadar-nàiseanta. Tha sinn a' leasachadh ar modhan-obrach a thaobh ionnsachadh agus teagasg didseatach. Tha sinn a' meòrachadh gu breithneachail air ionnsachadh proifeiseanta air leth agus gu coitcheann. Bidh sinn a' co-obrachadh gus cur ri teagasg a bhios a' leantainn air adhart gu fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh de dh'àrd-càileachd do ar luchd-ionnsachaidh. Bidh ar luchd-obrach a' cumail chlàraidhean èifeachdach den ionnsachadh agus den leasachadh proifeiseanta agus ag ullachadh plana gnìomh soilleir de ionnsachadh proifeiseanta. Tha fianais againn air a' bhuidhne a tha air a bhith aig ar n-ionnsachadh proifeiseanta air ar n-obair agus air adhartas, coileanadh agus buileachadh an luchd-ionnsachaidh thar ùine.

■ Clann agus daoine òga a' stiùireadh ionnsachadh

Bidh sinn a' tabhann raon farsaing de chothroman agus de thaic gus dèanamh cinnteach gun urrainn do chlann agus daoine òga uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh, an soirbheachasan agus an coileanaidhean fhèin. Tha an luchd-ionnsachaidh againn a' leasachadh na fulangachd agus na misneachd a tha riatanach gus leigeil leotha a thigheinn gu co-dhùnidhean mun ionnsachadh fhèin agus gus ionnsachadh dhaoine eile a threòrachadh. Tha iad a' comharrachadh seo ann an raon de cho-theacsan ionnsachaidh san sgoil agus sa choimhearsnachd. Tha clann agus daoine òga a' cur luach air comhairle phroifeiseanta agus ealantas luchd-obrach na sgoile agus feadhainn eile a tha a' toirt taic don ionnsachadh agus do na co-dhùnidhean aca. Bidh iad a' dol an sàs gu gnìomhach ann an conaltradh agus còmhraidhean mu na h-ath cheumannan a ghabhas iad agus a' cur ri bhith a' planadh shlighean ionnsachaidh a bhios a' coinneachadh ris na feuman agus na miannan aca.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Bidh ceannardan-sgoile a' toirt cumhachd do luchd-obrach agus a' gabhail cheumnan gus ceannardas a leasachadh aig a h-uile ìre gus comas na sgoile san fharsaingeachd a leasachadh.
- ✓ Bidh àrd-luchd-stiùiridh a' cruthachadh nan suidheachaidhean airson ceannardas èifeachdach aig a h-uile ìre agus mar thoradh air sin bidh an luchd-obrach air fad a' coileanadh dhreuchdan ceannardais a bhios a' cuimseachadh air a bhith a' stiùireadh ionnsachaidh.
- ✓ Bidh an luchd-obrach air fad a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeiseanta air leth agus gu coitcheann a bhios a' leasachadh bhuilean luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Bidh an luchd-obrach a' dol an sàs ann an conaltradh proifeiseanta gu riaghailteach gus tuigse san fharsaingeachd a leasachadh. Mar eisimpleir, tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean, eòlas-teagaisg, measadh agus ro-innleachdan airson a bhith ag àrdachadh buileachaidh.
- ✓ Tha raon de shiostaman agus de structairean èifeachdach aig an sgoil gus obrachadh colaisteach riaghailteach fhurastachadh gus cothroman a mheudachadh do luchd-obrach ionnsachadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile.
- ✓ Bidh àrd-luchd-stiùiridh a' furastachadh raon de mhodhan-obrach a thaobh ionnsachadh proifeiseanta gus dèanamh comasach do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh còmhla agus bho chàch a chèile. Far a bheil e iomchaidh, bidh seo a' gabhail a-steach ionnsachadh còmhla ri co-luchd-obrach thar roinnean agus an cois bhuidhnean com-pàirteachaidh.
- ✓ Bidh àrd-luchd-stiùiridh a' togail air sgilean agus tàlantan dhaoine fa leth gus comas ceannardais a thogail.
- ✓ Tha cudrom air leth làidir a thaobh a bhith a' leasachadh ionnsachadh am measg luchd-obrach thar na sgoile.
- ✓ Tha fianais ann den bhuaidh shoilleir agus a ghabhas a thomhais a tha aig ionnsachadh proifeiseanta air builean luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Bidh luchd-obrach a' co-obrachadh gus an tuigse agus an cur an sàs de phrìomh phoileasaidhean nàiseanta a chur an cèill, a' gabhail a-steach *Dùbhlán Buileachaidh na h-Alba, A' Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba agus Ionnsachadh airson Seasmhachd*.
- ✓ Tha an luchd-obrach misneachail a thaobh a bhith a' conaltradh mun dòigh sa bheil iad air am modh-obrach a leasachadh mar thoradh air an gnìomhan ionnsachaidh proifeiseanta.
- ✓ Tha fianais ann air raon de ro-innleachdan a thathar a' cleachdadh gus taic a thoirt do chlànn agus daoine òga uallach a ghabhail airson an ionnsachaidh agus an adhartais fhèin. Tha iad sin a' toirt cothrom do chlànn agus daoine òga barrachd misneachd agus sgilean a bhith aca ann a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh fhèin agus ionnsachadh chàich.
- ✓ Bidh luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs gu riaghailteach ann an conaltradh dùbhlanaich le feadhainn eile mun ionnsachadh agus mun adhartas agus a' cleachdadh seo gus amasan soilleir a shuidheachadh dhaibh fhèin a thaobh ionnsachaidh.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' cruthachadh cultar ionnsachaidh san sgoil againn?
- ✓ Dè an ìre gu bheil an luchd-obrach air fad an sàs ann a bhith a' stiùireadh ionnsachadh thar na sgoile againn agus nas fharsaing na sin?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-obrach a thaobh a bhith a' cleachdadh an Fhrèam-obrach airson Ceannardas Foghlaim agus Colaiste Alba airson Ceannardas Foghlaim (SCEL) gus taic a thoirt don ionnsachadh agus leasachadh?
- ✓ Dè an ìre gu bheil ar n-ionnsachadh proifeiseanta stèidhichte air na luachan agus gnìomhan taobh a-staigh inbhean proifeiseanta GTCS?
- ✓ Dè an ìre gu bheil ar pròiseasan leasachadh càileachd a' leantainn air adhart gu leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan-obrach a thaobh ionnsachadh colaisteach? A bheil sinn a' cleachdadh raon iomchaidh de mhodhan-obrach a leigeas leinn a bhith ag ionnsachadh còmhla agus bho chàch a chèile?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' togail sgilean agus tàlantan fa leth gus a bhith a' stiùireadh leasachaidhean?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' co-roinn ar n-ionnsachaidh fa leth agus co-roinnte thar na sgoile?
- ✓ Dè an ìre gu bheil sinn a' dol an sàs gu breithneachail ann an tùsan rannsachaidh, poileasaidh agus leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg?
- ✓ Ciamar a tha fios againn gu bheil ar n-ionnsachadh proifeiseanta a' leasachadh bhuilean airson an luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho earbsach 's a tha ar fianais mun bhuaidh air ionnsachadh sgoileir?
- ✓ Dè an ìre gu bheil sinn a' toirt taic do chlànn agus daoine òga uallach a ghabhail airson an ionnsachadh agus an adhartas aca fhèin?
- ✓ Dè na ro-innleachdan a tha sinn a' cleachdadh airson a bhith a' leasachadh fulangachd agus misneachd nar luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh fhèin agus ionnsachadh chàich.
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh ceistean fhaighneachd mun ionnsachadh agus an adhartas fhèin?
- ✓ Dè an ìre gu bheil ar modhan-obrach a' leasachadh ionnsachadh a h-uile neach?

1.3 CEANNARDAS ATHARRACHAIDH

Cuspairean:

- Leasachadh lèirsinn cho-roinnte, luachan agus amasan a tha iomchaidh dhan sgoil agus dhan choimhearsnachd aice
- Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach
- Cur an cèill leasachadh agus atharrachadh

Tha an comharra seo a' cur cudrom air ceannardas com-pàirteachail aig a h-uile ìre gus lèirsinn co-roinnte a leasachadh airson atharrachadh agus leasachadh a tha brioghmhor agus iomchaidh a thaobh co-theacsa na sgoile sa choimhearsnachd aice. Bu chòir do phlanadh airson leasachadh leantainneach a bhith stèidhichte air fianais agus ceangailte ri fèin-luachadh èifeachdach. Bu chòir do àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil deagh thuigse air an fheum a tha ann airson atharrachadh agus gu bheil astar an atharrachaidh iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheas as fheàrr aige airson luchd-ionnsachaidh.

Ìre 5 Dealbh:

■ Leasachadh lèirsinn cho-roinnte, luachan agus amasan a tha iomchaidh dhan sgoil agus dhan choimhearsnachd aice

Tha sinn dealasach mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh nan inbhean as àirde a ghabhas agus soirbheachas airson an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha an luchd-obrach air fad a' nochdadh dealas a thaobh luachan foghlaim co-roinnte agus inbhean proifeiseanta. Bidh àrd-stiùirichean a' tabhann ceannardas làidir a tha air comas a thoirt dhan sgoil againn agus dhan choimhearsnachd nas fharsaing, lèirsinn àrd-mhiannach a tha mar bhun-stèidh don leasachadh leantainneach againn, a leasachadh, adhartachadh agus a dhèanamh seasmhach. Tha an lèirsinn againn a' gluasad air adhart tro mheòrachadh leantainneach agus deasbad thar na sgoile agus na coimhearsnachd. Mar thoradh air a' chonaltradh ghnìomhach seo, tha an sgoil agus a' choimhearsnachd a' gabhail seilbh den lèirsinn, luachan agus amasan. Tha iad sin air an cumadh leis an tuigse shoilleir a tha againn air a' cho-theacsa shòisealta, eaconamach agus chultarail anns a bheil clann, daoine òga agus an teaghlaichean beò agus am mothachadh a tha againn air poileasaidh agus cleachdadh san là an-diugh. Tro cheannardas èifeachdach aig a h-uile ìre, tha coimhearsnachd na sgoile againn ag obrachadh còmhla gus lèirsinn cho-roinnte a thionndadh gu bhith na nì a tha ann dha-rìribh.

■ Planadh ro-innleachdail airson leasachadh leantainneach

Bidh àrd-cheannardan a' cruthachadh shuidheachaidhean far am bi luchd-obrach a' faireachdainn misneachail gus atharrachadh air a dheagh fhiosrachadh a thoirt a-steach agus tha iad dealasach mu uallach cho-roinnte a bhith orra a thaobh a' phròiseas atharrachaidh. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh a' sealltainn nan eadar-cheanglaichean eadar an sgoil agus a' choimhearsnachd ann a bhith a' leasachadh ionnsachadh agus builean airson clann agus daoine òga. Bidh àrd-cheannardan gu h-èifeachdach a' treòrachadh agus a' rianachd slighe agus luaths ro-innleachdail an atharrachaidh. Bidh iad a' gabhail deagh chunntas air a bhith a' measadh cunnairt gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' leantainn air adhart leis na ro-innleachdan gus atharrachadh a choileanadh. Bidh sinn a' cur dìon air àm airson conaltradh proifeiseanta, ionnsachadh agus fèin-luachadh colaisteach, gus an urrainn do bhuill ar coimhearsnachd sgoile air fad cur ri ar planaichean airson leasachadh leantainneach.

■ Cur an cèill leasachadh agus atharrachadh

Bidh luchd-obrach aig a h-uile ìre a' gabhail uallach airson a bhith ag adhbharachadh atharrachadh agus a bhith ag adhartachadh co-ionannachd agus ceartas sòisealta thar an obair air fad. Bidh àrd-cheannardan nar coimhearsnachd sgoile ag adhartachadh agus a' toirt taic do ùr-ghnàthachas, cruthachaidhean agus ceasnachadh neach-cleachdaidh a bhios a' leantainn air adhart gu fìor atharrachadh. Bidh iad ag obair gu com-pàirteachail gus feallsanachd soilleir a leasachadh agus gus modhan-obrach iomchaidh a thaghadh airson atharrachadh fhurastachadh gu h-èifeachdach agus a leanas air adhart gu tuilleadh co-ionannachd airson an luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh sinn a' sìor mheòrachadh air agus a' leasachadh ar modh-obrach, a' gabhail sùim de ar fèin-luachadh agus ar lèirsinn a thaobh leasachadh leantainneach. Bidh luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh agus com-pàirtichean gu riaghailteach a' dol an sàs ann am breithneachadh sgrùdail agus cruthachail. Mar thoradh air sin, tha clann agus daoine òga air comas nas motha a leasachadh a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri agus a' gabhail ri atharrachaidhean. Tha sgrùdadh luchd-cleachdaidh agus modhan-obrach cruthachail deatamach a thaobh dòighean smaoineachaidh agus modhan-obrach luchd-obrach, sgoilearan agus com-pàirtichean. Tha ro-innleachdan èifeachdach nan àite gus sùil a chumail agus luachadh a dhèanamh air buaidh atharrachaidhean air builean luchd-ionnsachaidh agus obair ar sgoile.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha sùileachaidhean aig an luchd-obrach air fad gu cunbhalach a thaobh an luchd-ionnsachaidh air fad.
- ✓ Tha na sgoilearan, pàrantan, com-pàirtichean agus luchd-obrach uile an sàs ann an cruthachadh agus ann a bhith a' dèanamh lèirmheas leantainneach air lèirsinn, amasan agus luachan na sgoile.
- ✓ Tha tuigse glè shoilleir aig an luchd-obrach air fad air co-theacsa shòisealta, eaconamach agus chultarail na coimhearsnachd ionadail a thaobh poileasaidh foghlaim an là an-diugh. Bidh iad a' cleachdadh an eòlais seo gu math airson cumadh a thoirt air lèirsinn na sgoile.
- ✓ Tha lèirsinn na sgoile àrd-amasach agus a' cuimseachadh air leasachaidhean ann am builean don h-uile neach.
- ✓ Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn taic gus a bhith a' tuigsinn amasan agus luachan an lèirsinn tro na ceithir co-theacsan airson ionnsachadh.
- ✓ Bidh ceannardan aig a h-uile ìre a' misneachadh agus a' brosnachadh feadhainn eile gus dealas cruinnichte a dhèanamh seasmhach a rèir na lèirsinn cho-roinnte tro ghniomhan làitheil.
- ✓ Bidh na tidsearan air fad a' meòrachadh air agus a' sealltainn dealas mu na luachan co-roinnte mar a tha iad air an cur an cèill ann an inbhean GTCS.
- ✓ Tha an luchd-obrach air fad dealasach mu atharrachadh a tha ag adhbharachadh leasachaidhean do luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Tha an luchd-obrach soilleir mu neartan na sgoile agus raointean airson an leasachadh stèidhichte air fianais. Tha seo air a chleachdadh gus feallsanachd soilleir a stèidheachadh airson leasachaidhean san àm ri teachd.
- ✓ Bidh àrd-cheannardan gu cùramach a' stiùireadh slighe agus astar an atharrachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil builean matha agus seasmhach airson luchd-ionnsachaidh a' tighinn mar thoradh orra. Bithear a' beachdachadh gu cùramach mun dòigh as fheàrr air prìomhachasan a thoirt air adhart (me a bhith a' cleachdadh raon de dhòighean-obrach).
- ✓ Tha an luchd-obrach air fad an sàs sa phròiseas atharrachaidh agus ann a bhith a' luachadh buaidh nan leasachaidhean. Tha seo a' faighinn taic bho ionnsachadh proifeiseanta fad dhreachd fa leth agus co-roinnte a tha air a dhealbhadh gu cùramach.
- ✓ Bidh àrd-cheannardan a' cruthachadh shuidheachaidhean gus taic a thoirt do chruthachaidhean, ùr-ghnàthachas agus ceasnachadh.
- ✓ Tha cothroman do luchd-ionnsachaidh agus luchd-obrach a bhith an sàs gu riaghailteach ann am beachd-smuaineachadh sgrùdach agus cruthachail air am fighe a-steach.
- ✓ Tha ceasnachadh neach-cleachdaidh mar phàirt riaghailteach de leasachadh leantainneach.
- ✓ Tha cothroman rianail aig luchd-cleachdaidh sgrùdach agus ùrachadh a dhèanamh air modh-cleachdaidh an eòlais-teagaisg.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè an ìre gu bheil sealbh aig coimhearsnachd ar sgoile air ar lèirsinn, amasan agus luachan?
- ✓ Dè an raon de dhàta agus fiosrachadh a tha sinn a' cleachdadh gus suidheachadh sòisealta, eaconamach agus cultarail na coimhearsnachd ionadail a thuigsinn?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na pròiseasan againn a thaobh a bhith a' gabhail a-steach coimhearsnachd na sgoile air fad anns an sgrùdach leantainneach air ar lèirsinn, amasan agus luachan?
- ✓ Dè na ro-innleachdan a tha sinn a' cleachdadh gus ar lèirsinn, amasan agus luachan a chur ann an cleachdadh gu làitheil san sgoil againn? Dè cho èifeachdach 's a tha iad sin?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh ar lèirsinn, amasan agus luachan an uair a bhios sinn a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu phrìomhachasan leasachaidh san àm ri teachd?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith ag àrach cruthachaidhean agus ùr-ghnàthachadh?
- ✓ A bheil tuigse shoilleir aig a h-uile neach san sgoil air ar neartan co-roinnte agus air na raointean airson leasachadh? A bheil co-dhùnaidhean mun sin air an tarraing bho raon fharsaing de dhàta agus fianais?
- ✓ Dè na ro-innleachdan a bhios sinn a' cleachdadh gus stiùir a thoirt don t-slighe ro-innleachdail agus astar an atharrachaidh? A bheil seo air a phlanadh gu cùramach gus dèanamh cinnteach gu bheil ùine gu leòr air a thoirt a thaobh a bhith a' stèidheachadh leasachaidhean?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cruthachadh shuidheachaidhean com-pàirteachail do luchd-obrach gus a bhith ag ionnsachadh còmhla ri agus bho dhaoine eile tro cheasnachadh sgrùdach? A bheil sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de na cothroman a tha rim faotainn gus taic a thoirt do ionnsachadh chom-pàirteachail?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na modhan-obrach againn a thaobh a bhith a' luachadh agus a' sgrùdach buaidh agus seasmhachd ar n-ionnsachaidh proifeiseanta?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na modhan-obrach againn a thaobh a bhith a' planadh airson leasachadh leantainneach? Ciamar a bhios sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur cudrom leantainneach air leasachaidhean a thaobh builean luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè an ìre gu bheil na h-innealan airson atharrachadh a' toirt buaidh mhath air luchd-obrach agus a' leasachadh bhuilean airson an luchd-ionnsachaidh air fad?

1.4 CEANNARDAS AGUS RIANACHD LUCHD-OBACH

Cuspairean:

- Frèam-obrach riaghlaidh
- A' togail agus a' cumail suas sgioba luchd-obrach proifeiseanta
- Sunnd agus taic aoghaireil luchd-obrach t

Tha an comharra seo a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha deagh riaghladh agus trusadh cothromach agus ceart agus taghadh luchd-obrach. Tha e a' cur cudrom air cunntachalachd, uallach agus luachan co-roinnte mar chomharran cudromach a thaobh a bhith a' togail agus a' cumail suas sgioba luchd-obrach àrd-phroifeiseanta. Is e prìomh fheart de sgioba phroifeiseanta, cumhachdachadh èifeachdach de luchd-obrach agus com-pàirtichean le sùil gheur a thaobh sunnd agus càirdeasan deimhinneach.

Ìre 5 Dealbh:

■ Frèam-obrach riaghlaidh

Tha ceannardas na sgoile againn air a stèidheachadh gu soilleir air na prìomh prionnsabalan riaghlaidh de dh'ionnsachadh àrd-chàileachd, dol an sàs luchd-ionnsachaidh agus cultar de dheagh-ghnè. Tha dreuchdan agus uallaichean bhuidhnean agus dhaoine fa leth air am mìneachadh tro ar frèam-obrach riaghlaidh soilleir. Tha am buidheann riaghlaidh a' cumail sùil gheur air gnìomhan na sgoile agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt freagairt luath do luchd-ùidh a thaobh an uallaichean agus am molaidhean. Bidh am buidheann riaghlaidh ag obrachadh gu dlùth leis an sgoil. Tha loidhnichean cunntachalachd soilleir ann a thaobh coileanadh agus càileachd na sgoile, a' gabhail a-steach adhartas agus coileanadh nan daoine òga. Tha ceannardas ro-innleachdail a' leantainn air adhart gu builean de dh'àrd-chàileachd airson clann agus daoine òga.

■ A' togail agus a' cumail suas sgioba luchd-obrach proifeiseanta

Bidh an sgoil againn a' cleachdadh trusadh èifeachdach agus follaiseach, taghadh agus modhan-rianachd a thaobh dèanadas a tha a rèir reachdas an là an-diugh agus aontaidhean ionadail agus nàiseanta. Tha modhan-obrach dìon air an deagh thuigsinn agus air an cur an cèill le manaidsearan le uallaichean airson a bhith a' trusadh luchd-obrach. Tha na modhan-obrach againn a thaobh a bhith a' stèidheachadh luchd-obrach ann an dreuchd a' toirt deagh àite do na sgilean, ullamhachd agus fèin-eòlas a dh'fheumar airson na dreuchd. Tha poileasaidhean inntigridh agus modhan-obrach taiceil againn airson ar luchd-obrach air fad. Tha modh-obrach coidsidh agus meantaraidh a thaobh sgrùdadh proifeiseanta agus leasachadh air a chleachdadh gu h-èifeachdach leis an luchd-obrach air fad gus an eòlas proifeiseanta agus an sgilean a chomharrachadh. Bidh luchd-obrach a' dol an sàs gu gnìomhach ann an tachartasan ionnsachaidh proifeiseanta gus an èifeachdas a leasachadh. Tha comas, cothrom agus ceannardas an luchd-obrach air an deagh leasachadh gus taic a thoirt don chultar ionnsachaidh. Tha leasachadh luchd-obrach agus ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd air a dheagh cho-òrdanachadh agus a' toirt seachad chothroman brioghmhor gus ionnsachadh bho chàch a chèile agus bho fheadhainn eile taobh a-muigh na sgoile. Tha buaidh dhìreach agus dhearbhadh aig leasachadh luchd-obrach air builean chloinne agus dhaoine òga.

■ Sunnd agus taic aoghaireil luchd-obrach

Tha poileasaidhean agus modhan-obrach soilleir nan àite gus dèanamh cinnteach mu thaic aoghaireil agus sunnd luchd-obrach. Tha iad sin air an co-roinn le luchd-obrach agus air an deagh thuigsinn. Tha cultar agus feallsanachd na sgoile againn dearbhach agus air a chumseachadh air feumalachdan luchd-obrach air fad, com-pàirtichean agus luchd-ionnsachaidh. Tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh cho-ionannachdan do na h-uile, gus am bi luchd-obrach a' faireachdainn misneachail san àite-obrach. Tha an luchd-obrach againn a' faireachdainn gu bheil iad air an cumhachdachadh is air am brosnachadh gus a thiginn gu co-dhùnidhean agus gus taobhan de leasachadh sgoile a stiùireadh. Tha stiùireadh soilleir aig an sgoil a thaobh a bhith a' suidheachadh inbhean proifeiseanta de mhodh mar a tha sin air a mhìneachadh ann an aontaidhean agus poileasaidhean nàiseanta. Tha an luchd-obrach a' gabhail uallach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ar modhan-obrach a thaobh conaltraidh farsaing, eadar-dhealaichte agus èifeachdach. Tha cothroman a thaobh a bhith a' co-chomhairleachadh, a' co-roinn fiosrachaidh agus a' togail air draghan air an deagh shuidheachadh agus air an thuigsinn leis an luchd-obrach air fad. Tha na loidhnichean cunntachalachd soilleir. Tha an luchd-obrach a' co-roinn fiosrachadh gu h-èifeachdach, ag èisteachd ri feadhainn eile agus a' toirt fios air ais gu deimhinneach mu bheachdan agus cùisean a bhithear a' togail leotha.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha frèam-obrach riaghlaidh a' mineachadh gu soilleir dreuchdan agus uallaichean an luchd-obrach air fad agus na buidhnean riaghlaidh.
- ✓ Tha lèirsinn agus luachan na sgoile air an cumadh leis na buidhnean iomchaidh air fad agus le daoine fa leth.
- ✓ Tha àrd-cheannardan furasta dèiligeadh riutha agus tha cothrom aig an luchd-obrach a dhol thuca aig àm sam bith.
- ✓ Tha an luchd-obrach air fad a' cleachdadh conaltradh didseatach gu h-èifeachdach agus a' cothromachadh seo gu math le cothroman conaltraidh aghaidh ri aghaidh agus àm colaisteach.
- ✓ Bidh an sgoil a' cumail sùil air na freagairtean a bhios i a' toirt dha na gearanan a bhios i a' faighinn.
- ✓ Tha na h-ullachaidhean trusaidh air am mineachadh gu soilleir ann an sgrìobhainnean poileasaidh agus modhan-obrach. Bidh iad a' toirt cunntas iomchaidh mu reachdas co-cheangailte ri dol an sàs phàrantan.
- ✓ Thathar a' cumail ri reachdas co-ionannachd agus tha e air a mhìneachadh ann am modhan trusaidh.
- ✓ Tha coimhearsnachd na sgoile for-ghnìomhach a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri claon-bhreith gus am bi e comasach don luchd-obrach air fad a bhith a' faireachdainn cofhurtail san àite-obrach.
- ✓ Feumaidh ballrachd làithreach a bhith aig luchd-obrach san Sgeama Dion nam Buidhnean So-leònte (PVG).
- ✓ Tha na tidsearan misneachail mun dòigh sa bheil iad a' cur an cèill inbhean an GTCS agus an ionnsachaidh proifeiseanta a tha a' leantainn air adhart gu an Ùrachadh Proifeiseanta.
- ✓ Tha na h-ullachaidhean a thaobh PRD a rèir an stiùiridh nàiseanta.
- ✓ Tha na tidsearan a tha fo threànadh agus na tidsearan a tha air an ùr theisteanachadh a' faighinn deagh thaic gus am misneachd a mheudachadh agus gus eòlas-teagaisg fallain a leasachadh.
- ✓ Tha poileasaidhean agus modhan-obrach ionadail a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri smachd, frithealadh/neo-frithealadh agus gearan, soilleir agus air an cur an cèill gu h-iomchaidh.
- ✓ Tha poileasaidh "urrainn san àite-obrach" na àite agus air a cho-roinn ris an luchd-obrach air fad.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè an ìre gu bheil ar n-ullachaidhean riaghlaidh ag adhartachadh cultar de chàileachd?
- ✓ Dè cho math 's a tha na buidhnean cunntachail agus daoine fa leth air fad a' cur ri builean de dh'àrd-chàileachd airson luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' sireadh fios air ais mu èifeachdas ar conaltraidhean agus a' gabhail cunntas de bheachdan ar luchd-obrach?
- ✓ Dè cho math 's as urrainn dhuinn sealltainn gun urrainn dhuinn ionnsachadh bho ghearanan?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar poileasaidhean trusaidh agus taghaidh ag adhbharachadh gu bheil sinn a' faighinn an neach as fheàrr airson na dreuchd?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' sgrùdadh agus a' tracadh ballrachd Sgeama PVG a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh sgrùdadh air ais?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn ann a bhith a' toirt cothrom do phàrantan a bhith an sàs agus dèanamh cinnteach gun d' fhuair iad trèanadh agus misneachd gu bhith air pannalan suidheachaidh?
- ✓ Dè an ìre gu bheil na modhan-obrach againn a thaobh inntrigeadh agus meantradh a' toirt taic do luchd-obrach a chaidh a shuidheachadh ann an dreuchd o chionn ghoirid?
- ✓ Dè cho math 's a tha fios aig na manaidsèaran loidhneach air an uallach a tha orra a thaobh Ùrachadh Proifeiseanta an lùib an GTCS?
- ✓ Dè cho math 's a tha PRD agus planadh leasachadh sgoile ag adhbharachadh builean leasaichte do chlann agus do dhaoine òga?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cumail fiosrachadh ri luchd-obrach agus a' cumail nan cuimhne na thathar a' sùileachadh bhupa a thaobh an dòigh-giùlain?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn ag adhartachadh chòraichean agus uallaichean luchd-obrach?
- ✓ Dè cho math 's a tha leabhar-làimhe an luchd-obrach a' frithealadh luchd-obrach ùr?
- ✓ A bheil ar luchd-obrach sealach agus geàrr-ùine a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic gu leòr?
- ✓ A bheil ar modhan slàinte agus sàbhailteachd agus measadh cunnairt iomchaidh agus air an cur an cèill gu rianail?

1.5 RIANACHD STÒRASAN GUS CO-IONANNACHD A BHROSNACHADH

Cuspairean:

- Rianachd ionmhais airson ionnsachadh
- Rianachd air stòrasan agus àrainn ionnsachaidh

Tha an comharra seo a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha deagh mheasadh cunnairt a bhios a' cur feuman luchd-ionnsachaidh aig cridhe nan co-dhùnaidhean mu rianachd ionmhais agus stòrasan eile. Tha a bhith ag adhartachadh co-ionannachd na uallach co-roinnte a tha an urra ris an luchd-obrach, com-pàirtichean agus luchd-ùidh air fad. Bu chòir do rianachd na sgoile air stòrasan dèanamh cinnteach gum bi àm ri teachd nas seasmhaiche agus nas co-ionann aig a h-uile neach.

Ìre 5 Dealbh:

■ Rianachd ionmhais airson ionnsachadh

Tha siostaman èifeachdach againn airson stiùbhartachd ionmhasail agus rianachd gus dèanamh cinnteach gum faighear an luach as fheàrr agus seasmhachd. Bidh sinn a' dèanamh feum ùr-ghnàthach den ionmhas a tha ri fhaotainn gus stòrasan a roinn airson na prìomhachasan leasachaidh agus na leasachaidhean a tha air am planadh a thoirt air adhart. Tha am buidseat a tha againn air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha luchd-obrach, sgoilearan, pàrantan, com-pàirtichean agus luchd-ùidh eile a' tuigsinn nan uallaichean a tha orra a thaobh rianachd ionmhais èifeachdach. Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' sireadh maoinachadh bho ghrunnan thùsan gus taic a thoirt do thaobhan sònraichte de ar n-obair. Bidh sinn ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil follaiseachd agus co-ionannachd ann an cleachdadh ar stòrasan ionmhasail. Bidh sinn a' gabhail sùim de chomhairle ionadail agus nàiseanta nar rianachd ionmhasail, a' sireadh taic bho dhaoine le ealantas ionmhasail mar a bhios sin iomchaidh. Tha caiteachas ionmhasail air a phlanadh gu cùramach gus càileachd an ionnsachaidh agus an teagasg a leasachadh agus buileachadh agus coileanadh a mheudachadh don luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh sinn gu rianail a' sgrùdadh agus is urrainn dhuinn fianais a thoirt gu bheil an ìre gu bheil sinn a' cleachdadh ar stòrasan ionmhasail a' leantainn air adhart gu builean nas fheàrr airson ar luchd-ionnsachaidh.

■ Rianachd air stòrasan agus àrainn ionnsachaidh

Bidh sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de na stòrasan a tha rim faotainn, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach, gus cruthachadh, cumail suas agus cur ri àrainn bhrosnachail airson ionnsachadh èifeachdach. Tha na h-àrainnean ionnsachaidh thar na sgoile air am faicinn mar stòras a bheir làn thaic do ionnsachadh, teagasg agus in-ghabhaltachd. Tha raon farsaing de stòrasan iomchaidh againn gus taic agus dùbhlana a thoirt do luchd-ionnsachaidh aig a h-uile ìre den ionnsachadh. Bidh sinn a' misneachadh ar luchd-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh feum neo-eisimeileach agus ciallach de raon de stòrasan. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil riarachadh seasmhach, soilleir agus cothromach air a dhèanamh agus cleachdadh de stòrasan gus taic a thoirt do fheumalachdan ionnsachaidh nan uile. Bidh sinn a' rianachd stòrasan a tha air an riarachadh gu for-ghnìomhach agus gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri prìomhachasan ionnsachaidh agus leasachaidh a tha air am planadh. An dèidh co-chomhairleachadh le luchd-ùidh iomchaidh, bidh stòrasan air am faotainn, air an riarachadh agus air an cleachdadh gu tàbhachdach agus gu h-èifeachdach gus coinneachadh ri prìomhachasan eagrachail, ionadail agus nàiseanta agus ri feumalachdan nan daoine leis am bi sinn ag obair. Bidh sinn a' cleachdadh dàta agus luachaidhean air buaidh phrìomhachasan planaidh a bha ann cheana agus prògraman ionnsachaidh gus cur ri co-dhùnaidhean mu stòrasan san àm ri teachd. Bidh sinn gu dìcheallach a' cur an cèill reachdas iomchaidh airson slàinte agus sàbhailteachd agus tha sinn furachail ann a bhith a' daingneachadh teàrtaichean agus sàbhailteachd an luchd-cleachdaidh agus an luchd-tadhail air fad. Mar thoradh air sin, tha ar togalaichean air an dìon agus tha cùisean slàinte agus sàbhailteachd air an comharrachadh agus thathar a' dèiligeadh riutha gu sgiobalta.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Modhan-obrach for-ghnìomhach a thaobh stiùbhartachd ionmhasail agus rianachd gus dèanamh cinnteach gu bheil ionmhas ri fhaotainn agus air a chleachdadh san dòigh as èifeachdaich an dà chuid a thaobh prìomhachasan gearr-ùine agus fad-ùine.
- ✓ Àrd-cheannardan a' dèanamh cinnteach gu bheillear a' cleachdadh stòrasan ionmhasail ann an dòigh shoilleir agus a' dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd ann do na h-uile .
- ✓ Co-dhùnaidhean mu chosgaisean air an dèanamh a rèir amasan agus lèirsinn na sgoile gus prìomhachasan a tha air am planadh a choileanadh.
- ✓ Àrd-cheannardan agus luchd-obrach rianachd a' leasachadh siostaman agus modhan-obrach èifeachdach gus cothrom a thoirt a bhith a' sgrùdadh agus a' toirt prìomhachas do bhuidseatan.
- ✓ Modhan-obrach nan àite agus air an cleachdadh gu h-èifeachdach airson a bhith a' faighinn taic bho dhaoine le ealantas ionmhasail.
- ✓ Buaidh shoilleir agus a ghabhas a thomhais de bhuidhe caiteachas ionmhasail air a bhith a' leasachadh bhùilean an luchd-ionnsachaidh air fad.
- ✓ Tuigse co-roinnte aig luchd-obrach air na nithean a tha a' toirt buaidh air bochdainn chloinne agus a' dèanamh feum èifeachdach de dhàta làithreach a tha ri fhaotainn mu ìrean bochdainn chloinne agus a' cleachdadh seo gus co-ionannachd a dhaingnachadh.
- ✓ Tha fianais aig an sgoil gu bheil co-dhùnaidhean mu chaiteachas air ciallachadh gu bheil àrdachadh air a thighinn air buileachadh agus coileanadh.
- ✓ Tha buaidh stòrasan ùra air an sgrùdadh agus air an luachadh gu cùramach gus dèanamh cinnteach gu bheil buaidh dhearbhadh aca air ionnsachadh. Tha fianais air a chleachdadh gus taic a thoirt do stòrasan airson an ama ri teachd.
- ✓ An uair a bhithear a' planadh tuilleadh stòrasan airson an ama ri teachd, bithear a' beachdachadh mu bhith a' faighinn an luach as fheàrr agus seasmhach an leasachaidh.
- ✓ Tha na stòrasan air fad, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach agus àiteachan taobh a-muigh na sgoile air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus àrainnean ionnsachaidh èifeachdach a chruthachadh agus a dhèanamh seasmhach. Tha iad sin air an deagh chleachdadh gus taic a thoirt do ionnsachadh.
- ✓ Bidh tidsearan a' dèanamh feum èifeachdach de raon de stòrasan, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach, gus taic agus dùbhlain iomchaidh a thoirt do luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Tha stòrasan thar na sgoile air an deagh chumail agus air an deagh eagrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad air an cleachdadh gu h-èifeachdach agus gu tàbhachdach.
- ✓ Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh bho raon fharsaing de stòrasan agus gan cleachdadh gu ciallach agus gu sùbailte gus coinneachadh ri am feuman fa leth.
- ✓ Tha goireasan na sgoile sàbhailte agus tèarainte airson a h-uile neach .

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho èifeachdach agus tàbhachdach 's a tha ar modhan-obrach a thaobh rianachd ionmhasail?
- ✓ Dè na dòighean a tha sinn a' cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil soilleireachd agus co-ionannachd san dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh ar stòrasan ionmhasail?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na siostaman againn a thaobh a bhith a' rianachd bhuidseatan co-roinnte gus dèanamh cinnteach gu bheil cudrom shoilleir air adhartachadh co-ionannachd (me buidseatan clustair no Comhairle Phàrant)?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' riarachadh stòrasan gus prìomhachasan leasachaidh a dhèanamh seasmhach?
- ✓ Dè an ìre gu bheil ar modhan-obrach a thaobh seilbheachd agus riarachadh stòrasan a' leasachadh bhùilean airson an luchd-ionnsachaidh air fad?
- ✓ Dè an ìre gu bheil caiteachas ionmhais a' cuimseachadh air a bhith a' leasachadh càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar togalaichean agus ar fearann air an cleachdadh airson fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh a libhrigeadh gus taic a thoirt do shunnd luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach agus na coimhearsnachd?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' sgrùdadh cleachdadh agus buaidh nan stòrasan a tha rim faotainn air ionnsachadh agus teagasg?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn air a bhith ag obair gu colaisteach le sgoilearan, pàrantan agus com-pàirtichean gus a thighinn gu co-dhùnaidhean iomchaidh mu stòrasan?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' cleachdadh ar stòrasan gus coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh nan uile agus a' daingneachadh co-ionannachd?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh raon de stòrasan, a' gabhail a-steach àiteachan a-muigh agus stòrasan coimhearsnachd gus taic a thoirt don ionnsachadh?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha ar dòighean slàinte agus sàbhailteachd agus a bheil iad co-rèireach agus a' comasachadh?
- ✓ Dè cho dian 's a tha ar pròiseasan sgrùdaidh gus cothrom a thoirt dhuinn a bhith a' planadh, a' sgrùdadh agus a' rianachd ar stòrasan gu h-èifeachdach?



Earrann 2

Solar ionnsachaidh

DÈ CHO MATH 'S A THA CAILEACHD A' CHÙRAIM AGUS AN FHOGHLAIM A THA SINN A' TABHANN?

- 2.1 Sàbhailteachd agus dìon chloinne
- 2.2 An Curraicealam
- 2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh
- 2.4 Taic phearsanaichte
- 2.5 Ionnsachadh teaghlaich
- 2.6 Eadar-ghluasadan
- 2.7 Com-pàirteachasan

2.1 SÀBHAILTEACHD AGUS DÌON CHLOINNE

Cuspairean:

- Ullachaidhean sàbhailteachd agus dìon chloinne
- Ullachaidhean gus sunnd a dhaingneachadh
- Stiùireadh agus reachdas nàiseanta

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air an raon fharsaing de dhleastanasan a tha air iarraidh air an luchd-obrach agus air na com-pàirtichean air fad agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann agus na daoine òga air fad sàbhailte, air an deagh choimhead às an dèidh agus a' faighinn cothrom a thighinn air adhart. Tha an comharra seo a' coimhead ris an dòigh a tha an sgoil a' gabhail cunntas de na riathanasan reachdail a thaobh dìon chloinne gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad. Ann a bhith a' dìon chloinne agus dhaoine òga air fad feumaidh com-pàirteachasan làidir a bhith air an stèidheachadh eadar an sgoil agus a coimhearsnachd ionadail. Tha seo a' gabhail a-steach cothroman ionnsachaidh adhartach air an deagh phlanadh gus am bi clann agus daoine òga a' fàs nas fhlungaich agus gun leasaich iad tuigse mhath mun dòigh a chumas iad sàbhailte.

Ìre 5 Dealbh:

■ Ullachaidhean sàbhailteachd agus dìon chloinne

Tha poileasaidhean agus dòighean-obrach soilleir, iomchaidh agus bhon là an-diugh againn nan àite gus dèanamh cinnteach à sàbhailteachd chloinne agus dhaoine òga, a' gabhail a-steach dìon chloinne. Bidh an luchd-obrach air fad a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeiseanta riaghailteach agus tha iad misneachail ann a bhith a' dèiligeadh ri cùis sam bith a thaobh dìon no sàbhailteachd chloinne, a' gabhail a-steach e-sàbhailteachd, euchdadh chloinne tro fheise, agus eastramachas. Tha ullachaidhean a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri sàbhailteachd no dìon chloinne air an deagh shanasachd agus air an tuigsinn le gach neach-obrach, com-pàirtiche, neach-ionnsachaidh agus pàrant. Tha àrd-cheannardan air a bhith air an trèanadh ann an cùisean sàbhailteachd gu àrd-ìre agus a' nochdadh deagh eòlas agus tuigse, agus mar mhodailean den chleachdadh as fheàrr don luchd-obrach agus do choimhearsnachd na sgoile san fharsaingeachd. Tha dòighean-dèiligeadh ri sàbhailteachd agus dìon chloinne nam pàirt chudromach de ar gnìomhan fèin-luachaidh agus leasachaidh.

■ Ullachaidhean gus sunnd a dhaingneachadh

Tha feallsanachd agus lèirsinn na sgoile gu làidir ag adhartachadh co-ionannachd, a' toirt dubhlan do gach seòrsa leth-bhreith. Bidh clann ag innse dhuinn gu bheil e air a bhith comasach dhaibh càirdeasan dearbhach a thogail le inbhich co-chòrdail agus tha earbsa aca a dhol a bhruidhinn riutha an uair a bhios iad feumach air cobhair. Tha cothrom aca air neach ainmichte gus an cuideachadh agus ris am bruidhinn iad mu nithean pearsanta, an uair a bhios iad ag iarraidh sin a dhèanamh. Tha iad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn deagh thaic gus iad fhèin a chuideachadh agus gu bheil iad gu mòr an sàs ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnidhean. Tha na poileasaidhean againn airson cùram aoghaireil soilleir, iomchaidh agus air an cur an sàs. Tha siostaman air an deagh chur an cèill againn nan àite gus sunnd adhartachadh thairis air gach taobh de bheatha na sgoile. Tha iad sin a' gabhail a-steach siostaman àrd-èifeachdach gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gearan a thogail. Bidh sinn a' cleachdadh modhan-obrach ionnsachadh agus teagasg agus an curraicealam gus fulangachd agus saoranachd chunntasach adhartachadh. Tha na modhan-obrach sin air leth mothachail agus so-fhreagrach a thaobh sunnd gach leanabh agus gach neach òg.

■ Stiùireadh agus reachdas nàiseanta

Tha clann sàbhailte agus a' faireachdainn sàbhailte san sgoil. Tha freagairt làidir, dìreach agus for-ghnìomhach ann bho inbhich a tha a' lùghdachadh a' chunnairt gun tèid dochann a dhèanamh air cloinn. Tha fios agus tuigse aig inbhich a tha ag obair còmhla riutha air na comharran a dh'fhaodadh a bhith a' nochdadh gu bheil an leanabh/neach òg a' fulang no ann an cunnart dochann fhulang. Bidh iad a' coileanadh gnìomh iomchaidh agus riathanach a rèir nan dòighean-obrach ionadail agus an stiùireadh reachdail. Tha an luchd-obrach mothachail air cùisean a tha ag èirigh suas sa chomann shòisealta leithid radaigeachd agus dubh-shaothrachadh feiseil chloinne. Bidh àrd-cheannardan agus buidhnean riaghlaidh, far am bi sin iomchaidh, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad ag obair a rèir dleastanasan dìon chloinne fo reachdas. Tha ar clàradh de chùisean sàbhailteachd air an cumail chun nan inbhean as àirde.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha na h-àrd cheannardan a tha an urra ri sàbhailteachd soilleir mu na thathar a' sùileachadh bhuapa nan dreuchd, agus a' toirt deagh thaic agus stiùir do luchd-obrach.
- ✓ Tha ullachaidhean làidir nan àite gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad (a' gabhail a-steach luchd-saor-thoileach agus com-pàirtichean) mothachail air na h-uallachaidhean a tha orra a thaobh dìon chloinne agus poileasaidhean agus dòighean-obrach co-ionannachd.
- ✓ Tha sàbhailteachd na iall chudromach a tha a' ruith tro fhèin-luachadh na sgoile.
- ✓ Tha siostaman èifeachdach a' toirt for-shealladh rianail agus ro-innleachdail de àireamh agus gnè nan adhbhar a chaidh an togail, tùs-chonaltraidhean tar-chur, co-labhairtean chùisean dìon chloinne, agus clàraidhean dìon chloinne.
- ✓ Tha an curraicealam gu h-èifeachdach ag adhartachadh sàbhailteachd agus sunnd thar nan ìrean air fad, a' gabhail deagh chunntas de cho-theacsa na sgoile.
- ✓ Bu chòir dha a bhith comasach do chloinn gearan a thogail an aghaidh obair agus dòighean-obrach sgoile, agus a bhith misneachail gun tèid dèiligeadh ris na beachdan aca gu dian agus gun tèid dèiligeadh riutha.
- ✓ Tha neo-làthaireachd neo-mhìnichte, riaghailteach no fad-ùine a' faighinn taic tro raon de mhodhan-obrach agus ro-innleachdan.
- ✓ Tha poileasaidhean agus modhan-obrach dìon chloinne agus sàbhailteachd a rèir reachdas agus stiùireadh làithreach. Bithear a' dèanamh lèirmheas air poileasaidhean agus modhan-obrach gu riaghailteach.
- ✓ Tha clàran dìon chloinne air fad air an stòradh gu sàbhailte agus gu tèarainte gus dèanamh cinnteach nach eil cothrom aig neach sam bith ach aig luchd-obrach iomchaidh air fiosrachadh a tha diomhair.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ A bheil dòighean-obrach a thaobh dìon chloinne agus sàbhailteachd aithnichte agus air an tuigsinn leis gach neach thar coimhearsnachd na sgoile?
- ✓ Dè cho math 's a tha na ceannardan a' stiùireadh an raoin chudromach a tha seo, agus ciamar a tha fios againn?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na pròiseasan clàraidh agus planaigh ann a bhith a' libhrigeadh builean dearbhach do chloinn agus daoine òga an uair a tha cùisean dìon chloinne no sàbhailteachd ann?
- ✓ A bheil ullachaidhean sàbhailteachd air an sgrùdadh gu riaghailteach mar phàirt bhunaiteach de ar pròiseasan fèin-luachaidh?
- ✓ Ciamar a bhios sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach air an cumail suas ri dòighean cleachdaidh sàbhailteachd, a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, e-sàbhailteachd, eastramachas, milleadh buill-ghineamhainn nam ban, agus euchdadh chloinne tro fheise?
- ✓ Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga a' faighinn taic an dèidh cùis sàbhailteachd no dìon chloinne?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a thathar a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd gus nach bi a leithid a' tachairt san àm ri teachd?
- ✓ Dè cho math 's a bhios luchd-obrach a' gabhail sùim de bheachdan agus fèin-fhiosrachaidhean chloinne agus dhaoine òga, gu sònraichte an uair a bhios aca ri thighinn gu co-dhùnaidhean a dh'fhaodas buaidh a thoirt air an roghainnean beatha?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha ar modhan-obrach ann a bhith a' toirt taic do shunnd (me budaidhean, meantairean, àiteachan sàbhailte)? Ciamar a bhios tu a' tomhas buaidh nam modhan-obrach sin?
- ✓ A bheil an sgoil ag adhartachadh feallsanachd agus cultar de dhol an sàs deimhinneach agus com-pàirteachas leis na sgoilearan agus na pàrantan aice?

2.2 AN CURRAICEALAM

Cuspairean:

- Feallsanachd agus dealbhadh
- A' leasachadh a' churraicealaim
- Slighean ionnsachaidh
- Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

Tha an comharra seo a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur feumalachdan luchd-ionnsachaidh aig cridhe dealbhadh agus leasachadh a' churraicealaim. Bu chòir do structar agus modh-libhrigidh a' churraicealaim deagh aire a thoirt do shuidheachaidhean ionadail agus nàiseanta. Is e an curraicealam iomlanachd nam fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh thairis air na ceithir co-theacsan mar a tha iad air an libhrigeadh leis an sgoil agus a com-pàirtichean. Le curraicealam èifeachdach gheibh gach neach-ionnsachaidh builean làidir.

Ìre 5 Dealbh:

■ Feallsanachd agus dealbhadh

Bidh sinn ag obair còmhla mar choimhearsnachd sgoile gus a bhith a' leasachadh, ag adhartachadh agus a' cumail suas lèirsinn mòr-mhiannach airson ar curraicealam. Tha lèirsinn agus feallsanachd soilleir sa churraicealam againn a tha air a chumadh le luachan co-roinnte na sgoile agus a coimhearsnachd. Tha an curraicealam againn air a stèidheachadh air ar dealas a thaobh a bhith a' daingneachadh chòraichean agus sunnd chloinne. Tha e a' gabhail sùim de làn-chòraichean luchd-ionnsachaidh agus na ceithir comasan agus a' comharrachadh gu bheil an suidheachadh againn gun choimeas. Tha for-shealladh ann a bhios sinn a' cleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse co-roinnte ann a thaobh adhbhar agus dealbhachadh a' churraicealaim. Tha structar a' churraicealaim a' tabhann co-ionannachd cothruim gus soirbheachasan agus coileanaidhean ar luchd-ionnsachaidh air fad a mheudachadh. Tha sinn a' gabhail deagh sùim de na ceithir co-theacsan ionnsachaidh agus cuspairean a tha a' dol thar a' churraicealaim leithid co-ionannachd, iomairt, cruthachaileachd, foghlam leasachadh seasmhach agus dol an sàs eadar-nàiseanta. Tha na modhan-obrach cruthachail agus ùr-ghnàthach againn a thaobh dealbhadh a' churraicealaim a' toirt taic do bhuilean dearbhach airson luchd-ionnsachaidh.

■ A' leasachadh a' churraicealaim

Bithear a' sgrùdadh a' churraicealaim againn gu riaghailteach agus ga ùrachadh mar thoradh air mothachadh fiosraichte mu dhòighean smaoineachaidh làithreach agus bidh e ag atharrachadh ri linn deasbad leantainneach taobh a-staigh coimhearsnachd na sgoile. Bidh sinn ag obrachadh gu math leis na com-pàirtichean againn gus dèanamh cinnteach gum bi modhan-obrach cruthachail agus ùr-ghnàthach a thaobh leasachadh a' churraicealaim air am brosnachadh agus a' toirt taic do bhuilean dearbhach dhan luchd-ionnsachaidh. Tha leasachadh a' churraicealaim againn air a stèidheachadh air modh-obrach làn-sgoile a thaobh ionnsachadh airson seasmhachd.

■ Slighean ionnsachaidh

Tha an curraicealam a' tabhann slighean ionnsachaidh sùbailte a bhios a' leantainn air adhart gu bhith ag àrdachadh buileachadh tro bhith a' coinneachadh ri feumalachdan agus miannan ar luchd-ionnsachaidh air fad. Tha slighean ionnsachaidh a' toirt taic do chlann agus daoine òga gus togail air an ro-ionnsachadh agus a' daingneachadh adhartas iomchaidh don luchd-ionnsachaidh air fad. Tha slighean ionnsachaidh stèidhichte air fèin-fhiosrachaidhean agus builean agus prionnsabalan dealbhachaidh a thaobh adhartas, co-thàthadh, farsaingeachd, doimhneachd, pearsantachadh agus roghainn, dùbhlain agus toileachas agus buinteanas. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig clann agus daoine òga air ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd sna raointean curraicealaim air fad agus tro ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Tha an luchd-obrach air fad a' gabhail uallach airson a bhith a' leasachadh litearras, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus litearras didseatach thar a' churraicealaim. Bidh an luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh nan sgilean sin aig àrd-ìre ann an grunnan cho-theacsaichean brioghmhor.

■ Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

Tha an luchd-obrach agus com-pàirtichean air fad a' tabhann chothroman air leth math airson a bhith a' leasachadh sgilean chloinne agus dhaoine òga a thaobh ionnsachadh, beatha agus obair ann an suidheachaidhean a tha brosnachail a thaobh ionnsachaidh. Bidh sinn a' cumail sùil gheur air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga a' fèin-fhiosrachadh ìrean dùbhlain a tha a' sìor àrdachadh an uair a bhios iad a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair. Bidh an luchd-obrach agus ar com-pàirtichean a' tabhann chothroman air an deagh phlanadh airson luchd-ionnsachaidh a bhith a' leasachadh mothachadh air saoghal na h-obrach. Bidh sinn a' cur cudrom air iomairt agus cruthachaileachd thar nan raointean ionnsachaidh air fad.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha an luchd-ùidh air fad a' cur ri feallsanachd, dealbhachadh agus leasachadh leantainneach a' churraicealaim. Tha a h-uile duine a' tuigsinn dè a tha an sgoil a' feuchainn ri choileanadh tron churraicealam aice.
- ✓ Tha an luchd-ùidh air fad comasach bruidhinn mun dòigh a tha comharran sònraichte coimhearsnachd na sgoile a' cur ri dealbhachadh a' churraicealaim.
- ✓ Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad àrd-amasach agus a' sùileachadh ìrean àrda de bhuileachadh agus coileanadh airson an luchd-ionnsachaidh air fad.
- ✓ Tha àm airson ionnsachadh proifeiseanta agus obair cholaisteach air a dhìon gus an curraicealam a leasachadh agus beachdachadh air a' bhuidheachadh a tha aige air clann agus daoine òga.
- ✓ Tha sàr chleachdadh air a dhèanamh de dh'fhiosrachadh agus stuthan taic air an tarraing bho raon de stòrasan ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta gus taic a thoirt do dheasbad fiosraichte mu leasachadh curraicealaim.
- ✓ Tha ceannardan sgoile a' toirt stiùir shoilleir tro phlana fad-ùine so-riaghailte agus àrd-amasach airson leasachadh leantainneach a' churraicealaim.
- ✓ Tha planadh airson adhartas ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga na àite airson nan ceithir co-theacsan agus a' sealltainn mar a tha eòlas, tuigse agus sgilean air an togail suas thar ùine.
- ✓ Tha ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh na fhèin-fhiosrachadh riaghailteach, adhartach air a stiùireadh leis a' churraicealam airson an luchd-ionnsachaidh air fad.
- ✓ Tha fòcas soilleir air a bhith air leasachadh sgilean litearra, àireamhachd, slàinte agus sunnd, cruthachail, sgilean didseatach agus so-fhastach ann an dòigh adhartach thar a' churraicealaim.
- ✓ Tha ionnsachadh airson seasmhachd air fhighe a-steach dhan churraicealam againn.
- ✓ Tha an curraicealam againn a' cur fòcas làidir air a bhith a' leasachadh nan sgilean a dh'fheumas na daoine òga againn ann an saoghal na h-obrach.
- ✓ Bidh sinn a' toirt mothachadh don chloinn agus do na daoine òga againn air raon de dhreuchdan agus na sgilean a dh'fheumar air an son. Bidh sinn a' toirt dùbhlain do ghnàth-iomhaighean gnèitheach ann an dreuchdan.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè na tha de mhothachadh air a thoirt do phoileasaidh agus stiùireadh ionadail agus nàiseanta an uair a bhith ag aontachadh ri feallsanachd agus dealbhachadh airson a' churraicealam againn?
- ✓ Dè an ìre gu bheil sinn a' gabhail sùim de na factaran air fad a tha a' dèanamh ar sgoil air leth?
- ✓ A bheil an curraicealam a tha ar luchd-ionnsachaidh a' fiosrachadh a rèir ar feallsanachd? Ciamar a tha fios againn?
- ✓ Gu dè an ìre gu bheil sinn a' dèanamh feum èifeachdach de na stuthan taic agus am fiosrachadh a tha ri fhaotainn gus cur ri leasachadh a' churraicealaim againn?
- ✓ Gu dè an ìre gu bheil an curraicealam againn ag adhartachadh co-ionannachd agus ag àrdachadh buileachadh airson na cloinne agus nan daoine òga air fad?
- ✓ Dè cho èifeachdach is a tha ceannardas leasachadh a' churraicealaim aig a h-uile ìre?
- ✓ Dè an ìre gu bheil clann agus daoine òga an sàs ann a bhith a' planadh agus a' comharrachadh chothroman airson pearsantachadh agus roghainn?
- ✓ A bheil an ìre pearsantachaidh agus roghainn a' leasachadh bhuilean airson na cloinne?
- ✓ A bheil tuigse co-roinnte againn mu cò ris a tha adhartas coltach?
- ✓ Dè an ìre gu bheil tuigse co-roinnte aig sgioba na sgoile againn mu ionnsachadh eadar-chuspaireil agus mar a leasaicheas iad e mar cho-theacsa cudromach airson ionnsachadh?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha ar for-shealladh den sgoil air fad ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' togail eòlas agus sgilean na cloinne gu h-iomchaidh thar ùine?
- ✓ Dè cho math 's a tha na dòighean-obrach againn a thaobh a bhith ag ullachadh iomraidhean a' leasachadh mothachadh chloinne agus dhaoine òga mun deidhinn fhèin mar luchd-ionnsachaidh agus a' toirt taic dhaibh ann a bhith ag aithneachadh nan sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a tha iad a' togail, gus an cuideachadh a' planadh ionnsachadh airson an ama ri teachd?
- ✓ A bheil sinn a' dèanamh an fheum as fheàrr de ar com-pàirtichean, a' gabhail a-steach chom-pàirtichean eadar-nàiseanta, gus cothroman a thoirt do dhaoine òga a bhith a' leasachadh an sgilean agus a' coileanadh?
- ✓ Dè cho fiosrachail agus a rèir an là an-diugh 's a tha sgioba na sgoile againn mu chothroman dreuchd agus fastachd?
- ✓ A bheil a' coinneachadh ri làn-chòraichean luchd-ionnsachaidh a thaobh ionnsachadh airson seasmhachd?

2.3 IONNSACHADH, TEAGASG AGUS MEASADH

Cuspairean:

- Ionnsachadh agus dol an sàs
- Càileachd teagaisg
- Feum èifeachdach de mheasadh
- Planadh, tracadh agus sgrùdadh

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga air fad a' fèin-fhiosrachadh ionnsachadh de dh'àrd-càileachd. Tha e a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha luchd-obrach sàr-eòlach a bhith ag obair le clann agus daoine òga agus feadhainn eile gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh brosnachail agus brioghmhor. Tha feum èifeachdach de mheasadh le luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga a' làn-mheudachadh an soirbheachasan agus an coileanaidhean.

Ìre 5 Dealbh:

■ Ionnsachadh agus dol an sàs

Tha feallsanachd agus cultar na sgoile againn a' comharrachadh dealas a thaobh còraichean chloinne agus càirdeasan dearbhach. Tha a' chlann agus na daoine òga againn nan com-pàirtichean dèidheil agus gnìomhach agus an làn-sàs, fulangach, àrd-bhrosnaichte agus eadar-ghnìomhach an uair a bhios iad an sàs ann an gnìomhan. Tha fèin-fhiosrachaidhean luchd-ionnsachaidh aig ìre iomchaidh de dhùbhlain agus a' còrdadh riutha agus air an deagh mhaidseadh ri am feuman agus an ùidhean. Bidh an luchd-ionnsachaidh a' taghadh iad fhèin, a' gabhail a-steach cleachdadh iomchaidh de theicneòlas didseatach, agus bidh iad a' sìor ghabhail uallach iad fhèin an uair a bhios iad a' fàs nas neo-eisimeilich nan ionnsachadh. Tha tuigse aca air adhbhar an ionnsachaidh agus bidh cothroman aca a bhith a' stiùireadh an ionnsachaidh. Tha ar luchd-ionnsachaidh soirbheachail, misneachail agus deònach uallach a ghabhail. Bidh iad a' cur gu h-èifeachdach ri beatha na sgoile agus a' choimhearsnachd nas fharsaing ann an raon de ghnìomhan air an deagh phlanadh. Tha fios aca gu bheil am beachdan air an sireadh, air an luachadh agus air dèiligeadh riutha.

■ Càileachd teagaisg

Tha an teagasg againn air a stèidheachadh air ar lèirsinn sgoile co-roinnte agus air ar luachan. Bidh sinn a' cleachdadh raon farsaing de dh'àrainnean ionnsachaidh agus modhan-teagaisg cruthachail. Tha an t-ionnsachadh air a bheartachadh agus a' faighinn taic leis a' chleachdadh èifeachdach a tha sinn a' dèanamh de theicneòlasan didseatach. Tha na mìneachaidhean agus na stiùiridhean againn soilleir. Bidh sinn a' cleachdadh ceasnachadh sgileil agus dol an sàs gus feòrachas, neo-eisimeileachd agus misneachd adhartachadh agus gus sgilean breithneachaidh de àrd-ìre a thoirt am bàrr gu riaghailteach san luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh sinn a' cumail sùil gheur air luchd-ionnsachaidh gus eadar-theachd iomchaidh a dhèanamh agus fios a thoirt a thaobh ionnsachaidh san àm ri teachd. Bidh sinn a' cleachdadh fios air ais èifeachdach gus fiosrachadh agus taic a thoirt a thaobh ionnsachaidh.

■ Feum èifeachdach de mheasadh

Tha measadh bunaiteach do ar planadh de ionnsachadh agus teagasg. Bidh sinn a' cleachdadh grunnan mhodhan-obrach a thaobh measaidh gus an cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh an eòlas agus tuigse, sgilean, buadhan agus comasan a thaisbeanadh ann an co-theacsan eadar-dhealaichte thairis air a' churraicealam. Tha ar fianais measaidh tàbhachdach agus seasmhach. Aig prìomh chlachan-mhìle, bidh na measaidhean againn a' toirt fianais sheasmhach a bhios sinn a' cleachdadh gus fiosrachadh a thoirt mu adhartas na cloinne agus nan daoine òga air fad. Thar na coimhearsnachd ionnsachaidh againn tha sùileachaidhean co-roinnte againn a thaobh inbhean a bu chòir an coileanadh, agus tha ullachaidhean làidir againn airson co-mheasadh thar ìrean agus thar a' churraicealam.

■ Planadh, tracadh agus sgrùdadh

Bidh sinn a' planadh gu h-iomchaidh thar sgèilean-ama eadar-dhealaichte gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh thar raointean a' churraicealam. Tha luchd-ionnsachaidh gu mòr an sàs ann a bhith a' planadh ionnsachaidh. Mar thoradh air so-riaghladh ar pròiseasan gus sgrùdadh agus luachadh a dhèanamh air adhartas luchd-ionnsachaidh tha fiosrachadh soilleir againn mun bhuileachadh aca thar raointean a' churraicealam air fad. Tha seo a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil dùbhlain a bharrachd, mar eisimpleir luchd-cùraim òga, clann a thathar a' coimhead às an dèidh agus feadhainn aig a bheil suidheachadh doirbh a thaobh ionmhais. Bidh sinn a' cleachdadh an dàta seo gus luachadh a dhèanamh air èifeachdas nan eadar-theachdan a tha air an dealbh gus builean a leasachadh airson an luchd-ionnsachaidh air fad.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha an àrainn ionnsachaidh stèidhichte air càirdeasan dearbhach, àrachail agus aig ìre ìomchaidh a thaobh dùbhlain agus a bhios a' leantainn air adhart gu builean ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd.
- ✓ Tha coileanaidhean luchd-ionnsachaidh san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile air an clàradh agus air an aithneachadh. Tha iad a' tuigsinn mar a tha na coileanaidhean sin gan cuideachadh a' leasachadh eòlais agus sgilean airson beatha, ionnsachadh agus obair.
- ✓ Tha luchd-ionnsachaidh an sàs gu gnìomhach san sgoil agus sa choimhearsnachd nas fharsaing agus gu tric a' gabhail orra fhèin dreuchdan ceannardais, a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh ionnsachaidh.
- ✓ Tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn fios air ais de dh'àrd-chàileachd agus tha tuigse cheart aca air an adhartas aca ann an ionnsachadh agus air na dh'fheumas iad a dhèanamh airson a thighinn air adhart.
- ✓ Tha e comasach do luchd-ionnsachaidh fios air ais èifeachdach a thoirt don comhaoisean mun ionnsachadh agus dòighean a mholadh air mar as urrainn dhaibh a thighinn air adhart.
- ✓ Bidh luchd-obrach a' faighinn cothrom air agus a' cleachdadh fiosrachaidh ìomchaidh bho rannsachadh foghlaim gus ionnsachadh agus teagasg a leasachadh.
- ✓ Tha planadh co-rèireach agus furasta a stiùireadh agus a' sònrachadh gu soilleir na dh'fheumas a bhith air ionnsachadh agus air a mheasadh.
- ✓ Tha modhan measaidh air am maidseadh ri feumalachdan ionnsachaidh an luchd-ionnsachaidh agus air an cleachdadh gus taic a thoirt dhaibh gus sealltainn far a bheil iad a thaobh an ionnsachaidh.
- ✓ Tha stòras de dheagh chàileachd de dh'fhianais air a chleachdadh gus taic a thoirt do bhreithean measaidh agus co-dhùnidhean mu na h-ath-cheuman.
- ✓ Tha na pròiseasan airson measadh agus fios air ais furasta an cleachdadh agus glè èifeachdach ann a bhith a' fiosrachadh leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg.
- ✓ Tha tracadh agus sgrùdadh air an deagh thuigsinn agus air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus builean leasaichte fhaighinn airson an luchd-ionnsachaidh air fad, a' gabhail a-steach na cloinne agus nan daoine òga as miosa dheth agus an fheadhainn a tha air an coimhead às an dèidh.
- ✓ Tha sàr-sgilean sgrùdadh dàta aig na tidsearan air fad a tha a' cur fòcas air leasachadh.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè an ìre gu bheil luchd-ionnsachaidh air an cuideachadh gus taghadh agus cleachdadh stòrasan agus uidheam de dh'àrd-chàileachd a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh ar coimhearsnachd agus ar làraich gus ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh de dh'àrd-chàileachd a libhrigeadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' brosnachadh agus a' toirt cothrom a dhol an sàs don luchd-ionnsachaidh air fad sa h-uile taobh de bheatha na sgoile?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith nan luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach agus a bhith a' leasachadh nan ceithir comasan?
- ✓ Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil an luchd-ionnsachaidh air fad a' fèin-fhiosrachadh thachartasan a tha ioma-chùiseach, diofaraichte, gnìomhach, agus a' tabhann taic agus dùbhlain èifeachdach?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' com-pàirteachadh adhbhar an ionnsachaidh agus a' toirt mineachaidhean èifeachdach don luchd-ionnsachaidh air fad?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar ro-innleachdan ceasnachaidh a' cur ri fèin-fhiosrachadh an luchd-ionnsachaidh agus a' dèanamh sgilean breithneachaidh de dh'àrd-inbhe comasach?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh raon farsaing de stòrasan ùr-ghnàthach agus cruthachail agus modhan teagasg, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cur an cèill prionnsabalan planaidh, sgrùdaidh, measaidh, clàraidh agus fios air ais mar fheart bhunaiteach de ionnsachadh agus teagasg?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh feum de raon de dh'innealan measaidh a tha tàbhachdach, earbsach agus ìomchaidh agus modhan-obrach a tha a' toirt taic do leasachadh ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' clàradh, a' sgrùdadh agus a' cleachdadh fiosrachaidh bho mheasadh gus feumalachdan leasachaidh luchd-ionnsachaidh fa leth agus buidhnean sònraichte a shònrachadh?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh agus pàrantan a bhith an sàs ann am planadh agus ann a bhith a' luachadh ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt cothrom don chlann agus daoine òga air fad a bhith an sàs ann am fèin-mheasadh agus ann am measadh co-aoise gus an ionnsachadh a leasachadh? Ciamar a tha fios againn gu bheil seo a' toirt piseach air ionnsachadh?

2.4 TAIC PHEARSANAICHTE

Cuspairean:

- Taic choitcheann
- Taic thargaichte
- Toirt air falbh bacaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh ionnsachaidh

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air solar de dh'àrd-chàileachd a tha ga dhèanamh comasach don chloinn agus daoine òga air fad a bhith soirbheachail. Tha e a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha sunnd agus tha clann agus daoine òga an sàs ann an co-dhùnaidhean mu na dòighean anns am bithear a' coinneachadh ris na feumalachdan aca. Tha e riatanach gum bi com-pàirteachasan làidir ann le pàrantan agus le com-pàirtichean eile a tha a' toirt taic do chlann agus daoine òga. Tha a bhith a' sgrùdadh buaidh eadar-theachdan agus a bhith a' dèanamh co-cheartachaidhean iomchaidh a thaobh cleachdaidh nam prìomh nithean a thaobh a bhith a' solair taic àrd-èifeachdach agus co-choitcheann agus air a thargaideachadh.

Ìre 5 Dealbh:

■ Taic choitcheann

Tha a' chlann agus daoine òga air fad a' faighinn buannachd bho thaic choitcheann de dh'àrd-càileachd. Tha ro-innleachd èifeachdach againn airson a bhith a' stèidheachadh chàirdeasan agus dòigh-giùlain deimhinneach a bhios an luchd-obrach agus com-pàirtichean air fad a' gabhail uallach airson a bhith a' cur an cèill. Tha clann agus daoine òga aig teis-mheadhan gach planadh, mar chom-pàirtichean gnìomhach nan ionnsachadh agus leasachadh. Tha cothroman gu tric aig clann agus daoine òga gus bruidhinn mun ionnsachadh le prìomh inbheach a tha eòlach orra, gan cuideachadh a' seatadh nan ath cheuman iomchaidh. Tha seo a' toirt dhaibh an cothrom sgrùdadh a dhèanamh air an ionnsachadh fhèin agus planadh airson na h-ath cheuman, cothrom fhaighinn air gnìomhan ionnsachaidh a choinnicheas ris, ag obrachadh le raon de chom-pàirtichean, agus ag ullachadh agus a' toirt taic dhaibh tro atharrachaidhean agus roghainnean. Tha targaidean ionnsachaidh nan àite a tha sònraichte do luchd-ionnsachaidh fa leth, a tha togail air ro-ionnsachadh agus air a sgrùdadh is air a luachadh gu rianail leis na h-ath cheuman stèidhichte air an adhartas a nì iad. Tha eòlas aig an luchd-obrach air fad air, agus tha iad a' dèiligeadh gu math ri feumalachdan fa leth a tha aig clann agus daoine òga agus tha iad ag adhartachadh agus a' toirt taic don t-sunnd aca. Tha sgaradh èifeachdach air a dhèanamh air gnìomhan, tachartasan agus stòrasan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' gluasad aig astar iomchaidh agus a' toirt dùbhlain do gach neach-ionnsachaidh. Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean ag obair còmhla gu h-èifeachdach gus an comas a mheudachadh a thaobh a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan eadar-mheasgachadh de luchd-ionnsachaidh tro chleachdadh èifeachdach de dh'ionnsachadh proifeiseanta, taic agus stòrasan speisealaichte.

■ Taic thargaichte

Tha an taic thargaichte againn a' togail air taic làidir, choitcheann a tha air fhisge a-steach. Tha feumalachdan luchd-ionnsachaidh air an sònrachadh tràth tro fhiosrachadh measaidh a tha earbsach agus tàbhachdach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn taic iomchaidh, co-rèireach agus ann an deagh àm, a' gabhail a-steach in-chur speisealaichte an uair a bhios feum air. Bidh sinn a' dlùth-leantainn ri riathanasan reachdais agus a' toirt taic thargaichte de dh'àrd-chàileachd do gach leanabh le feumalachdan taic a bharrachd, a' gabhail a-steach clann àrd-chomasach. Tha sinn a' toirt aithne don dreuchd chudromach a tha aig pàrantan agus com-pàirtichean aig a bheil ealantas sònraichte ann a bhith a' toirt taic do chlann agus daoine òga. Tha eadar-theachdan air an deagh phlanadh a' leantainn air adhart gu builean deimhinneach airson clann le feumalachdan taic a bharrachd a' gabhail a-steach feadhainn a tha ann an suidheachadh doirbh a thaobh ionmhais.

■ Toirt air falbh bacaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh ionnsachaidh

Bidh luchd-obrach agus com-pàirtichean a' gabhail cheuman deimhinneach agus for-ghnìomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil bacaidhean a thaobh ionnsachaidh air an lùghdachadh. Tha luchd-obrach àrd-fhreagrach a thaobh suidheachaidhean chloinne a tha ann an cunnart, a' gabhail a-steach dhaoine òga a tha nan luchd-cùraim, clann a thathar a' coimhead às an dèidh agus clann a tha beò ann am bochdainn. Tha a h-uile leanabh aig a bheil ciorram, cùis slàinte no feumalachdan sòisealta no faireachail a' faighinn buannachd bho thaic thargaichte de dh'àrd-chàileachd. Bidh an sgoil ag obair le prìomh chom-pàirtichean gus bacaidhean bho ionnsachadh a thoirt air falbh agus a' tabhann àrainn ionnsachaidh in-ghabhalach.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha an dà chuid ionnsachadh agus taic choitcheann agus air a thargaideachadh air am fighe a-steach agus tha buaidh dheimhinneach aca air adhartas na cloinne nan ionnsachadh.
- ✓ Tha sùileachaidhean àrda ann airson an luchd-ionnsachaidh air fad thar na sgoile.
- ✓ Tha a' chlann a tha a' cur feum air taic a bharrachd a' faighinn slighean adhartais fa leth de dh'àrd-chàileachd agus brioghmhor.
- ✓ Tha feumalachdan luchd-ionnsachaidh air an sònrachadh tro fhiosrachadh làidir bho mheasadh a' gabhail a-steach ion-chur speisealaichte far a bheil feum air.
- ✓ Tha luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach de phròiseasan eadar-theachdan le ìrean agus an t-seirbheis neach-ainmichte gus dèanamh cinnteach gu bheil a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne agus dhaoine òga.
- ✓ Tha luchd-obrach taic iomchaidh an sàs ann am planadh agus a' sgrùdadh taic airson daoine fa leth agus buidhnean de luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Tha clann agus daoine òga agus am pàrantan/luchd-cùraim gu mòr an sàs ann an co-dhùnaidhean mun dòigh sam bi am feumalachdan air an coinneachadh.
- ✓ Tha sgaradh èifeachdach air a dhèanamh air gnìomhan, tachartasan agus stòrasan gus dèanamh cinnteach gu bheil a' gluasad aig astar iomchaidh agus a' toirt dùbhlain do gach neach-ionnsachaidh.
- ✓ Tha modhan-obrach com-pàirteachail èifeachdach air am fighe a-steach do phrògraman a tha air am planadh agus ann am pròiseasan taic.
- ✓ Tha feallsanachd làidir thar na sgoile gus lùghdachadh buaidh a dh'fhaodadh a bhith ann mu bhacaidhean a thaobh ionnsachaidh.
- ✓ Tha luchd-obrach a' meòrachadh air a' mhodh-obrach aca fhèin agus ag obrachadh gu com-pàirteachail le feadhainn eile, a' gabhail a-steach luchd-ùidh, gus an comas a thogail suas a thaobh a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad.
- ✓ Tha an sgoil a' sgrùdadh adhartas na cloinne air fad gu h-èifeachdach, a' gabhail a-steach an fheadhainn le feumalachdan taic a bharrachd. Is urrainn dhaibh fianais earbsach agus tàbhachdach a thoirt mar thaic dhan phròiseas seo.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho eòlach 's a tha luchd-obrach air luchd-ionnsachaidh mar dhaoine fa leth?
- ✓ A bheil siostaman measaidh èifeachdach aig an sgoil ann an àite gus sònrachadh nam feumalachdan eadar-dhealaichte a tha aig clann a tha a' sior mheudachadh?
- ✓ A bheil ullachaidhean làidir ann an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh agus deasbaidh aig luchd-ionnsachaidh le prìomh inbheach gus sgrùdadh a dhèanamh air an ionnsachadh agus na h-ath cheuman a phlanadh?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha pròiseasan iomraidh thar na sgoile?
- ✓ A bheil luchd-obrach a' beachdachadh a bheil na modhan-obrach aca a thaobh ionnsachaidh agus teagaisg agus measaidh a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh a tha eadar-dhealaichte?
- ✓ A bheil e comasach do luchd-obrach cothrom fhaighinn air ìrean taic agus trèanadh èifeachdach gus togail air a' chomas aca a dhol an sàs ann am feumalachdan eadar-mheasgachadh de luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar tuigse mu sgaradh? A bheil luchd-obrach agus com-pàirtichean a' cleachdadh raon de mhodhan-obrach a tha a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh air fad?
- ✓ Dè cho math 's a tha am planadh againn air a' churraicealam a' coinneachadh ri feumalachdan bhuidhnean eadar-dhealaichte de luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt cothrom do phàrantan agus do bhuidhnean com-pàirteachais dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' faighinn buannachd bhon taic cheart aig an àm cheart a' gabhail a-steach na h-ath cheuman ann an ionnsachadh, atharrachaidhean agus taghaidhean?
- ✓ Ciamar a tha fios againn a bheil a' bhuidhnean mhiannaichte aig taic phearsanaichte ann a bhith a' leasachadh buidhnean airson luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè an ìre gu bheil an sgoil againn na h-àrainn ionnsachaidh in-ghabhalach?

2.5 IONNSACHADH TEAGHLAICH

Cuspairean:

- Teaghlaichean a' dol an sàs ann an ionnsachadh
- Tràth-thaic agus bacadh
- Càileachd ionnsachaidh ann am prògraman teaghlaich

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air a bhith a' meudachadh na buaidh dheimhinnich mu bhith ag obair le teaghlaichean gus ionnsachadh agus coileanadh a leasachadh. Tha an cudrom ga chur air sgoiltean a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le feadhainn eile sa choimhearsnachd gus taic a thoirt do theaghlaichean builean nas fheàrr fhaighinn tro phrògraman a bheir dhaibh an cothrom litearras, àireamhachd agus slàinte agus sunnd a leasachadh

Ìre 5 Dealbh:

■ Teaghlaichean a' dol an sàs ann an ionnsachadh

Bidh teaghlaichean a' faighinn taic de dh'àrd-càileachd a tha coitcheann agus targaichte a bheir cothrom dhaibh gnìomhan ionnsachaidh a sholair a bhios a' coinneachadh rim feuman. Tha taic choitcheann ri fhaotainn leis a h-uile teaghlach. Tha taic thargaichte air a thabhan do na teaghlaichean sin a chaidh an sònrachadh mar fheadhainn aig a bheil feumalachdan singilte no iomadh feumalachd a tha a' toirt buaidh air an slàinte agus sunnd, an leasachadh agus/no an ionnsachadh. Tha cothroman riaghailteach aig teaghlaichean a bhith a' bruidhinn mun ionnsachadh leis an luchd-obrach agus a bhith a' seatadh amasan iomchaidh airson nan ath ìrean. Bidh teaghlaichean a' faighinn deagh thaic gu bhith a' planadh chothroman airson coileanadh pearsanta. Tha amasan ionnsachaidh nan àite gu sònraichte airson an teaghlaich air fad agus airson gach neach-ionnsachaidh, a' togail air ro-ionnsachadh agus air an sgrùdadh agus an luachadh. Tha teaghlaichean aig teis-mheadhan a' phlanaidh seo, mar chom-pàirtichean gnìomhach nan ionnsachadh agus leasachadh. Tha pàrantan agus luchd-cùraim a' faighinn taic gus a bhith an sàs gu gnìomhach agus gu brìoghmhor ann an ionnsachadh an cloinne agus ann am beatha na sgoile. Bidh luchd-obrach ag obair le pàrantan agus luchd-cùraim gus bacaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh dol an sàs a thoirt air falbh agus tha iad mothachail air suidheachaidhean teaghlaich leithid teaghlaichean aig a bheil cuideigin sa phrìosan, Beurla mar chànan a bharrachd agus cùisean slàinte inntinn.

■ Tràth-thaic agus bacadh

Bidh ar luchd-obrach agus ar com-pàirtichean a' cleachdadh dàta a tha ri làimh, anailis agus fiosrachadh a tha iad air a chruinneachadh gus cur ris an ionnsachadh aca mun choimhearsnachd agus feumalachdan theaghlaichean fa leth gus eadar-theachdan iomchaidh ann an deagh àm a choileanadh. Tha ar luchd-obrach mothachail air na factaran a tha ag adhbharachadh bochdainn chloinne sa choimhearsnachd againn. Bidh sinn ag obair còmhla ri pàrantan agus buidhnean eile gus pàrantan a chuideachadh a' lùghdachadh buaidh bochdainn air ar cloinn. Tha na feumalachdan a tha air an sònrachadh air an sgrùdadh ann an co-chomhairleachadh le teaghlaichean, com-pàirtichean agus luchd-ùidh. Tha tuigse fhiosraichte aig an luchd-obrach de dheamografaigs ionadail a tha a' cur ri taic nas targaichte an uair a bhios sin iomchaidh. Tha modhan-obrach com-pàirteachaidh a' furastachadh seasmhachd agus seirbheis nas làidir do theaghlaichean. Bidh teaghlaichean a' faighinn buannachd bho ar com-pàirteachas làidir le co-obraichean bho earrannan eile a bhios a' toirt taic do fheadhainn a bhith air an tar-chur gu agus bho sheirbheisean agus a' dèanamh tracadh comasach agus a bhios a' togail earbsa. Bithear a' dèanamh co-chomhairleachadh le teaghlaichean ann an dòigh bhrioghmhor an uair a bhios luchd-obrach a' coimhead ri gluasadan air adhart bhon t-seirbheis acasan. Bidh sinn ag obrachadh gu math le seirbheisean eile gus dèanamh cinnteach gun cùm taic làidir a' dol airson teaghlaichean.

■ Càileachd ionnsachadh ann am prògraman teaghlaich

Tha na cùrsaichean againn brosnachail, dùbhlach, iomchaidh agus taitneach. Tha teaghlaichean an làn sàs agus a' com-pàirteachadh ann a bhith a' dealbh agus a' libhrigeadh an t-susbaint. Bidh sinn a' cur comhairle ri teaghlaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coinneachadh rim feumalachdan a thaobh litearras, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus builean ionnsachadh teaghlaich nas fharsainghe. Bidh builean ionnsachaidh a' toirt taic do theaghlaichean tro atharrachaidhean agus roghainnean. Bidh sinn gu gnìomhach ag adhartachadh ionnsachadh fad-beatha, taobh a-staigh theaghlaichean, agus do luchd-ionnsachaidh fa leth. Mar thoradh air na clasaichean againn airson ionnsachadh teaghlaich, tha sùileachaidhean nas motha aig daoine fa leth agus aca mar theaghlaichean. Tha mothachadh aca gu bheil iad air nì a choileanadh agus tha na soirbheachasan air an clàradh agus air an comharrachadh.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha modhan-obrach cruthachail air an cleachdadh gus teaghlaichean a bhith a' dol an sàs.
- ✓ Cha mhòr nach eil a h-uile neach a tha an sàs ann an cùrsaichean ionnsachadh teaghlaich air an sàr-bhrosnachadh agus gu gnìomhach an sàs san ionnsachadh agus san leasachadh aca fhèin.
- ✓ Cha mhòr nach eil a' chlann air fad agus am pàrantan air an gabhail a-steach, a' dol an sàs, a' coileanadh, agus a' dol air adhart gu math nan ionnsachadh.
- ✓ Tha fianais shoilleir ann gu bheil cothroman beatha nan teaghlaichean a tha a' fulang dùbhlain shònraichte air an leasachadh mar thoradh air iad a bhith an sàs ann an ionnsachadh teaghlaich.
- ✓ Cha mhòr nach eil an luchd-ionnsachaidh air fad ag innse mu leasachadh nan slàinte agus/no nan sunnd.
- ✓ Tha ionnsachadh teaghlaich a' freagairt air feuman a chaidh an sònrachadh.
- ✓ Tha tuigse iomchaidh co-roinnte aig luchd-obrach a thaobh *Ceartas do gach Pàiste* (GIRFEC) agus bidh iad a' cleachdadh nam modhan-obrach sin gus coinneachadh ri feuman theaghlaichean.
- ✓ Tha ionnsachadh teaghlaich ag adhartachadh co-ionannachd, cothromachd agus iomadachd.
- ✓ Tha fianais ann gu bheil ionnsachadh teaghlaich a' toirt taic do theaghlaichean buaidh bochdainn air ionnsachadh agus coileanadh a lùghdachadh.
- ✓ Tha com-pàirteachadh ann an cùrsaichean ionnsachadh teaghlaich air an sgrùdadh gu dian gus gluasadan a shoilleireachadh gu làidir agus gus taic a thoirt do ro-innleachdan tràth eadar-theachdan èifeachdach.
- ✓ Tha teaghlaichean air am maidseadh ris a' phrògram cheart a tha air a rèiteachadh agus a' dèiligeadh ri feuman a chaidh an sònrachadh.
- ✓ Tha fios aig teaghlaichean ge bith de na feuman a tha aca gum bi e comasach dhaibh cothrom fhaighinn air an taic cheart a bheir an cothrom dhaibh an làn chomas a ruighinn mar dhaoine fa leth agus mar theaghlach.
- ✓ Tha ionnsachadh teaghlaich a' leantainn air adhart gu ceanglaichean nas làidir eadar dachaigh-sgoil a tha a' leasachadh bhuilean airson luchd-ionnsachaidh.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè an ìre gu bheil sinn cinnteach cò ris a tha dol an sàs brioghmhor le teaghlaichean coltach?
- ✓ Dè an fhianais a tha againn gu bheil ionnsachadh teaghlaich a' leasachadh cothroman beatha nan teaghlaichean a tha an sàs?
- ✓ A bheil builean airson clann a' leasachadh mar thoradh air iad a bhith an sàs ann an ionnsachadh teaghlaich? Ciamar a tha fios againn?
- ✓ Ciamar a tha ionnsachadh teaghlaich a' leasachadh an comas a bhith ag ionnsachadh?
- ✓ Ciamar as urrainn dhuinn comharrachadh gu bheil teaghlaichean a' faireachdainn in-ghabhalta agus gu bheil iad a' dol an sàs, a' coileanadh agus a' gluasad air adhart?
- ✓ Ciamar a tha an t-ionnsachadh teaghlaich againn a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh nan comharran sunnd? Ciamar a tha fios againn?
- ✓ Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-solar a rèir feumalachdan theaghlaichean?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' cleachdadh dàta làithreach a tha ri fhaotainn mu ìrean bochdainn nar coimhearsnachd gus ar cuideachadh a bhith a' targaid eachdadh eadar-theachdan?
- ✓ Ciamar a tha sinn gu gnìomhach ag adhartachadh co-ionannachd, cothromachd agus iomadachd?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' sgrùdadh com-pàirteachais?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' maidseadh a' phrògram cheart ris na teaghlaichean cearta?
- ✓ Dè an ìre gu bheil an luchd-obrach air fad a' tuigsinn GIRFEC, na comharran sunnd agus mar a dh'fhaodas buaidh dheimhinneach a bhith aca sin air clann agus an teaghlaichean?
- ✓ Dè cho math 's a tha teaghlaichean a' faighinn taic ann a bhith a' leasachadh ro-innleachdan a bhios a' leantainn air adhart gu càirdeasan deimhinneach, ionnsachadh nas fheàrr agus dòigh-giùlain nas fheàrr?

2.6 EADAR-GHLUASADAN

Cuspairean:

- Ullachaidhean gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean
- Planadh agus libhrigeadh com-pàirteachail
- Leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air an fheum a tha ann do chlann agus daoine òga a bhith a' faighinn deagh thaic an uair a bhios iad a' gluasad air adhart dhan sgoil, tron sgoil agus an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail. Tha obair com-pàirteachail èifeachdach, tracadh adhartais agus a bhith a' cumail chlàran mionaideach riatanach gus taic a chumail ri leantailteachd ann an ionnsachadh aig puingeann eadar-ghluasaid. Tha an leantailteachd sin deatamach a thaobh a bhith meudachadh soirbheachasan chloinne agus dhaoine òga agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' leantainn air adhart chun cheann-uidhe as iomchaidh dhaibh an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.

Ìre 5 Dealbh:

■ Ullachaidhean gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean

Tha clann agus daoine òga agus am pàrantan agus luchd-cùraim gu gnìomhach an sàs ann an eadar-ghluasadan aig a h-uile ìre den ionnsachadh. Bithear a' cumail sùil mhionaideach air feumalachdan inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra an uair a bhios sinn a' planadh eadar-ghluasadan, a' gabhail a-steach tachartasan co-roinnte agus fèin-fhiosrachaidhean. Tha ullachaidhean èifeachdach nan àite gus teaghlaichean agus buidhnean iomchaidh a bhith an sàs ann a bhith a' dealbh eadar-ghluasadan dhaibhsan a tha feumach air taic a bharrachd. Bidh sinn a' gabhail sùim de na nithean a tha cudromach a thaobh eadar-ghluasadan èifeachdach aig toiseach, rè agus an dèidh ìre sam bith de dh'ionnsachadh ar cloinne agus dhaoine òga. Bidh seo a' gabhail a-steach, far a bheil sin iomchaidh, greisean co-roinnte agus ullachaidhean a thaobh briseadh air ionnsachadh far a bheil ri beachdachadh air suidheachaidhean eadar-ghluasaid sònraichte. Tha cuideachd fòcas làidir air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ìre àrd de thaic sòisealta agus faireachail ann dha gach leanabh agus neach òg. Bidh clann agus daoine òga a' taisbeanadh ìrean àrda de dh'fhulangachd agus de mhisneachd aig àm eadar-ghluasad agus bidh iad a' leantainn orra a' dèanamh adhartais. Bidh iad a' faighinn taic agus bidh e air a dhèanamh comasach dhaibh roghainnean fiosrachail a dhèanamh mun ath cheum den ionnsachadh, a' gabhail a-steach ullachadh airson foghlam adhartach agus àrd-fhoghlam agus saoghal na h-obrach agus dreuchdan san àm ri teachd.

■ Planadh agus libhrigeadh com-pàirteachail

Tha prògram ioma-chuimseach air a dheagh phlanadh de dh'ullachaidhean eadar-ghluasaid na àite. Bidh sinn a' planadh agus ag obair le com-pàirtichean agus buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ullachaidhean eadar-ghluasaid èifeachdach airson an luchd-ionnsachaidh air fad, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feum air taic a bharrachd agus a rèir riatanasan reachdais. Tha na planaichean sin a' gabhail a-steach eadar-ghluasadan bhuidhnean de luchd-ionnsachaidh cho math ri daoine fa leth. Bidh sinn ag obair gu com-pàirteachail thairis air ar coimhearsnachd ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh air a cho-roinn gu h-èifeachdach mu adhartas agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh. Tha ullachaidhean matha againn airson a bhith a' cur fiosrachadh bho aon neach ainmichte gu neach eile gus dèanamh cinnteach gu bheil leantailteachd ann am planaichean leithid Plana Cloinne no plana taic co-òrdanaichte. Tha sinn air modhan-obrach aontachadh a thaobh cumail chlàran agus a thaobh a bhith a' co-roinn fiosrachaidh a' cleachdadh teicneòlas didseatach gus taic a thoirt dhan seo mar a bhios iomchaidh.

■ Leantainneachd agus adhartas ann an ionnsachadh

Tha leantailteachd agus adhartas ann an ionnsachadh thar raointean a' churraicealaim air fad aig a h-uile ìre de ionnsachadh. Bidh sinn a' planadh gu com-pàirteachail gus tuigse cho-roinnte a leasachadh a thaobh adhartais taobh a-staigh na stèidheachd againn fhìn agus an co-bhoinn ri feadhainn eile. Bidh sinn a' dèanamh fìor dheagh fheum de thracadh agus sgrùdadh, iomraidhean agus leasachadh ionnsachadh pearsanta a chuidicheas clann agus daoine òga a bhith a' sònrachadh neartan agus na h-ath cheuman ann an ionnsachadh. Mar thoradh air sin, tha ar clann agus daoine òga a' leantainn orra a' cur ri an eòlas, sgilean agus buadhan agus a' cumail suas ìre iomchaidh de dh'adhartas. Ag obair còmhla ri com-pàirtichean bidh sinn gu h-èifeachdach a' toirt taic do dhaoine òga air fad leantainn orra gu cinn-uidhe seasmhach agus deimhinneach an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha ullachaidhean eadar-ghluasaid a' daingneachadh sunnd chloinne agus dhaoine òga agus ag àrdachadh buileachadh.
- ✓ Tha cothroman air am planadh airson luchd-obrach a bhith a' tighinn còmhla gus tuigse cho-roinnte a leasachadh mu adhartas thar ìrean agus suas gu ìre nas sine.
- ✓ Tha pròiseasan soilleir, co-roinnte nan àite airson a bhith a' gluasad fiosrachadh mu ionnsachadh agus coileanaidhean chloinne agus dhaoine òga air fad thar a' churraicealaim.
- ✓ Tha fiosrachadh mu ionnsachadh agus coileanaidhean chloinne agus dhaoine òga air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gum bi leantaileachd ann an ionnsachadh chloinne agus dhaoine òga air fad thar a' churraicealaim.
- ✓ Tha iomraidhean, a' gabhail a-steach Iomradh P7 agus ÀS3, air an cleachdadh gus fiosrachadh a thoirt seachad agus gus ionnsachadh a leasachadh san àm ri teachd. Tha iad air an cleachdadh an lùib chloinne agus dhaoine òga gus conaltradh a dhèanamh mun adhartas agus taic a thoirt do leantaileachd ann an ionnsachadh aig àm eadar-ghluasaid.
- ✓ Tha e comasach do chlann agus daoine òga bruidhinn mun adhartas ri prìomh inbhich an uair a bhios iad ag eadar-ghluasad bho aon ìre den ionnsachadh gu ìre eile.
- ✓ Tha clann agus daoine òga agus am pàrantan agus luchd-cùraim gu gnìomhach an sàs ann a bhith a' planadh eadar-ghluasadan.
- ✓ Tha clann agus daoine òga a' faighinn taic gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mun ath ìre den ionnsachadh, agus bidh seo a' gabhail a-steach: ullachadh airson foghlam adhartach agus àrd ìre; agus saoghal obrach agus dreuchdan san àm ri teachd.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè an ìre gu bheil clann agus daoine òga air fad a' faighinn taic gus am bithear a' dèiligeadh an dà chuid ris na feumalachdan ionnsachaidh agus sòisealta agus faireachail aca?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha ar n-ullachaidhean eadar-ghluasaid ann a bhith ag àrdachadh buileachadh chloinne agus dhaoine òga air fad?
- ✓ Dè an ìre gu bheil cothroman aig luchd-obrach a bhith a' leasachadh tuigse cho-roinnte mu: adhartas ann an ionnsachadh thairis air ìrean agus suas dhan ìre as sine; agus modhan-obrach èifeachdach a thaobh ionnsachadh agus teagasg?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha na cothroman a tha sinn a' solair do chlann agus daoine òga a bhith a' conaltradh mun adhartas ri prìomh inbhich a thaobh a bhith a' toirt taic do leantaileachd ann an ionnsachadh aig eadar-ghluasadan?
- ✓ Dè an ìre gu bheil sinn a' cleachdadh fiosrachadh bho iomraidhean agus bho phlanadh pearsanta a thaobh ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil leantaileachd ann an ionnsachadh a' tachairt airson clann agus daoine òga air fad?
- ✓ Dè an ìre gu bheil na pròiseasan againn airson: clann agus daoine òga; pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean; agus com-pàirtichean agus buidhnean eile a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasadan èifeachdach ann airson an luchd-ionnsachaidh air fad?
- ✓ Dè an ìre gu bheil an curraicealam againn a' tabhann cothroman airson taic agus inntigeadh a-steach dhan ath ìre de dh'ionnsachadh?
- ✓ Dè an ìre gu bheil ullachaidhean eadar-ghluasaid a' tabhann cothroman do chlann agus dhaoine òga ionnsachadh mu atharrachadh ann an dòigh dheimhinneach?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' coileanadh cinn-uidhe seasmhach agus deimhinneach an uair a dh'fhàgas iad an sgoil?

2.7 COM-PÀIRTEACHASAN

Cuspairean:

- Leasachadh agus adhartachadh chom-pàirteachasan
- Ionnsachadh com-pàirteachail agus leasachadh
- Buaidh air luchd-ionnsachaidh

Tha an comharra seo ag amas air a bhith a' glacadh soirbheachas na sgoile ann a bhith a' leasachadh agus a' cumail suas modhan-obrach com-pàirteachais làidir a bhios a' leasachadh builean airson luchd-ionnsachaidh agus fèin-leasachadh leantainneach airson na sgoile agus na coimhearsnachd. Tha na com-pàirteachasan stèidhichte air co-earbsa agus urram airson an tabhartas a tha a h-uile com-pàirtiche a' toirt seachad. Tha com-pàirteachasan bunaiteach don dòigh a tha sgoil a tha àrd-èifeachdach ag obair.

Ìre 5 Dealbh:

■ Leasachadh agus adhartachadh chom-pàirteachasan

Tha ar com-pàirteachasan gu daingeann stèidhichte air lèirsinn, luachan agus amasan co-roinnte, a tha a' cur feumalachdan gach neach-ionnsachaidh aig cridhe ar n-obair com-pàirteachais. Tha com-pàirtichean a' tuigsinn agus a' cur luach air na co-theacsaichean eadar-dhealaichte anns a bheil sinn ag obair agus a' cur luach air an raon de dh'ealantas bhom faod ar luchd-ionnsachaidh buannachd fhaighinn. Tha na com-pàirtichean air fad a' cur mòran ùine agus neart a-steach ann a bhith a' stèidheachadh agus a' togail chàirdeasan deimhinneach agus seasmhach. Tha dol an sàs agus conaltradh eadar com-pàirtichean riaghailteach, structaraichte, taiceil agus èifeachdach. Tha ro-innleachd soilleir againn airson a bhith a' fàs nan com-pàirteachasan a tha againn a-cheana agus airson a bhith a' stèidheachadh chom-pàirteachasan ùra. Tha sinn soilleir mu adhbhar ar com-pàirteachasan. Tha na com-pàirtichean air fad soilleir mu na dreuchdan, na h-uallaichean agus na tabhartasan aca. Tha na h-aontaidhean com-pàirteachais againn a' seatadh frèam-obrach anns an urrainn do ar co-obrachadh agus ar n-ionnsachadh co-roinnte soirbheachadh. Tha na com-pàirtichean air fad a' taisbeanadh àrd-inbhean de dhealas a thaobh a bhith a' leasachadh bhuilean don luchd-ionnsachaidh air fad.

■ Ionnsachadh com-pàirteachail agus leasachadh

Tha ar com-pàirteachasan a' gabhail a-steach cothroman structaraichte airson co-obrachadh. Bidh sinn ag obair gu h-èifeachdach gus planadh, lìbhrigeadh, sgrùdadh agus luachadh obair a bhithear a' dèanamh còmhla. Bidh com-pàirtichean an sàs còmhla ann an rannsachadh gnìomhach agus ann an ceasnachadh luchd-cleachdaidh. Bidh sinn a' dol an sàs còmhla ann an ionnsachadh proifeiseanta agus a' co-roinn ealantais gus am bi sinn ag ionnsachadh còmhla ri chèile agus bho chàch a chèile. Bidh sinn còmhla a' luachadh buaidh ar n-ionnsachaidh phroifeiseanta air luchd-ionnsachaidh, ar sgoil agus ar coimhearsnachd. Tha ar n-obair com-pàirteachais a' neartachadh ceannardais aig a h-uile ìre san sgoil againn agus do ar com-pàirtichean.

■ Buaidh air luchd-ionnsachaidh

Tro obair com-pàirteachais èifeachdach tha sinn air ar solar ionnsachaidh a leasachadh agus air buaidhean deimhinneach a dhaingneachadh airson clann, daoine òga agus teaghlaichean sa choimhearsnachd againn. Tha na com-pàirteachasan air meudachadh dol an sàs phàrantan ann an ionnsachadh an cloinne. Tha buaidh dheimhinneach aig an obair a thaobh a bhith ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh gu sònraichte ann an lèirras agus àireamhachd. Mar thoradh air ar com-pàirteachasan èifeachdach tha cothrom aig ar luchd-ionnsachaidh air fad air raon farsaing de shlighean ionnsachaidh tro bheil iad a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, obair agus beatha agus a' faighinn cinn-uidhe dheimhinneach agus sheasmhach.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha obair ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh, a' gabhail a-steach pàrantan agus luchd-cùraim, a' choimhearsnachd ionadail, an treas earrann, an earrann phoblach, agus buidhnean gnothachais, stèidhichte air co-earbsa agus urram.
- ✓ Tha an sgoil gu cunbhalach a' gabhail beachdan phàrantan agus luchd-cùraim a-steach an uair a bhithear ag ullachadh poileasaidh agus seirbheisean gus buaidhean a leasachadh.
- ✓ Tha luchd-obrach a' toirt taic do phàrantan/ luchd-cùraim gus a bhith gu gnìomhach an sàs ann an ionnsachadh, buileachadh agus coileanadh.
- ✓ Tha na pàrantan/ luchd-cùraim air fad air an riochdachadh gu cothromach leis a' Chomhairle Phàrant agus bithear a' dèiligeadh ri beachdan no gearanan ann an dòigh èifeachdach agus ann an deagh àm.
- ✓ Tha slighean ionnsachaidh na sgoile a' gabhail cunntas de phrìomh chomharran den choimhearsnachd ionadail.
- ✓ Tha an sgoil a' tuigsinn agus a' cluiche dreuchd chudromach ann am beatha na coimhearsnachd ionadail.
- ✓ Tha aontaidhean soilleir aig com-pàirteachasan far a bheil adhbhar, amasan, dreuchdan agus uallaichean soilleir agus air an tuigse leis a h-uile neach a tha an sàs.
- ✓ Tha an sgoil a' co-phlanadh agus a' co-luachadh phròiseactan co-roinnte le com-pàirtichean.
- ✓ Tha an sgoil agus a com-pàirtichean a' co-roinn sgilean, eòlais agus fèin-fhiosrachaidh agus a' com-pàirteachadh ann an co-chothroman a thaobh ionnsachadh proifeiseanta. Bidh iad ag ionnsachadh bho mhodhan-obrach chom-pàirteachail ann an àiteachan eile.
- ✓ Tha fios air ais bho bhuidhnean com-pàirteachais a' comharrachadh chàirdeasan làidir agus èifeachdach leis an sgoil.
- ✓ Tha an sgoil a' dol an sàs gu h-èifeachdach le com-pàirtichean gus modh-obrach ro-leantainneach làn-sgoile airson ionnsachadh airson seasmhachd adhartachadh?
- ✓ Tha an sgoil comasach buaidh chom-pàirteachasan a chomharrachadh tro bhùilean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil càirdeasan le pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean, a' choimhearsnachd ionadail agus com-pàirtichean riochdaichte le earbsa agus urram?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt cothrom do phàrantan, luchd-cùraim agus teaghlaichean agus a' choimhearsnachd ionadail a bhith a' cur ri beatha na sgoile agus a bhith an sàs ann an leasachadh na sgoile?
- ✓ Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' toirt taic do phàrantan agus luchd-cùraim a bhith a' com-pàirteachadh ann, a bhith a' cur ri agus a' tuigsinn ionnsachadh an leanab? Dè cho èifeachdach 's a tha sinn mu bhith a' conaltradh mu adhartas buileachaidh agus coileanadh?
- ✓ A bheil ar Comhairle Phàrant a' riochdachadh ar pàrantan agus luchd-cùraim air fad san sgoil agus na suidheachaidhean sòisealta, eaconamach agus cultarail aca? Mura bheil, dè a tha sinn a' dèanamh gus dèiligeadh ri seo?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn ar coimhearsnachd ionadail? A bheil prìomh chomharran na coimhearsnachd ionadail air an riochdachadh sna slighean ionnsachaidh againn?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' sireadh a-mach agus a' freagairt gu h-iomchaidh, com-pàirteachasan a dh'fhaodadh a bhith againn a bhios a' leantainn air adhart gu bùilean nas fheàrr don chloinn agus daoine òga còmhla ris am bi sinn ag obair? Dè cho soilleir 's a tha na h-aontaidhean com-pàirteachais a bhios sinn a' dèanamh? Am bi sinn a' toirt chom-pàirtichean a-steach aig na h-irean as tràithe de phlanadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' sònrachadh prìomhachasan, a' conaltradh, a' planadh a' sgrùdadh agus a' luachadh ar n-obair le com-pàirtichean? A bheil sinn soilleir mun luach a bharrachd a bhios a' tighinn an cois gach com-pàirtiche?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' co-roinn sgilean, fiosrachadh, eòlas agus fèin-fhiosrachadh thar chom-pàirtichean agus chom-pàirteachasan? Dè cho math 's a tha sinn ag ionnsachadh bho chom-pàirteachasan soirbheachail? Am bi sinn a' dol an sàs ann an cothroman ionnsachaidh proifeiseanta le com-pàirtichean?



Earrann 3

Soirbheachasan agus Coileanaidhean

**DÈ CHO MATH 'S A THA SINN AIR A BHITH A' DÈANAMH CINNTEACH GU BHEIL SINN
A' SOLARACHADH NAM BUILEAN AS FHEÀRR AIRSON AR LUCHD-IONNSACHAIDH
AIR FAD?**

- 3.1** Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail
- 3.2** Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh
- 3.3** A' meudachadh cruthachalachd agus comas-obrach

3.1 A' DÈANAMH CINNTEACH À SUNND CO-IONANNACHD AGUS IN-GHABHAIL

Cuspairean:

- Sunnd
- Coileanadh dhleastanasan reachdail
- In-ghabhail agus co-ionannachd

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air buaidh modh-obrach na sgoile air sunnd a tha na bhunait air comas chloinne agus dhaoine òga a bhith soirbheachail. Tha e a' soilleireachadh an fheum a tha ann poileasaidhean agus cleachdaidhean a bhith air an deagh bhonntachadh ann an reachdas an là an-diugh agus tuigse cho-roinnte air luach gach neach fa leth. Cuimse shoilleir air a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi làn-chòraichean sunnd agus feartan tèarainte a' toirt taic don luchd-ionnsachaidh air fad an soirbheachasan agus an coileanaidhean a mheudachadh gu làn-ìre.

Ìre 5 Dealbh:

■ Sunnd

Mar thoradh air ar modh-obrach a bhith a' dèanamh cinnteach à sunnd chloinne agus dhaoine òga agus an teaghlaicean, tha sinn a' leasachadh bhùilean airson clann, daoine òga agus an teaghlaicean. Tha tuigse cho-roinnte aig ar coimhearsnachd sgoile air sunnd agus a' toirt urram agus cur luach anns gach neach fa leth. Tha fios againn gu bheil agus is urrainn dhuinn comharrachadh gu bheil gach duine cloinne a' faireachdainn sàbhailte, fallain, coileanadh, oileanaichte, èasgaidh, measail, cunntachail agus in-ghabhailta. Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad a' faireachdainn gu bheil a' cur luach anna agus gu bheil a' toirt taic dhaibh. Tha ar luchd-ionnsachaidh a' faighinn buannachd bhon fhoghlam de dh'àrd-chàileachd a tha sinn a' solarachadh don chloinn agus do na daoine òga air fad. Tha càirdeasan thar na sgoile glè dheimhinneach agus taiceil, air an stèidheachadh air suidheachadh de cho-spèis taobh a-staigh faireachdainn làidir de choimhearsnachd, luachan co-roinnte agus sùileachaidhean àrda. Tha an luchd-obrach agus com-pàirtichean air fad ro-ghnìomhach ann a bhith ag adhartachadh chàirdeasan deimhinneach san t-seòmar-sgoile, san àrainn-cluiche agus sa choimhearsnachd ionnsachaidh san fharsaingeachd. Bidh sinn a' beachdachadh air gach leanabh agus duine òg mar neach air leth le feumalachdan, cunnartan agus còraichean air leth. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga nan com-pàirtichean gnìomhach ann an conaltraidhean agus ann an co-dhùnaidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air am beatha.

■ A' coileanadh dhleastanasan reachdail

Bidh sinn a' dol a rèir agus a' dol an sàs gu gnìomhach ann an riatanasan reachdail agus riaghailtean-obrachaidh. Tha fios aig ar luchd-obrach, luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus com-pàirtichean air dè a thathar a' sùileachadh sna raointean sin agus tha iad an sàs ann a bhith a' coileanadh dhleastanasan reachdail gu builean a leasachadh do chlann agus daoine òga.

■ In-ghabhail agus co-ionannachd

Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil in-ghabhail agus co-ionannachd a' leantainn air adhart gu builean leasaichte airson an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha an luchd-ionnsachaidh air fad air an gabhail a-steach agus gu mòr an sàs ann am beatha na sgoile. Tha a' chlann agus na daoine òga air fad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn an làn thaic airson dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh. Tha an luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, luchd-obrach agus com-pàirtichean a' faireachdainn gu bheil a' dèiligeadh riutha le urram agus ann an dòigh chothromach. Tha sinn a' tuigsinn, a' cur luach air agus a' comharrachadh iomadachd agus a' toirt dùbhlann do leth-bhreith. San sgoil againn chan eil aois, ciorram, atharrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirtichean sìobhalta, leatromachd, cinneadh, creideamh no cràbhachd, gnèitheachas agus roghainn gnèitheachais nam bacaidhean do chom-pàirteachadh agus coileanadh. Tha ro-innleachdan èifeachdach nan àite a tha a' leasachadh buileachadh agus coileanadh do chlann agus daoine òga aig a bheil duilgheadasan leithid feadhainn a bhuineas do na sgìrean as bochda, luchd-cùraim òga, feadhainn a tha air an coimhead às an dèidh agus an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha tuigse cho-roinnte aig a' choimhearsnachd ionnsachaidh air fad mu shunnd agus mu chòraichean chloinne.
- ✓ Tha an luchd-ùidh air fad ag adhartachadh suidheachadh far a bheil clann agus daoine òga a' faireachdainn sàbhailte agus tèarainte.
- ✓ Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad a' cleachdadh dòigh-giùlain a tha ag adhartachadh agus a' toirt taic do shunnd nan uile.
- ✓ Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad mothachail agus faireachail do shunnd gach leanabh agus gach co-obraiche air fad.
- ✓ Tha an luchd-obrach, clann agus daoine òga eòlach air, a' tuigsinn agus a' cleachdadh nan comharran sunnd mar fheart bhunaiteach de bheatha na sgoile.
- ✓ Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air àrainn a chruthachadh far a bheil clann agus daoine òga a' faireachdainn gu bheil iad ag èisteachd riutha agus gu bheil iad tèarainte nan comas a bhith a' conaltradh mu thaobhan pearsanta agus dìomhair dem beatha leis gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad cùramach mun deidhinn.
- ✓ Tha an luchd-obrach agus na com-pàirtichean air fad a' gabhail cunntas iomchaidh den fhrèam-obrach reachdail a tha co-cheangailte ri sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail.
- ✓ Tha an luchd-obrach air fad a' dol an sàs ann an ionnsachadh riaghailteach proifeiseanta gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail suas ri reachdas ionadail, nàiseanta agus far a bheil e iomchaidh, reachdas eadar-nàiseanta a tha a' buntainn ri còraichean, sunnd agus in-ghabhail chloinne agus dhaoine òga air fad.
- ✓ Tha an curraicealam a' toirt chothroman air an deagh phlanadh agus adhartach do chlann agus daoine òga gus iomadachd agus cùisean ioma-creideimh a sgrùdadh, agus gus dùbhlain a thoirt do ghràin-cinnidh agus neo-fhulangachd cràbhach.
- ✓ Tha clann agus daoine òga fiosrachail mu cho-ionannachd agus in-ghabhail. Tha iad a' faireachdainn comasach a bhith a' toirt dùbhlain do leth-bhreith, gall-ghamhlach agus do-fhulangas an uair a choinnicheas iad ris.
- ✓ Tha làraichean air a' bhàr a-muigh air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus càirdeasan deimhinneach agus sunnd adhartachadh. Bidh luchd-obrach a' gabhail sùim de rannsachadh a bhios a' ceangal bhuanachdan ionnsachaidh air a' bhàr a-muigh agus làraichean uaine ri sunnd.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho math 's a tha fios agus tuigse aig an luchd-obrach air fad air GIRFEC, na comharran sunnd, agus air Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh?
- ✓ Dè cho math 's a tha an luchd-obrach air fad a' tuigsinn na dreuchd agus an uallach ann a bhith a' toirt taic do shlàinte agus sunnd an luchd-ionnsachaidh?
- ✓ Dè cho math 's a tha eòlas againn air agus a tha sinn a' gabhail cunntas de sgrìobhainnean agus stiùireadh ionadail agus nàiseanta?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann air fad a' faireachdainn sàbhailte, fallain, a' coileanadh, oileanaichte, gnìomhach, measail, cunntasach, agus in-ghabhailta?
- ✓ Dè cho math 's a tha clann agus daoine òga a' beachdachadh air daoine eile agus a' nochdadh dòigh-giùlain dheimhinneach agus càirdeasan?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn ag èisteachd ri agus a' toirt cothrom do chlann agus daoine òga a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mun sunnd, am beatha agus an àm ri teachd?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air fad a' gabhail os làimh ionnsachadh proifeiseanta riaghailteach mu reachdas, riatanasan reachdail agus còd-obrach?
- ✓ An urrainn dhuinn a bhith cinnteach gu bheil an stiùireadh air fad do luchd-obrach làn bhuntainneach agus air ùrachadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' conaltradh ri pàrantan, com-pàirtichean agus ag ionnsachadh thar nan trì prìomh chuspairean seo?
- ✓ Dè cho math 's a tha fios againn gu bheil na ceuman a tha sinn air a gabhail air builean a leasachadh airson na cloinne?
- ✓ Dè cho math 's as urrainn dhuinn sealltainn buileachadh airson buidhnean agus daoine fa leth ro bheil bacaidhean a thaobh ionnsachadh, a' gabhail a-steach bochdainn?
- ✓ A bheil sinn gu soirbheachail air àrainn ionnsachaidh in-ghabhail a stèidheachadh? Ciamar a tha fios againn?
- ✓ Gu dè an ìre gu bheil ar sgoil air iomadachd a chomharrachadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha an sgoil againn a' dèanamh cinnteach gu bheil an curraicealam air a dhealbhadh gus leasachadh agus adhartachadh co-ionannachd agus iomadachd, gus cur às do leth-bhreith?
- ✓ Ciamar a bhios sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil feallsanachd agus cultar de dh'in-ghabhail, com-pàirteachadh agus càirdeasan deimhinneach a' dol thairis air a' choimhearsnachd ionnsachaidh air fad?

3.2 AG ÀRDACHADH BUILEACHADH AGUS COILEANADH

Cuspairean:

- Buileachadh ann an litearras agus àireamhachd
- Buileachadh thar ùine
- Càileachd san fharsaingeachd ann an coileanadh luchd-ionnsachaidh
- Co-ionannachd airson an luchd-ionnsachaidh air fad

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air soirbheachas na sgoile air a bhith a' coileanadh nam builean as fheàrr airson an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha soirbheachas air a thomhas ann am buileachadh thairis air gach raon den churraicealam agus tro chomas na sgoile a bhith a' toirt fianais air coileanaidhean an luchd-ionnsachaidh a thaobh sgilean agus buadhan. Tha leasachadh leantainneach no ìrean àrda seasmhach thar ùine nam prìomh fheart den chomharra seo.

Ìre 5 Dealbh:

■ Buileachadh ann an litearras agus àireamhachd

Tha luchd-ionnsachaidh a' dèanamh fìor dheagh adhartas bho na h-ìrean a bha aca ron seo de bhuileachadh ann an litearras agus àireamhachd. Tha sinn air buileachadh àrdachadh ann an litearras agus àireamhachd don luchd-ionnsachaidh air fad.

■ Buileachadh thar ùine

Thairis air raointean a' churraicealaim air fad tha sinn air a bhith a' sìor àrdachadh buileachadh thar ùine agus/no air ìrean a tha a' mairsinn àrd de bhuileachadh airson an luchd-ionnsachaidh air fad a chumail suas. Tha an luchd-ionnsachaidh a' dèanamh fìor dheagh adhartas bho na h-ìrean a bha aca roimhe ann am buileachadh. Bidh ar luchd-obrach a' dèanamh feum èifeachdach de mheasaidhean agus an tuigse cho-roinnte a tha aca de dh'ìnbhean gus a bhith a' tighinn gu misneachail gu co-dhùnaidhean proifeiseanta mun ìre gu bheil clann agus daoine òga ag ionnsachadh agus ag adhartachadh. Tha siostam tracaich làidir agus eadar-theachdan èifeachdach a' daingneachadh adhartas leantainneach airson luchd-ionnsachaidh thairis air a' churraicealaim agus aig a h-uile ìre den fhoghlaim, a' gabhail a-steach puingeann gluasaid. Tha buileachadh dhaoine fa leth agus bhuidhnean air leasachadh gu cunbhalach thar ùine.

■ Càileachd san fharsaingeachd ann an coileanadh luchd-ionnsachaidh

San fharsaingeachd, tha ar luchd-ionnsachaidh soirbheachail, misneachail, a' cleachdadh uallach agus a' cur ri beatha na sgoile, a' choimhearsnachd san fharsaingeachd agus mar shaoranaich cruinneil. Tha iad teòma gu pearsanta agus gu sòisealta agus tha iad air raon de sgilean agus de bhuidhnean a choileanadh tro raon farsaing de ghniomhan. Mar a bhios iad a' gluasad tro an slighean ionnsachaidh bidh iad a' sìor gabhail uallaich airson a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail a' cur luach ri an coileanaidhean.

■ Co-ionannachd airson an luchd-ionnsachaidh air fad

Tha siostaman èifeachdach againn ann an àite gus co-ionannachd a bhrosnachadh ann an soirbheachas agus coileanadh a thaobh ar clann agus daoine òga air fad. Tha sinn air buileachadh ar luchd-ionnsachaidh air fad àrdachadh agus gu sònraichte a thaobh ar clann agus daoine òga as motha a tha ann an ana-chothrom. Bidh ar luchd-ionnsachaidh air fad gu cunbhalach a' gluasad gu cinn-uidhe sheasmhach dheimhinneach an uair a dh'fhàgas iad an sgoil.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Cha mhòr nach eil a' chlann agus na daoine òga air fad a' ruighinn ìrean ìomchaidh agus tha beagan air a dhol thairis orra sin.
- ✓ Tha ìrean buileachaidh ann an litearras agus àireamhachd nam prìomh fheart de thùs-amasan na sgoile airson leasachadh agus airson buileachadh àrdachadh.
- ✓ Tha deagh adhartas air a chomharrachadh tro thracadh làidir de bhuileachadh thar ùine anns na raointean curraicealaim air fad agus aig a h-uile ìre.
- ✓ Tha dàta na sgoile a' comharrachadh gu bheil an luchd-ionnsachaidh a tha againn aig an àm a tha an làthair a' dèanamh fìor dheagh adhartas.
- ✓ Tha breithneachaidhean misneachail thidsearan còmhla ri slatan-tomhais agus raon de mheasaidhean a' treòrachadh gu leasachaidhean ann am buileachadh.
- ✓ Tha na daoine òga air fad soirbheachail ann a bhith a' gluasad gu ceann-uidhe seasmhach deimhinneach an uair a dh'fhàgas iad an sgoil.
- ✓ Tha a' chlann agus na daoine òga an làn sàs nan ionnsachadh agus a' com-pàirteachadh ann an co-dhùnaidhean mu an slighean ionnsachaidh agus àrd-mhiannan a thaobh dreuchd san àm ri teachd.
- ✓ Tha an sgoil a' toirt cumhachd do chlann agus do dhaoine òga am beachdan a thoirt air càileachd am fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus mar a dh'fhaodar a leasachadh.
- ✓ Tha ìrean frithealaidh àrd agus a' tighinn air adhart. Tha na h-ìrean dùnadh a-mach ìosal agus tha in-ghabhail soirbheachail do na h-uile.
- ✓ Tha fianais ann gu bheil clann agus daoine òga a' cur an cèill agus a' meudachadh an coileanaidhean tro dhol an sàs gnìomhach sa choimhearsnachd ionadail aca.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Dè cho math 's a tha ar modhan-obrach a thaobh a bhith ag àrdachadh buileachadh a' leasachadh bhuilean airson clann agus daoine òga?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar cuimse air litearras agus àireamhachd a' leantainn air adhart gu bhith ag àrdachadh buileachadh thairis air a' churraicealaim?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh fianais ann a bhith a' tracadh choinneamhan, conaltradh proifeiseanta agus measaidhean gus adhartas a thomhas thar ùine agus gu sònraichte aig amannan eadar-ghluasad?
- ✓ Dè cho math 's a tha fianais bho mheasadh air a chleachdadh gus cur ri breithneachadh thidsear?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn ag aithneachadh agus a' cur luach air coileanaidhean pearsanta an luchd-ionnsachaidh air fad?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' tracadh agus ag aithneachadh choileanaidhean?
- ✓ Dè cho math 's a tha ar n-obair le com-pàirtichean agus gnothachasan a' dèanamh cinnteach gum bi builean deimhinneach aig ar daoine òga?
- ✓ Dè an t-adhartas agus an coileanadh a bhios clann agus daoine òga a' faighinn bho ar fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh air a' bhlàr a-muigh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn air a bhith a' toirt air falbh bacaidhean air ionnsachadh agus a' dèanamh cinnteach à co-ionannachd do na h-uile?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh barantachadh far a bheil e ìomchaidh, gus coileanadh aithneachadh agus a chomharrachadh.
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn air a bhith a' glacadh buaidh choileanaidhean chloinne agus dhaoine òga air ar coimhearsnachd?

3.3 A' MEUDACHADH CRUTHACHALACHD AGUS COMAS-OBRAICH

Cuspairean:

- Sgilean cruthachalachd
- Ùr-ghnàthachas didseatach
- Litearras didseatach
- A' meudachadh sgilean so-fhastachd

Tha an comharra seo a' cuimseachadh air raon de sgilean cudromach airson ionnsachadh, beatha agus obair a bu chòir do clann agus daoine òga a bhith sìor chomasach air a chomharrachadh mar a bhios iad a' gluasad air adhart tron slighean ionnsachaidh. Is e prìomh fheart an comas a tha aig luchd-ionnsachaidh an sgilean a chur an cèill ann an raon de cho-theacsan, a' gabhail a-steach suidheachaidhean annasach. Tha luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn cho cudromach 's a tha na sgilean sin airson am beatha san àm ri teachd agus do na h-eaconamaidhean ionadail, nàiseanta agus cruinneil.

Ìre 5 Dealbh:

■ Sgilean cruthachalachd

Tha cruthachalachd, tionnsgainneachd agus ùr-ghnàthachas air an sìor chur an sàs thar ionnsachadh. Tha clann agus daoine òga a' faighinn buannachd bho ionnsachadh agus teagasg tro chom-pàirteachasan le foghlam, luchd-fastaidh, na gnìomhachasan cruthachail agus na h-earrannan cultarail. Tha luchd-ionnsachaidh misneachail agus àrd-amasach le ìrean àrda de fhèin-spèis. Tha iad air am brosnachadh gu bhith a' sgrùdadh agus a' toirt dùbhlain do ro-bheachdan. Tha clann agus daoine òga a' gabhail seilbh air an ionnsachadh agus am meòrachadh fhèin. Tha iad mac-meanmnach, le inntinn fhosgailte, nan luchd-gabhail riosg agus ris am bi cùisean bho sheallaidhean eadar-dhealaichte a' còrdadh. Is urrainn dhaibh ceistean fhaighneachd, ceanglaichean a dhèanamh thar chuspairean, faicinn dè a bha comasach a dhèanamh agus dè nach robh comasach, beachd-smaointean a sgrùdadh, ceistean a chomharrachadh, agus fuasglaidhean a shireadh agus fhìreanachadh.

■ Ùr-ghnàthachas didseatach

Bidh clann agus daoine òga ag obair leotha fhèin agus ann an sgiobaidhean a' cruthachadh fuasglaidhean didseatach agus neo-dhidseatach. Mar a bhios an litearras didseatach a' fàs nas soifhostaigeach bidh iad a' cleachdadh àireamhachadh gus ceistean fhuasgladh. Bidh iad a' sìor chur an cèill nam prionnsabalan bunaiteach air a bheil na teicneòlasan didseatach air an stèidheachadh gus am beachd-smaointean fhèin a leasachadh. Tha an sgilean ùr-nòsach leis na h-adhartasan ann an teicneòlas fiosraichte le raon de thùsan a' gabhail a-steach ealantas nan daoine òga iad fhèin.

■ Litearras didseatach

Tha clann agus daoine òga ùr-ghnàthasach, misneachail agus cunntachail ann a bhith a' cleachdadh theicneòlasan agus a' fantainn sàbhailte air-loidhne. Bidh iad a' sgrùdadh gu breitheach agus a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu chleachdadh teicneòlas didseatach gus cur ri agus ionnsachadh a phearsantachadh anns an sgoil agus far a bheil e iomchaidh, an dèidh an là-sgoile. Bidh iad a' ro-aithneachadh agus a' freagairt ri cothroman agus ri dùbhlain a tha air an adhbharachadh le leasachaidhean san là an-diugh agus san àm ri teachd.

■ A' meudachadh sgilean so-fhastachd

Tha na daoine òga againn àrd-amasach agus air an deagh ullachadh airson saoghal na h-obrach tro ionnsachadh adhartach a tha gan ceangal nas motha ri cosnadh. Tha iad fulangach, so-fhreagarrach agus a' tuigsinn luach nan sgilean a tha iad a' togail. Tha iad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic airson a bhith a' dèanamh roghainnean fiosraichte stèidhichte air an sgilean, neartan agus roghainnean. Bidh iad a' faighinn taic gus suidheachadh inntinn eadar-nàiseanta a leasachadh a bhios gan ullachadh airson an t-saoghail a tha ag atharrachadh gu luath agus a' sìor fhàs cruinneil.

Comharran de mhodh-obrach àrd-èifeachdach:

- ✓ Tha sgilean cruthachalachd air an aithneachadh, air am mineachadh agus luach air a chur orra le luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh.
- ✓ Tha cruthachalachd air a chur an sàs gu practaigeach mar sgil breithneachaidh àrd-òrdugh.
- ✓ Tha com-pàirteachasan air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus ionnsachadh cruthachail air leth inntinneach a libhrigeadh.
- ✓ Tha e comasach do luchd-ionnsachaidh an comas a chomharrachadh ann a bhith a' tar-chur sgilean cruthachalachd gu co-theacsaichean ùra.
- ✓ Tha luchd-ionnsachaidh comasach a bhith a' toirt dùbhlann don status quo gu cuideachail agus beachdan a ghintinn, a' gabhail a-steach, ma bhios sin ionchaidh, fuasglaidhean didseatach airson a leasachadh.
- ✓ Tha an cothrom aig a' chloinn agus na daoine òga air fad sgilean breithneachaidh àireamhachd nas soifhisteagiche a leasachadh agus a chur an sàs.
- ✓ Tha daoine òga a' dèanamh roghainnean fiosrach mun dòigh san urrainn agus sam bu chòir teicneòlas didseatach a bhith air a chleachdadh.
- ✓ Tha an sgoil for-ghnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-chothromachd gheallachais air a' churraicealaim agus ann a bhith a' toirt dùbhlann do roghainnean stèidhichte air claon-bhreith mu dhreuchdan san àm ri teachd agus mu shlighean ionnsachaidh.
- ✓ Tha leasachadh sgilean didseatach a' toirt cothrom do chlann agus daoine òga a bhith cruthachail agus teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus coinneachadh ri feum pearsanta no sòisealta.
- ✓ Tha na daoine òga a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e an sgilean didseatach fhèin a leasachadh airson ionnsachaidh, beatha agus obair.
- ✓ Tha an sgoil a' sgrùdadh modh-cleachdaidh a' cleachdadh nan còraichean agus nan sùileachaidhean san Inbhe Foghlam Dhreuchdan.
- ✓ Tha na daoine òga a' fèin-fhiosrachadh ionnsachadh brìghmhor stèidhichte air obair. Bidh seo gan cuideachadh a' dèanamh roghainnean fiosraichte mu dhreuchdan.
- ✓ Tha sùileachaidhean soilleir ann airson daoine òga, luchd-fastaidh, sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, pàrantan agus luchd-cùraim ro, rè agus an dèidh greisean obrach.

Ceistean dùbhlain:

- ✓ Am bi luchd-ionnsachaidh agus luchd-cleachdaidh a' dol an sàs ann an conaltradh mu leasachadh sgilean cruthachalachd?
- ✓ A bheil cothroman a bhith a' leasachadh sgilean cruthachalachd follaiseach thar raointean a' churraicealaim air fad?
- ✓ A bheil luchd-ionnsachaidh a' tar-aiseig an sgilean cruthachalachd gu co-theacsaichean ùra?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh an cruthachalachd a thaisbeanadh agus a chur an cèill ann an co-theacsan eadar-nàiseanta?
- ✓ Dè cho math 's a tha oidhirpean cruthachail luchd-ionnsachaidh aig an dachaigh agus sa choimhearsnachd air an aithneachadh is air an comharrachadh?
- ✓ A bheil cleachdadh theicneòlasan didseatach a' meudachadh ionnsachadh agus a' toirt nan sgilean do dhaoine òga a bhith a' tuigsinn, a' cur an cèill agus a' cruthachadh fuasglaidhean didseatach ùra iad fhèin?
- ✓ A bheil leasachadh sgilean didseatach stèidhichte air saidheans coimpiutaidh, a' toirt cothrom do chlann a bhith nan luchd-cleachdaidh agus nan luchd-cruthachaidh sgileil?
- ✓ A bheil daoine òga a' leasachadh tuigse de na prionnsabalan coitcheann air a bheil teicneòlas didseatach air fad air a stèidheachadh?
- ✓ A bheil teicneòlasan didseatach air an cleachdadh gus taic agus leasachadh a thoirt do chonaltradh agus co-obrachadh le feadhainn eile gus ceann-uidhe coitcheann a choileanadh?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùraim, luchd-fastaidh, colaistean, agus com-pàirtichean eile gus modh-obrach èifeachdach a thaobh foghlam dreuchd a leasachadh a bhios a' toirt taic dhaibh gu bhith a' dol air adhart gu cinn-uidhe seasmhach deimhinneach?
- ✓ Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd agus feadhainn a tha a' fàgail suidheachadh cùraim, cothrom fhaighinn air cinn-uidhe seasmhach deimhinneach?
- ✓ A bheil daoine òga a' dèanamh feum èifeachdach de stòrasan ionchaidh didseatach agus air-loidhne gus an cuideachadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte mu shlighean san àm ri teachd?
- ✓ A bheil daoine òga mothachail air na roghainnean a tha aca a bhith ag obair far a bheil iad airson a bhith a' fuireach, tro chothroman obair aig astar a tha rim faotainn tro theicneòlasan didseatach?



Pàipearan-taic



Pàipear-taic 1: A' cleachdadh an Seata-innealan gus a dhol an sàs ann an ceistean fèin-luachaidh sònraichte

Cò a tha a' stiùireadh an gnìomh fèin-luachaidh seo?	Dè a' cheist a tha sinn airson a sgrùdadh?	Dè na slatan-tomhais deagh-ghnè no na cuspairean a bheir taic don obair againn?	Cò as urrainn fianais a thoirt airson an fhèin-luachaidh seo?
Tidsear-clas	Carson a tha adhartas an luchd-ionnsachaidh as fheàrr a tha agam air fàs slaodach am-bliadhna?	<p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh</p> <p>2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> ■ Clann agus am pàrantan/luchd-cùraim ■ Luchd-taice sa chlas ■ Com-pàirtichean ag obair leis a' chloinn sin ■ Luchd-amhairc cho-aoisean ■ Luchd-obrach a bha ag obair leis an luchd-ionnsachaidh sin an-uiridhr
Buidheann-obrach cho-ionannachd	Dè cho math 's a tha poileasaidh na sgoile againn mu cho-ionannachd air a stèidheachadh?	<p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh</p> <p>1.3 A' leasachadh lèirsinn choinnte, luachan agus amasan a tha iomchaidh dhan sgoil agus dhan choimhearsnachd aice</p> <p>1.4 Sunnd luchd-obrach agus taic aoghaireil</p> <p>1.5 Rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh</p> <p>2.1 Sàbhailteachd agus dìon chloinne</p> <p>2.3 An curraicealam</p> <p>2.4 Taic phearsanaichte</p> <p>2.5 Teaghlaichean a' dol an sàs ann an ionnsachadh</p> <p>2.6 Ullachaidhean gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus an teaghlaichean</p> <p>3.1 In-ghabhail agus co-ionannachd</p> <p>3.2 Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> ■ An luchd-obrach, clann agus pàrantan air fad ■ Luchd-obrach a tha an urra ris an log burraidheachd agus leth-bhreith stèidhichte air claon-bhreith ■ Com-pàirtichean a tha ag obair le clann agus daoine òga ann an raon de cho-theacsan san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile
Comhairle Phàrant	Dè cho math 's a tha an sgoil a' toirt taic do chlann agus daoine òga a bhith nan luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach?	<p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh</p> <p>2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh</p> <p>3.3 A' meudachadh cruthachalachd agus comas-obrachy</p>	<ul style="list-style-type: none"> ■ Buidhnean sampail de phàrantan agus sgoilearan aig ìrean eadar-dhealaichte ■ Tidsearan clas ■ Com-pàirtichean a tha ag obair le clann agus daoine òga ann an raon de cho-theacsan san sgoil agus taobh a-muigh na sgoile

Cò a tha a' stiùireadh an gnìomh fèin-luachaidh seo?	Dè a' cheist a tha sinn ag iarraidh a sgrùdadh?	Dè na slatan-tomhais deagh-ghnè no na cuspairean a bheir taic don obair againn?	Cò as urrainn fianais a thoirt airson an fhèin-luachaidh seo?
Buidheann com-pàirteachais so-fhastachd	Dè cho math 's a tha ar com-pàirteachasan a' toirt taic do dhaoine òga san ìre as sine gus cinn-uidhe dheimhinneach sheasmhach fhaighinn?	<p>1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh</p> <p>1.2 Ceannardas agus rianachd luchd-obrach</p> <p>2.3 An curraicealam</p> <p>2.7 Com-pàirteachasan</p> <p>3.2 Ag àrdachadh buileachaidh agus coileanaidh</p> <p>3.3 A' meudachadh cruthachalachd agus comas-obrach</p>	<ul style="list-style-type: none"> ■ Luchd-ionnsachaidh san ìre as sine ■ Tidsearan agus luchd-obrach taic sgoilear ■ Na com-pàirtichean air fad
Ceannard an dàimh	Carson a tha uimhir de chaochladh san àireamh a tha a' gabhail a' chuspair san dàmh agam?	<p>1.1 Fèin-luachadh airson fèin-leasachadh</p> <p>1.2 Ceannardas ionnsachaidh</p> <p>1.5 Rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh</p> <p>2.1 Sàbhailteachd agus dìon chloinne</p> <p>2.2 An Curraicealam</p> <p>2.3 Ionnsachadh, teagasg agus measadh</p> <p>2.4 Taic phearsanaichte</p> <p>3.1 Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-gabhail</p> <p>3.2 Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> ■ An luchd-ionnsachaidh air fad san dàmh ■ Tidsearan ■ Luchd-obrach a tha air a bhith ag amharc leasain san dàmh ■ Com-pàirtichean a tha ag obair còmhla ri tidsearan san dàmh ■ Pàrantan

Pàipear-taic 2: Beag-fhaclair

Ann an co-theacsa an fhoillseachaidh seo, tha am briathrachas a chleachd sinn mar a leanas:

Buileachadh – adhartas a ghabhas a thomhas a bhios clann agus daoine òga a' dèanamh an uair a bhios iad a' dol tron sgoil agus an dèidh na sgoile fhàgail. Tha an t-adhartas seo a thaobh raointean a' churraicealaim agus a thaobh leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Coileanadh – tha seo a' toirt iomradh air na sgilean agus na buadhan air fad a tha stèidhichte ann an ceithir comasan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a tha air a leasachadh thar a' churraicealaim san sgoil agus tro ionnsachadh ann an co-theacsan eile.

Cruthachalachd – pròiseas a tha a' gintinn bheachdan aig a bheil luach do neach fa leth. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' coimhead ri nithean air a bheil daoine eòlach le sùilean ùra, a' sgrùdadh dhuilgheadasan le inntinn fhosgailte, a' dèanamh cheanglaichean, ag ionnsachadh bho mhearachdan agus a' cleachdadh mac-meanmairn airson cothroman ùra a sgrùdadh.

Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd (CLPL) – pròiseas leantainneach tro bheil tidsearan a' gabhail uallach airson an ionnsachaidh agus an leasachaidh aca fhèin, a' cleachdadh fèin-ùghdarras proifeiseanta a tha a' sìor mheudachadh agus a' toirt dhaibh an cothrom a bhith a' gabhail ri atharrachadh agus a bhith a' coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan chloinne agus dhaoine òga.

Plana Cloinne – a tha a' buntainn ri plana gnìomh singilte a tha air ullachadh airson leanabh far a bheil fianais a' comharrachadh gu bheil feum air aon no barrachd eadar-theachdan gus coinneachadh ri feumalachdan sunnd an leanabh. Tha seo air a riaghladh agus lèirmheas air a dhèanamh air tro structair de aon choinneimh eadhon ged a bhiodh an leanabh an sàs ann an grunnan phròiseas.

Dion Chloinne – a' dìon leanabh bho dhroch-dhiol no mì-ghnàthachadh. Cha leigeadh droch-dhiol no mì-ghnàthachadh a leas a bhith air tachairt; tha e gu leòr ma tha measadh cunnairt air comharrachadh gum faodadh no gun robh cunnart ann gun tachradh cron tro dhroch-dhiol no mì-ghnàthachadh.

Plana Dìon Chloinne – plana ioma-bhuidhne airson clann a thathar a' meas a bhith ann an cunnart gun tachradh cron mòr dhaibh. Bidh am plana seo air a thoirt a-steach don Phlana Cloinne.

Clàr Dìon Chloinne – prìomh chlàr den chloinn air fad a tha an sàs ann am Plana Dìon Chloinne ioma-bhuidheann.

Dùnadh a' bheàrn – tha seo a' buntainn ris a' bheàrn ann an adhartas, buileachadh agus coileanadh aig an fheadhainn a tha a' fuireach sna dachaighean as ìsle agus as mì-leasaichte. Tha mòran chloinne agus dhaoine òga bho dhachaighean leis an teachd-a-steach as ìsle a' dèanamh gu mòr nas miosa aig a h-uile ìre na an fheadhainn bho dhachaighean nas fheàrr dheth. Gu bitheanta canar "beàrn buileachaidh" ri seo.

Sgrùdadh Com-pàirteachail neach-gnìomh – a' ciallachadh a bhith ag obair còmhla ri feadhainn eile gus eòlas, sgilean, càilean agus tuigse mu ionnsachadh agus teagasg a leasachadh. Is e eisimpleir den seo a bhith a' dol an sàs ann an coimhearsnachdan ionnsachaidh proifeiseanta gus pìos rannsachaidh gnìomhach a ghabhail os làimh.

Dàta – fiosrachadh fìrinneach agus staitistigs air an cruinneachadh còmhla airson fiosrachadh no anailis.

Ionnsachadh didseatach – ionnsachadh a tha a' faighinn taic agus air a chur ris le raon de theicneòlas didseatach agus mhodhan-obrach. Faodar fòcas a chur air aon teicneòlas sònraichte no air barrachd air aon. Faodar fòcas a chur air obair sa chlasrùm no air cothrom àite sam bith-uair sam bith. Faodaidh e gabhail a-steach comharran agus modhan-obrach a tha air an cleachdadh gus luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach a leasachadh.

Litearras didseatach – a' gabhail a-steach nan comasan a dh'fheumar airson a bhith beò, a bhith ag ionnsachadh agus a bhith ag obair ann an comann didseatach. Tha e a' gabhail a-steach nan sgilean, eòlas, comasan, agus nam feartan mu bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach a tha a' toirt a' chothruim do dhaoine fa leth an làn chomas a leasachadh a thaobh ionnsachaidh, beatha agus obair. Tha e a' gabhail a-steach nan sgilean gus teicneòlas a chleachdadh gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh tro bhith a' rianachd fiosrachaidh, a' conaltradh agus a' co-obrachadh, a' fuasgladh cheistean agus a bhith cruthachail, agus cleachdadh iomchaidh agus cùramach de theicneòlas.

Teicneòlas didseatach – facal a thathar a' cleachdadh airson nam prògraman, seirbheisean agus stòrasan didseatach a tha air an cleachdadh a mhìneachadh gus lorg, sgrùdadh, cruthachadh, conaltradh agus cleachdadh fiosrachadh ann an co-theacsa dhidseatach.

Teagasg didseatach – a' ciallachadh luchd-oideachaidh a tha a' tabhann agus a' toirt taic do chothroman ionnsachaidh leasaichte tro bhith cleachdadh teicneòlasan didseatach.

So-fhastachd – measgachadh de fhactaran agus pròiseasan a tha a' toirt cothrom do dhaoine gluasad air adhart gu cosnadh, fantainn ann an cosnadh agus gluasad air adhart san àite-obrach.

Cothromas – a' ciallachadh a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu cothromach, ach dh'fhaodadh e a bhith nach bithte a' dèiligeadh ris a h-uile neach san aon dòigh. Tha co-ionannachd ann am foghlam a' ciallachadh nach eil suidheachaidhean pearsanta no sòisealta leithid gnè, cinnidheachd no cùl-raon teaghlaich nam bacaidhean a thaobh a bhith a' coileanadh comas a thaobh foghlam agus gu bheil ar daoine òga air fad a' faighinn deagh thaic gus sunnd, sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair fhaotainn agus an ceann-uidhe as fheàrr a ghabhas fhaotainn an dèidh na sgoile fhàgail.

Co-ionannachd – is e sin a bhith a' toirt air falbh nam bacaidhean agus a bhith a' leudachadh nan cothroman dhaibhsan aig nach eil mòran cothrom. Far a bheil co-ionannachd air a stèidheachadh ann an gnìomh, cha bhi leth-bhreith stèidhichte air claon-bharail ann.

Ionnsachadh teaghlaich – dòigh chumhachdach air dol an sàs agus ionnsachadh a tha comasach air beachdan deimhinneach a bhrosnachadh a thaobh ionnsachadh fad beatha, a dh'adhartacheas fulangas sòisio-eaconamach agus a bheir dùbhlann do neo-chothrom foghlaim.

Frèam-obrach riaghlachais – a tha a' mìneachadh nan ìrean de chunntachalachd a thaobh ceannardais agus rianachd na sgoile. Tha e a' toirt taic do cheannardas ro-innleachdail agus a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig an luchd-ùidh air fad cò a tha an urra ri coileanadh na sgoile.

In-ghabhail – a tha a' ciallachadh a bhith a' gnìomhachadh gu deimhinneach agus a' dèanamh eadar-theachd gus coileanadh a dhèanamh comasach do na h-uile le bhith a' togail agus a' coileanadh comas gach leanabh, neach òg agus inbheach.

Priomh inbheach – a' toirt iomradh air a' chòir a tha aig clann agus daoine òga air fad cothroman tric agus riaghailteach a bhith aca a bhith a' conaltradh mun ionnsachadh le inbheach a tha eòlach orra agus as urrainn a bhith mar threòraiche, gan cuideachadh a' seatadh amasan iomchaidh airson na h-ath ìre ionnsachaidh.

Coimhearsnachd ionnsachaidh – a tha a' ciallachadh an clustair de sgoiltean a tha faisg air a chèile agus com-pàirtichean eile a tha a' lìbhrigeadh ionnsachadh airson clann, daoine òga agus an teaghlaichean.

Ionnsachadh airson Seasmhachd (LFS) – modh-beatha agus ionnsachadh a tha a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh, luchd-oideachaidh, sgoiltean agus an coimhearsnachdan san fharsaingeachd, comann a thogail a tha ceart gu sòisealta, seasmhach agus cothromach. Tha modh-obrach èifeachdach làn-sgoile agus coimhearsnachd a thaobh LFS a' fighe ri chèile saoranachd chruinneil, foghlam leasachadh seasmhach, ionnsachadh air a' bhàr a-muigh agus còraichean chloinne gus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh ro-leantainneach, làn-dhuaiseach agus cruth-atharrachail a chruthachadh.

Neach ainmichte – is e seo neach-aithne singilte as urrainn a bhith ag obair le leanabh agus a t(h) eaghlach gus taic a bharrachd, comhairle no cuideachadh obrachadh a-mach ma tha feum aca air. Tha am modh-obrach *Ga fhaighinn ceart* a' gabhail a-steach neach-ainmiche a bhith ann airson gach leanabh, bho àm am breith gu an dèidh ceann-là breith 18 (no nas fhaide na sin, ma tha iad fhathast san sgoil). A rèir aois an leanaibh no an duine òg, mar as trice is e neach-tadhail slàinte no àrd-thidseir air a bheil an teaghlach a-cheana eòlach, a bhios a' gabhail dreuchd mar neach ainmichte.

Ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh – modh-obrach a thaobh ionnsachadh a tha stèidhichte sa churraicealam. Tha e a' gabhail àite ann an raon de cho-theacsan leithid fearann mun cuairt na sgoile, àiteachan ionadail, air cuairtean tron là no cuairt a-mach às an sgoil agus fèin-fhiosrachaidhean còmhnaidheach. Tha na h-adhbharan air an son a' gabhail a-steach a bhith a' leasachadh tuigse air an àrainneachd, a' brosnachadh ghnìomhan corporra, slàinte agus sunnd agus leasachadh pearsanta agus sòisealta.

Com-pàirtichean – tha seo a' gabhail a-steach gach neach no buidheann a tha a' libhrigeadh ionnsachadh agus a' cur ri beatha agus obair na sgoile. Faodaidh iad sin a bhith a' gabhail a-steach seirbheisean CLD, colaistean, oilthighean, luchd-fastaidh, an treas earrann, buidhnean coimhearsnachd agus leabharlannan.

Taic phearsanta – a' ciallachadh ionnsachadh, teagasg agus measadh air am planadh gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh mar dhaoine fa leth. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom riaghailteach aig an luchd-ionnsachaidh air fad a bhith a' conaltradh mun ionnsachadh agus an adhartas agus faodaidh e buaidh a thoirt air co-dhùnidhean mu dè agus ciamar a bhios iad ag ionnsachadh.

Sgrùdadh neach-gnìomh – a' ciallachadh a bhith a' leasachadh an eòlais, nan sgilean, nan càilean agus an tuigse a dh'fheumar gus a bhith mar an t-seòrsa proifeiseantaich a tha comasach ceasnachadh, dùbhlana a thoirt, tuigsinn agus eòlas domhainn a bhith aca mu theagasg agus ionnsachadh. Tha e a' ciallachadh a bhith a' sìor chur cheistean sgrùdadh mun chleachdadh agad fhèin.

Feartan air an dìon – is e seo an teirm a tha air a chleachdadh ann an Achd Co-ionannachd 2010 gus cunntas a thoirt mu cò a tha air an dìon leis an lagh. Tha an dìon ag atharrachadh a rèir a bheil an neach ag obair no a' cleachdadh seirbheis. Tha ochd feartan air an dìon a thaobh dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean. Is iad sin: ciorramachd; gnè (seòrsa); ath-bhuileachadh gnè; leatromachd agus màthrachas; cinneadh; creideamh no cràbhachd; aidmheil cleamhnais; agus aois.

Riosg – is e sin an coltas no a' bhualteachd de bhuil shònraichte a rèir nam factaran a tha ann am beatha leanaibh no neach òg. Is e an nì a tha deatamach a thaobh dìon chloinne, an cunnart a tha ann airson dochann brìgheil bho dhroch-dhiol no dearmad.

Dìon – tha dìon na bhun-bheachd tòrr nas fharsainge na dìon chloinne agus a' buntainn ri bhith ag adhartachadh deagh shuidheachadh chloinne. Tha e a' gabhail a-steach: a bhith a' dìon chloinne bho dhroch-làimhseachadh; a' cur bacadh air milleadh air slàinte no leasachadh chloinne; a' dèanamh cinnteach gu bheil clann a' fàs suas ann an suidheachaidhean a tha a' rèir cùram sàbhailte agus èifeachdach, agus ag obair gus dèanamh cinnteach gum bi a' bhuiil as fheàrr aig a' chloinn agus na daoine òga air fad. Tha dìon chloinne mar phàirt den mhìneachadh seo agus a' buntainn ris na gnìomhan a bhithear a' gabhail gus bacadh a chur air clann a bhith, no a dh'fhaodadh a bhith, a' fulang droch dhiol.

Coimhearsnachd sgoile – a' toirt iomradh air clann agus daoine òga air fad, luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim, teaghlachan agus com-pàirtichean a tha ceangailte ris an sgoil.

Àrd-stiùirichean – an luchd-obrach air fad ann an dreuchdan ceannardais foirmeil, mar eisimpleir, ceannardan-sgoile, leas cheannardan-sgoile, prìomh thidsearan, ceannardan dàimh a' churraicealaim msaa. Faodaidh seo cuideachd a bhith air a chleachdadh airson feadhainn a tha ag amas air a bhith ann an dreuchdan àrd-cheannardais agus feadhainn a tha ag obair a dh'ionnsaigh nan inbhean airson ceannardas agus rianachd.

Luchd-ùidh – is e sin a h-uile neach air a bheil buaidh aig beatha agus obair na sgoile.

Taic cuimsichte – a’ toirt iomradh air taic a bharrachd no cuimsichte, ullaichte airson suidheachaidhean sònraichte chloinne agus dhaoine òga. Dh’fhaodadh seo a bhith aig puing sam bith nan slighe ionnsachaidh, no airson cuid, tron t-slighe air fad. Tha e a’ gabhail a-steach clann agus daoine òga a tha feumach air barrachd thaghadh agus barrachd chothroman gus cinn-uidhe dheimhinneach sheasmhach a choileanadh. Tha an taic “chuimsichte” seo mar as trice, ach chan eil a-mhàin, air a libhrigeadh le luchd-obrach le trèanadh agus ealantas a bharrachd.

Eadar-ghluasadan – amannan atharrachaidh ann an slighe ionnsachaidh chloinne agus dhaoine òga. Faodaidh buaidh mhòr a bhith aig eadar-ghluasadan air luchd-ionnsachaidh oir bidh iad mar as trice a’ gabhail a-steach dhaoine ùra, àrainnean ionnsachaidh agus suidheachaidhean ùra. Bidh a’ chlann agus daoine òga a’ fèin-fhiosrachadh phuingean eadar-ghluasaid an uair a bhios iad a’ gluasad a-steach dhan sgoil, tron sgoil agus an dèidh na sgoile fhàgail.

Taic uile-choitcheann – is e taic choitcheann uallach an luchd-cleachdaidh agus nan com-pàirtichean air fad sna h-àrainnean teagaisg aca fhèin. Tha e a’ gabhail a-steach còraichean chloinne agus dhaoine òga mu ionnsachadh, sgrùdadh air adhartas agus planadh nan ath cheuman mar phàirt de phlanadh èifeachdach air ionnsachadh pearsanta. Tha e a’ ciallachadh chothroman air am planadh a thaobh coileanadh a tha a’ cur fòcas air an ionnsachadh agus an adhartas a tha air a dhèanamh tro ghniomhan thairis air an làn raon de cho-theacsan agus shuidheachaidhean sa bheilear a’ faighinn fèin-fhiosrachadh den churraicealam.



Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing

Is e inneal a tha san sgèile sia-puing airson a bhith a' rangachadh nan slatan-tomhais deagh-ghnè. Is e Foghlam Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean riaghlaidh eile as motha a bhios ga chleachdadh, gus tommasan-measaidh nàiseanta agus/no ionadail a shuidheachadh thar ghrunnan bhuidhnean stèidhichte. Chan eil e deatamach do sgoiltean fa leth iad fhèin a thomhas a rèir na sgèile sia-puing ged a dh'fhaodadh iad roghnachadh sin a dhèanamh. Bu chòir a bhith mothachail, an uair a thèid rangachadh a chur an sàs gu bheil e airson nan slatan-tomhais deagh-ghnè air fad. Cha bu chòir cuspairean fa leth a bhith air an rangachadh. Ann am foghlam, faodar luachadh a dhèanamh ann an raon de cho-theacsan. Feumaidh sinn a bhith mothachail gum bi ìrean duaiseachaidh a tha a' cleachdadh sgèile càileachd an-còmhnaidh nas motha na sgil phroifeiseanta seach a bhith na phròiseas teicnigeach. Ach, bu chòir na stiùiridhean a leanas a bhith air an cleachdadh gu cunbhalach.

<p>Sàr-mhath</p>	<p>Tha luachadh de <i>sàr mhath</i> a' ciallachadh gu bheil an fheart seo de dh'obair na sgoile sàr-mhath agus air thoiseach san earrann. Tha fèin-fhiosrachaidhean agus coileanaidhean na cloinne agus nan daoine òga air fad de chàileachd air leth àrd. Tha luachadh de sàr mhath a' riochdachadh inbhe solair air leth a tha mar eisimpleir air a' chleachdadh as fheàrr, stèidhichte air a bhith a' coileanadh co-ionannachd agus in-ghabhail agus tuigse dhomhain phroifeiseanta a tha air a cho-roinn nas fharsaing na an sgoil gus taic a thoirt do leasachadh a tha air feadh an t-siostaim. Tha e a' nochdadh gu bheil ìrean air leth àrda de choileanadh seasmhach agus gun tèid an cumail suas.</p>
<p>Glè mhath</p>	<p>Tha luachadh de <i>glè mhath</i> a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach san fheart seo de dh'obair na sgoile. Tha glè bheag de raointean ann a tha feumach air leasachadh agus chan eil feumalachdan sam bith a tha ann a' lùghdachadh fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an dòigh chudromach sam bith. Tha measadh de <i>glè mhath</i> a' riochdachadh inbhe àrd de sholair airson na cloinne agus nan daoine òga air fad agus na inbhe a bu chòir a bhith comasach do na h-uile a choileanadh. Thathar a' sùileachadh gun lean an sgoil oirre a' dèanamh feum de fhèin-luachadh gus tuilleadh leasachaidhean a phlanadh agus gun lean i oirre a chùim a bhith a' leasachadh an t-solair agus a' coileanadh chun na h-ìre <i>sàr mhath</i>.</p>
<p>Math</p>	<p>Tha luachadh de <i>math</i> a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach ann an obair na sgoile ach tha cuid de thaobhan a tha feumach air leasachadh. Tha buaidh a tha gu math deimhinneach aig na neartan air cha mhòr a h-uile leanabh agus neach òg. Tha càileachd fèin-fhiosrachaidhean luchd-ionnsachaidh air a lùghdachadh ann an dòigh le feartan a tha feumach air a bhith air an leasachadh. Tha e a' gabhail a-steach gum bu chòir dhan sgoil a bhith a' sireadh dhòighean gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air raointean de neart chudromach, agus a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean a tha feumach air leasachadh.</p>

Riarachail	Tha luachadh de <i>riarachail</i> a' ciallachadh gu bheil na neartan a tha san fheart seo de dh'obair na sgoile dìreach beagan nas fheàrr na na laigsean. Tha e a' comharrachadh gu bheil cothrom aig an luchd-ionnsachaidh air solair a tha aig ìre gu math bunaiteach. Tha e a' riochdachadh inbhe far a bheil buaidh dheimhinneach air a bhith aig na neartan air fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh. Ged nach eil na laigsean cudromach gu leòr gus droch bhuaidh shusbainteach a thoirt, tha iad a' cur bacadh air càileachd fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd. Feumaidh an sgoil a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean anns a bheil laigsean le bhith a' togail air a neartan.
Lag	Tha luachadh de <i>lag</i> a' ciallachadh gu bheil laigsean cudromach san fheart seo de dh'obair na sgoile. Ged a dh'fhaodadh gu bheil beagan neart ann, tha na laigsean cudromach, leotha fhèin no còmhla, mòr gu leòr gus fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh a lùghdachadh ann an dòighean susbainteach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil feum aig an sgoil air gnìomh luath, structaraichte agus air a phlanadh a chur an sàs.
Neo-riarachail	Tha luachadh de <i>neo-riarachail</i> a' ciallachadh gu bheil laigsean mòra san fheart seo de dh'obair na sgoile a dh'fheumas dèiligeadh riutha sa bhad. Tha fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an cunnart ann an dòighean susbainteach. Cha mhòr anns a h-uile cùis, nach fheum seo taic bho àrd mhanaidsearan ann a bhith a' planadh agus a' coileanadh nan gnìomhan a tha riatanach a thaobh leasachadh a choileanadh. Mar as trice bidh seo a' ciallachadh gum feumar a bhith ag obair còmhla ri luchd-obrach ann an sgoiltean eile no ann am buidhnean eile.



Pàipear-taic 4: Clàr-leabhraichean

A Stronger Scotland: The Government's Programme for Scotland 2015-16

<http://www.gov.scot/Resource/0048/00484439.pdf>

Adult Literacies in Scotland 2020: Strategic guidance

<http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/339854/0112382.pdf>

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig/Advice on Gaelic Education

<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/a/advicegaeliceducation.asp?strReferringChannel=educationscotland&strReferringPageID=tcm:4-615801-64&class=l1+d86716>

Amazing Things: a guide to youth awards in Scotland

<http://www.awardsnetwork.org/>

Assessment resource

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningandteaching/assessment/index.asp>

Better Eating, Better Learning – A New Context for School Food

<http://www.gov.scot/Publications/2014/03/1606>

Better Relationships, better learning, better behaviour

<http://www.gov.scot/Publications/2013/03/7388>

Building the Curriculum series

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningandteaching/thecurriculum/buildingyourcurriculum/curriculumplanning/whatisbuildingyourcurriculum/btc/>

Career-long Professional Learning

http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4735771.asp?strReferringChannel=educationscotland&strReferringPageID=tcm:4-615801-64&class=l1+d86716

Achd Chloinne agus Dhaoine Òga (Alba) 2014/Children and Young People (Scotland) Act 2014

<http://www.legislation.gov.uk/asp/2014/8/contents>

Community Learning and Development Regulations

<http://www.educationscotland.gov.uk/communitylearninganddevelopment/about/ssi/index.asp>

Strategic Guidance for Community Planning Partnerships: Community Learning and Development

<http://www.educationscotland.gov.uk/communitylearninganddevelopment/about/policy/cldregulations/index.asp>

Curriculum for Excellence Briefings 11 & 12

http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4783185.asp?strReferringChannel=learningandteaching&strReferringPageID=tcm:4-851848-64&class=l4+d218660

http://www.educationscotland.gov.uk/resources/c/genericresource_tcm4809709.asp?strReferringChannel=learningandteaching&strReferringPageID=tcm:4-851848-64&class=l4+d218660

Education (Additional Support for Learning) (Scotland) Act 2009
<http://www.legislation.gov.uk/asp/2009/7/contents>

Education Working For All! Commission for Developing Scotland's Young Workforce
 Final Report
<http://www.gov.scot/Topics/Education/edandtrainingforyoungple/commissiondevelopingscotlandsyoungworkforce/finalreport>

Engaging with Families
<http://engagingwithfamilies.co.uk/>

Equality Act 2010
<http://www.legislation.gov.uk/ukpga/2010/15/contents>

Framework for Educational Leadership
<http://www.scotland.org.uk/framework/index.asp>

GTCS Professional Standards
www.GTCS.org.uk/standards/standards.aspx

Health and wellbeing across learning – Responsibility of all – Learning and teaching
<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/m/makingthelinks.asp?strReferringChannel=learningandteaching&strReferringPageID=tcm:4-628521-64&class=I3+d139741>

How good is our third sector organisation? (HGIOTSO)
<http://www.educationscotland.gov.uk/communitylearninganddevelopment/support/selfevaluation/hgiotso/index.asp>

How Good is Our Community Learning and Development? (2)
http://www.educationscotland.gov.uk/resources/h/genericresource_tcm4654473sp?strReferringChannel=educationscotland&strReferringPageID=tcm:4-615801-64

How good is our culture and sport?
http://www.educationscotland.gov.uk/Images/HGIIOC&S%20-%2020251012_tcm4-712897.pdf

Learning for Sustainability within the standards
www.GTCS.org.uk/standards/learning-for-sustainability.aspx

National Parenting Strategy
<http://www.scotland.gov.uk/Resource/0040/00403769.pdf>

National Practice Guidance on Early Learning and Childcare
<http://www.gov.scot/Publications/2014/08/6262/0>

National Guidance for Child Protection in Scotland (2014)
<http://www.gov.scot/Publications/2014/05/3052/downloads>

National Guidance on Professional Review and Development (2014)
<http://www.educationscotland.gov.uk/professionallearning/prd/index.asp>

Parents as Partners in their Children's Learning
<http://www.gov.scot/Resource/Doc/147410/0038822.pdf>

Practitioner Enquiry

www.GTCS.org.uk/professional-update/practitioner-enquiry/practitioner-enquiry.aspx

Promoting Diversity and Equality: Developing Responsible Citizen's for 21st Century Scotland

http://www.educationscotland.gov.uk/resources/p/genericresource_tcm4747991.asp

Quality assurance and moderation resource

<http://www.educationscotland.gov.uk/learningandteaching/assessment/qaandmoderation/index.asp>

Recognising and Realising Children's Rights

<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/r/childrensrightsresource.asp>

Religious and Moral Education 3-18 impact report

<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/0to9/rme/report.asp>

Scottish Attainment Challenge

<http://www.educationscotland.gov.uk/inclusionandequalities/sac/index.asp>

Scottish Council for Voluntary Organisations

<http://www.scvo.org.uk/>

Scottish College for Educational Leadership (SCEL)

www.scelscotland.org.uk

Skills in Practice resource

<http://www.educationscotland.gov.uk/resources/s/skillsinpractice/introduction.p?strReferringChannel=educationscotland&strReferringPageID=tcm:4-615801-64>

Standards in Scotland's Schools etc. Act 2000

<http://www.legislation.gov.uk/asp/2000/6/contents>

Supporting Children's Learning Code of Practice (Revised edition)

<http://www.gov.scot/Publications/2011/04/04090720/0>

Teaching Scotland's Future

<http://www.gov.scot/resource/doc/337626/0110852.pdf>

Transforming lives through learning: Corporate Plan 2013-2016

<http://www.educationscotland.gov.uk/about/remitandframework/corporateplan.asp>

Voluntary Action Scotland: Find your Third Sector Interface

<http://www.vascotland.org/tsis/find-your-tsi>

Wellbeing (GIRFEC)

<http://www.gov.scot/Topics/People/Young-People/gettingitright>

UN Convention of the Rights of the Child

<http://www.unicef.org.uk/UNICEFs-Work/UN-Convention/>

Pàipear-taic 5: Ciamar a tha am Frèam-obrach seo a' soilleireachadh an Fhrèam-obrach Eòrpach airson Càileachd Rianachd (EFQM)?

Chaidh am Frèam-obrach càileachd seo a leasachadh gus na naoi slatan-tomhais a tha air an cur an cèill sa mhodail sàr-mhathais EFQM a shoilleireachadh. Tha e a' cur fòcas air ceannardas agus solar de dh'àrd-chàileachd mar chomasaichean a dhleasas toraidhean sàr-mhath a thaobh bhuilean deimhinneach don chloinn agus dhaoine òga air fad. Le bhith a' cleachdadh an fhrèam-obrach còmhla ri frèaman-obrach eile a tha aig Foghlam Alba bheir seo taic do fhèin-luachadh chom-pàirteachail agus obrachadh chom-pàirteachail a' cuimseachadh air leasachadh thairis air seirbheisean airson clann agus teaghlaichean. San eagraan seo de *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*, tha slatan-tomhais EFQM air a bhith air an stèidheachadh san fhrèam-obrach gus am bi gach slat-tomhais a' nochdadh ann an grunnan de na comharran càileachd. Tha am frèam-obrach EFQM a' toirt prìomhachas àrd do lèirsinn dhaoine ann a bhith a' breithneachadh a bheil buidheann sàr-mhath no nach eil. A thaobh sgoiltean tha seo a' ciallachadh gu bheil lèirsinn chloinne, dhaoine òga, luchd-obrach, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean agus luchd-ùidh eile na phrìomh thomhas air dè cho math 's a tha sgoil. Tha seo air fhighe a-steach do *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?*

Slat-tomhais EFQM	Ciamar a tha seo air a shoillearachadh ann an <i>Dè cho math 's a tha an sgoil againn?</i> (4mh eagraan)
1. Ceannardas	Tha na slatan-tomhais deagh-ghnè ann an ceannardas agus rianachd a' mineachadh gu soilleir sùileachaidhean airson ceannardas de dh'àrd-chàileachd aig a h-uile ìre. Tha co-obrachadh agus com-pàirteachas èifeachdach air an soilleireachadh mar phrìomhachas do shàr cheannardas
2. Ro-innleachd	Tha am frèam-obrach a' gabhail a-steach fòcas làidir air builean luchd-ionnsachaidh mar chridhe beatha agus obair na sgoile. Thar ceannardas agus rianachd agus solar ionnsachaidh, tha cudrom air a chur air co-theacsa air leth sònraichte na sgoile agus a coimhearsnachd agus coinneachadh ri feumalachdan a luchd-ùidh a tha cho eadar-mheasgte. Tha fèin-luachadh èifeachdach air a thaisbeanadh mar a' bhunait riatanach airson a bhith a' planadh atharrachadh agus leasachadh.

<p>3. Daoine</p>	<p>Tha ceannardas agus rianachd luchd-obrach a' soillearachadh cho cudromach 's a tha modhan-obrach fallain a thaobh a bhith a' togail agus a' cumail sgioba luchd-obrach èifeachdach. Bu chòir do cheannardas air leth èifeachdach dèanamh cinnteach gum bi cultar colaisteach ann tro inbhean proifeiseanta co-roinnte, sgrùdadh agus leasachadh proifeiseanta de dh'àrd-chàileachd agus modhan-obrach co-mheasgaichte a thaobh ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd air a stèidheachadh air cùram làidir agus sochairean agus co-ionannachd mar a tha sin air a shoilleireachadh san fhrèam-obrach.</p>
<p>4. Com-pàirteachasan agus stòrasan</p>	<p>Tha sùileachadh ann gum bi sgoiltean a' leasachadh agus a' cumail suas raon de chom-pàirteachasan stèidhichte air meas co-chòrdte agus lèirsinn, amasan agus luachan co-roinnte. Tha rianachd stòrasan gus co-ionannachd adhartachadh a' dealbhachadh cudromachd nan co-dhùnaidhean a tha a' daingneachadh leasachadh leantainneach agus a' solair ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd don chloinn agus na daoine òga air fad. Tha cleachdadh èifeachdach de theicneòlas didseatach gus fiosrachadh a rianachd agus gus taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachas air a shoilleireachadh ann an raon de shlatan-tomhais deagh-ghnè.</p>
<p>5. Pròiseasan, stuthan agus seirbheisean</p>	<p>Tha slatan-tomhais deagh-ghnè an t-solair ionnsachaidh a' dealbhachadh na càileachd as àirde de chùram agus foghlam. Tha guth an neach-ionnsachaidh agus a chom-pàirteachas ann an leasachadh agus gnìomhan measaidh a tha a' leasachadh an t-solair mar fheart chudromach de mhodh-obrach àrd-èifeachdach. Sa chleachdadh as fheàrr tha clann, daoine òga agus an teaghlach air an aithneachadh agus tha luach air a chur orra mar phrìomh luchd-cleachdaidh seirbheis an fhoghlaim agus tha coimhearsnachd na sgoile a' cur am feumalachdan-san aig cridhe an cuid obrach.</p>
<p>6. Toraidhean luchd-dèilig</p>	<p>Bu chòir do fhianais airson slat-tomhais deagh-ghnè sam bith a bhith a' gabhail a-steach beachdan an luchd-ùidh agus nan com-pàirtichean air fad. Tha an t-slat-tomhais <i>Leasachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail</i> a' cuimseachadh air buaidh nam modhan-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn sàbhailte, fallain, a' coileanadh, àraichte, gnìomhach, spèiseil, cunntachail agus in-ghabhailta. Is e comharra cudromach a tha ann a thaobh nan lèirsinn a tha aig clann agus daoine òga a thaobh an sgoil agus càileachd a' chùraim agus an fhoghlaim a tha air a thabhann leis an sgoil. Tha a bhith ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh agus a' meudachadh cruthachalachd agus so-fhastachd nan tomhasan coileanaidh chudromach airson sgoiltean.</p>

<p>7. Toraidhean dhaoine</p>	<p>Tha na prìomh thùsan fianais a' gabhail a-steach buaidh phròiseasan mar sgrùdadh agus leasachadh proifeiseanta agus ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd. Bu chòir dhan bhuidh a bhith air fhianaiseachadh tro sholar ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd agus builean airson luchd-ionnsachaidh. Tha farsaingeachd dol an sàs an luchd-obrach ann am fèin-luachadh agus a' stiùireadh atharrachadh, ùr-ghnàthachas agus leasachadh nan comharran coileanadh cudromach.</p>
<p>8. Toraidhean a' chomainn shòisealta</p>	<p>Tha dol an sàs phàrantan, obair com-pàirteachais èifeachdach agus buaidh air a' choimhearsnachd san fharsaingeachd nam prìomh chomharran a thaobh coileanadh na sgoile san raon seo. Bidh buaidh mhòr aig coileanadh na sgoile a thaobh dìon, sunnd, a' coinneachadh ri riatanasan reachdais agus rianachd an ionmhais agus stòrasan eile air mar a bhios daoine eile ag amharc air an sgoil.</p>
<p>9. Toraidhean gnothachais</p>	<p>Comas na sgoile airson leasachadh leantainneach. Tha seo air a luachadh tro bhuidh ceannardais agus rianachd agus solar ionnsachaidh air soirbheachasan agus coileanaidhean a tha a' gabhail a-steach nam builean a thathar a' sùileachadh airson na cloinne agus nan daoine òga air fad. Mar inneal airson fèin-luachadh èifeachdach, tha am frèam-obrach a' toirt taic do sgoiltean a bhith a' luachadh an coileanadh aig puing sam bith ann an tìm agus cho math 's a tha iad air leasachadh thar ùine. Tha seo a' gabhail a-steach dè cho èifeachdach 's a tha an sgoil air a bhith ann a bhith a' rianachd an ionmhais aice fhèin agus stòrasan eile.</p>



Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk

Foghlam Alba
Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, 2015

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach a-mhàin na dealbhan agus na logothan) saor agus an-asgaidh ann am fòrmat no meadhan sam bith, fo theirmean Cead Riaghaltas Fosgailte ma thèid ath-riochdachadh gu neo-chearbach agus gun a bhith ann an co-theacsa air a dhroch stiùireadh. Feumar gabhail ris gu bheil an stuth fo dhlige-sgrìobhaidh Foghlam Alba agus feumaidh tiotal an sgrìobhainn a bhith air ainmeachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhal air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-dealain gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas pàrtaidh a chomharrachadh feumaidh sibh cead bhon fheadhainn aig a bheil cead airson an stuth sin.

Gheibh sibh *Dè cho math 's a tha an sgoil againn?* (4mh eagra) sa Ghàidhlig aig

www.educationscotland.gov.uk/resources/h/hgios4/.

Tha e ri fhaotainn ann an cànan eile le iarraidh.

Price: £25.00

ISBN: 978-0-7053-1889-1



**QUALITY
SCOTLAND**